

BACUDRUIDH

MR.

AONGHAS MACCUIS

"AN CEISTEIR," AGUS AIR NA "H' URRAMAICH"

ANN AN VIDHIST-A-TUATH

DONALD JOHN McCUISH

Digitized by the Internet Archive  
in 2007 with funding from  
Microsoft Corporation

L Celt  
M1335  
Ym

McCuish, Angus

# EACHDRUIDH

AIR

## AONGHAS MACCUIS

"AN CEISTEIR," AGUS AIR NA "H' URRAMAICH"  
ANN AN UIDHIST-A-TUATH.

(MEMOIR OF ANGUS McCUISH, "CATECHIST,"  
AND THE NORTH UIST WORTHIES)

BY

DONALD JOHN McCUISH.  
A NATIVE OF SOLLAS, NORTH UIST,  
NOW AT REDCASTLE.

"Theirgeadh an uine dhomh ann an labhairt mu Ghideon, Bharac agus  
Shampson, agus Iephthah."—Heb. xi. 32.

---

INVERNESS: ROBT. CARRUTHERS & SONS.

1911.

428045  
30.9.44

100  
100  
100  
100  
100  
100  
100  
100  
100  
100

## ROIMH-RADHA.

---

A CHIONN agus nach deachaidh a bheag sa'm bith  
a sgriobhadh mu thiomchioll aon do'n na daoine  
diadhaidh tha air an ainmeachadh anns an iomradh  
ghoirid so, tha mi a nis a smaointeachadh, gur còir na  
h-uirraid so do mheas, a nochadh mar chùimhn-  
eachan, air a'n ùrrad so do phòbull an Tighearna ann  
an Uidhist, agus ann an aiteachan eile, gu h-araidh  
airson trèorachaидh, èaralachaидh, agus èiseimplir,  
do 'na ghinealach a tha sinn ànn aig an ám, agus ma's  
e toil an Tighearna e, dhiobhsan a thig n'ar deigh, gu  
sonruichte ann an suil gu'm bi sinne agus iadsan a  
leantuinn ann an cos-chèuman na dream sinn air  
an droinn sinn a cheanna iomradh, agus mar sin gu  
'm bi sinn ga'n comhalachadh fadheoigh ann an Sion.

D. J. McC.

Coulmore House, by Redcastle,  
January 1911.



# EACHDRUIDH AIR AONGHAS MACCUIS

“AN CEISTEIR,” AGUS AIR NA “H’ URRAMAICH”

ANN AN UIDHIST-A-TUATH.

---

RUGADH an duine diadhaidh ainmeil measal so Mr Aonghas Mac Cuis, ann an Eilein Orisaidh, faisg air Trumisgearraidh, ann an Uidhist-a-tuath, mu’n Bhliadhna 1804. Bhuineadh a phàrantan don mhuinnitir iosal iriosail, tha sònruichte do dh’eileinan, agus do Ghealtach na H’alba. Bha crùit bheag aca, ann an Orisaidh, ach mar a dheirich do dh’ iomadh teaghlaich, anns a aite aig ann àm dhoirbh ud, bha ’n teaghlaich mor, trom, agus lag, agus am màl mòr tràm, agus a phrìs agus an stòc ro bheag, agus air an aobhar sin cha robh e idir na gnothuch gle fh’urasda do theaghlaich, teachd an tir chothromach a dheanamh san àm ud. Feudaidh sinn ainmeachadh gu’r ann aig a Mhòroair Dòmhnullach a bha oighreacdh a chinne-tuath aig an àm, agus cha bhiodh e fein a tighinn a dhamharc air cùisean ach gle annaimh, agus air an aobhar sin feudaidh sinn a ràdha, gu’n robh an riaghlaich ann an tomhas mòr, agus ro mhòr ann an Iaimh a Bhàillidh, agus na’m màor.

Feudaidh sinn a rithist ainmachadh gu’r e, Mr Ailein Càmeran, a bha ann an tigh Spòinish, an Loch-namadadh, a bha na Bhàillidh ann an Uidhist aig an am, agus ròimhe, agus na dhèigh, bha feedhainn faisg air an aon ghnè risan, agus is iomadh ainneart agus èucoir, a bha na daoine bòchda, làpach gu’n chus cuidichidh na tàcsa, ri cur as a lèth, agus cha’Neil idir dad teagamh nach fhaodadh iadsan sin, agus nach robh sin uile gu leir gle fhior.

Bha anns an àm ud bàile as dèigh bàile do’n tuath eadar Leachd Bhàn a Chaòlais agus Sollas air an cuir

fàs, agus an luchd aiteachaidh, air an sgapadh, agus air an sguirsadh feadh an t'saoghal, moran duibh sin a bhàsaich le els is anshòcair, is uideil air mùir agus air tir, an so agus an sùid, eadar so agus America agus Australia agus iomadh cearn iomallach eile, do'm b'eiginn dhoibh feachuinn ri dhol.

Feudaidh sinn ainmeachadh gu'r gann gu'n creid-eadh muinntir ginealach an latha duigh anns am bheil sinne beo, gun do dhuiling, moran d'an cairdean agus dan n'àithrichéan a leithid sud do dh'eùcoir, do dh'ainneart, agus dh'anaceart 's do dh' uidil, ach feumaidh sinn a chreidsinn nach eil a chùis ach tuilleadh agus fior, gu h'araidh nuair a sheallas sinn air bàiltean, na raontan fearainn a tha fàs nar duthaich, agus gu'n ni ri fhaicinn aeh làrach lòm na'n iomarain agus beagan chlachan stèidhe an larach nan tòtaichean, agus beagan fheantag agus luibhean fiadhaich eile a fàs na'm measg. Ach tha sinn an dochas gu'm faic linn air choireigin a thig na'r dèigh, àtharrachadh air a chùis, agus gu'm bi a chùis d'ur taobh fhàthast air reir cainnt a bhàird nuair a thubhaint e, "Bi gach glèann 's gach gàrbhlach làn arbhar falaichte." Tha sinn an dochas gu'm bi e mar sin. Gun teagamh bha làthaichean dóirbh agus dòrcha ann anns an àm ud. Ach gu tilleadh gu steigh ar sgriobhaidh, bha teaghlaich athar Aonghais Mhic Cuis ann an Orisaidh, bha ceathrar bhràithrean ann duibh agus trùir pheathraichean, agus, is e Aonghas fein an neach a b'òige dhe 'n teaghlaich uile. Bha iad gun teagamh sa'm bith bochd, a thaobh suidheachadh agus beartas an t'saoghal sò, ach bha iad buidheachas do Dhia, anabhairrach beartach ann an creidimh, agus làn do'n uile bhed-dhiadhachd iriosail. An deigh d'on teaghlaich fàs suas ann an inbhe agus an neart, chaidh iad uile gu leir gu ruig America an deigh bàs an n'athar ach an dìthis machd Aonghas, mu'm bheil sinn a labhairt agus a sgriobhadh, agus a bhràthair Coinneach a bha beagan ni bu shine. Air an aobhar sin bha an dìthis bhràithrean air am fàgail as deigh chàich nan aonar comhladh ri mathair, agus an deigh beagan ùine, phòs Coinneach boirionnach coir,

diadhaidh, measal, Catriona 'Dhomhnallach a mhuinnir a chinn-shànndaich, agus beagan uine an deigh sin, beudar dhoibh eilein Orisaidh fhàgail agus tighinn air imirich gus an Atha-mhór, agus an sìn thuair Coinneach Crùit air son uine bheag, agus thuair an Aonghas agus a mhathair tigh beag faisg air tigh na bhrathar, agus bha iad mar aon teaghlaich, gu's an do chuireadh an tuath agus a h'uile neach eile bh'anns an àite air fàlbh an sò sa'n sùd, ach thuair an dìthis bhràithrean só, cead an déigh bàs am màthair a bheir sinn a nis fanear a thachair beagan ùine roimhe so, cead tàmh a ghabhail ann seann tigh faisg air Eaglais Thrumisgearridh, agus air dhoibh a bhi treis a dhùine ann an sin, thuair iad cead tighinn air imrich gu-ruige sgir Shollais.

Ach gu tilleadh ri cusbair ar sgriobhaidh, feumaidh sinn tilleadh fhathast gu ruige Eilein Orisaidh, agus beagan innseadh, mar a thachair cuisean an Fhreasdail ris an duine urramach mu thiomchioll a bheil sinn a sgriobhadh. Thoisich a na ghille mor, laidir, foghainteach, ri bhi na chiobair aig muinntir an àite, gus aig aois seachd bliadhna deug, thoisich e air a bhi càll a fhradhaire, agus air an aobhar sin, feumaidh sinn araon a thuigsinn agus a chreidsinn nach robh e na chomas, na air a chothrom moran obair a dheanamh am muigh tuilleadh, an deigh sin.

Ged a bha e uair as deigh uair fo laimh lighichean le cheann agus le shuilean, cha do rinn iad ni a dheum-dha ach na rinn iad a chrón. Coltach ris a bhean bho shean a chòsg na h'uile ni a bha aice ri lighichibh, nach beairde i bheag e ach gu'm bu mhòr bu mhisde. Is ann mar sin dirich a dheirich do Aonghas Mac Cuis, ach feumaidh sinn a thoirt fanear gun d'thuair e dachaidh bhlà, chaòmh, còimhneil, chàirdeil, bhràithareil, ann an teaghlaich Choinnich a bhràthar, agus chi sinn an deigh so gu'n robh feum mòr aige air a sìn. Anns na làthainchean ud, a reir a h'uile coltais gun robh an tìr agus an duthaich fo dhorchadas, agus aineolas, spioradail nach mor nach feudhta laimhseachadh, agus ged a bha luchd teagaing an toisgeul 'sma dheudhta

lionmhор gu leòr ann an n' aon seàdh, agus ann an tomhas, gidheadh, cha mhòr a bha searmonachadh an t'soisgeul mar bu chòr. Ach buidheachas do Dhia dh'fhangadh an fhanuis dhileas agus fhirinneach an laimh iarmad 'ro-bheag anns an latha ud, agus bu mhath sin, air no "bhiodhmaid" cosmuil ri Sòdom, agus dh'fhàghte sinn mar Ghomòrrah.

Mu'n nàm dhòreh thrúagh áineolach ùd, ann a bhi labhairt air na céud-thoraidhean bha aig an Tighearna 'sna tirean so, feumaidh mi iomradh aithghearr dheanamh air Fionnlà Munro, duine bochd a thainig o thuath, agus a chaidh mun cuairt a searmonachadh Chriosda 'sna h-eileanan an iar, 'nuair bha an sluagh gu spioradail fo dhòrchadas mòr. Cha 'n 'eil àmharus sa'm bith, nach e gràdh Chriosda agus truas do'n t' sluagh 'dh 'eignich e gu's a dhol mu'n cuairt nam measg. Cha 'n 'eil teagamh sam bith nach bu duine èudmhòr agus diadhaidh Fionnlà Munro: agus a bharr air sin, nach deachaidh duine riamh do'n tir 'san do thogadh mi 'smo bheannaich an Tighearna shaothair 'san t'soisgeul nán duine bochd simplidh so. Feudaidh mi ràdhà gur e chuir an siol air tùs san tir, agus nach eil uine anabarrach fada, bho na bha cuid da chloinn 'san Tighearna air an gairm dhachaidh.

Dh'fheudadh e ràdh riu mar thubhaint Pòl ris na Corintianaich: "Nach sibhse m' obair 's an Tighearna? Mur 'eil mi 'a m' Abstol do dhaoinibh eile, gidheadh gu cinnteach tha mi dhuibhse; oir is sibhse seula m' abstolachd ann 's an Tighearna." Ach thuair an duine simplidh so a shàrachadh 'sna ceannan ud. Bha chlèir air bòile na aghaidh, agus bha an sluagh aineolach agus borb a buintinn gu bruideil ris anns gach aite. Ach dh-fheudadh e a ràdh; "Gidheadh sheas an Tighearna làimh rium, agus neartaich e mi, chum triomsa gu 'm biodh an searmonachadh air a làn fhòillseachadh; agus gun cluineadh na cinnich uile e; agus shàrradh mi a beul an leòmhain."—2 Tim. iv. 17.

Cha bann le oirdheirceas cainnte, no gliocas a chaidh Fionnlà Munro a chur an céill teisteas Dhe. San a bha e cosmuil ri Eoin Baiste, searmonaiche na fàsaich,

“ Aig an robh chulaidh do fhionna chàmhail; agus crios leathair aige timechioll a leasraidh; agus ‘d am bu bhiadh locuist agus mil-fhiadhaich.”—Mata iii. 4. Bha an duine so, cho eudmhor, dileas, durachdach, cumhachdach, còmasach, agus gu’m feud sinn sin a thuig-sinn agus a chreidsinn on stòri a leanas. Chuala mis aig féodhainn a bha sa’n eisdeachd agus an lathair an la ud, gun do ghairm e coinneamh mhaduinn, air mullach an Dùin ann an sgir Shollais, agus air dha salm toiseachadh na seirbhais a thoirt a mach, agus be sin a sàlm a ròghnaich e, an cùigeamh sàlm thairis air an tri ficheadh, a tha toiseachadh leis na briathran, “ Tha ann an Sion feathamh ort, moladh a Dhe gúndi.”

Tha e coltach gun robh e cho mor air urachadh agus air a bhèothachadh, air a neàrtachadh agus air a theòrachadh le spioraid an Tighearna, agus gu’n do thoisich e air earalachadh, an luchd eisdeachd on a cheud da llona so dhe’n t’Sàlm, agus mu dheireadh gu’s an d’tchainig am mìneachadh agus an t’earalachadh gu dion theagasc eifachdach, leis an deach e air aghart gu dol fòdha na grèine gun sgùr, gu’s mu dheireadh am b’eiginn do neach dha na bha làthair a phùtadh gu’s e sgùr. Agus chi sinn bho sin gu de a gnè duine a bha ann a Fionnl Munro.

Feumaidh mi ainmachadh mu ’n deid mi nis faide air m’aghaidh gur ann fo eisdeachd an duine bheann-ichte so, a dhúisgadh agus a dh’iompaichadh, agus a thainig àtharrachadh na’n gràs air Aonghas Mac Cuis, agus cha bann ann an tomhas beag na faoin, agus gle ghoirid an deigh dha a bhi air iompachadh, thoisich e le shaor thoil fein air cumail cneasnachaidh agus coinneamhan ann so agus ann sud air feedh na sgìr, chunnaic e dorchadas na ministerean, aineolas agus saobh-chreideamh an t’ sluaigh cosmhuil ri Samson: “ Thoisich spiorad an Tighearna rá bhrosnuchadh air uairibh,” agus cosmhuil ri Pòl ann am bàile na h’Aithne, “ bha a spiorad air a bhrosnuchadh ann, do brigh gu ’m fac e am bàil làn iodhal aoraidh.”—Gniomh. xvii. 16 Air bàll shearmonaich e Chriosda do’n t-sluagh, agus thug e

rabhadh dhoibh teicheadh on fheirg a ta ri teachd, ach bha lamh an Tighearna gu cumhachdach maille ris; agus chreid aireamh mhor agus phill iad chum an Tighearna.

Ach cha robh an obair bha sò, a còrdadh ris na Ministeirean agus ris na Bàillidhean, agus uime sin cosmhuil ris na h-ard-shagairt agus na Phairisich “thubhairt iad, ciod a tha sinn a deanamh? Oir a ta an duine so deanamh mòran mhiorbhuile. Ma leigeas sinn leis air an doigh so, creididh na h-uile dhaoine ann.”—Eoin xi. 47-48.

Cha robh a chuid bu mhò dha na Ministeirean a bha sa chearn so, ann an lathichean oige Aonghais Mhic Cuis, an ni bu chòir dhoibh a bhi, agus be sin an t'aobhar airson nach robh iad a cordadh ris. Cha be a chréud no iarrtus bhi 'n 'aghaidh mhinisteirean, coslach ri siochairean bochda tha 'n duil gu'm bheil iad nan daoine soilleir diadhaidh nuair tha 'm féin spèis agus an aineolas ga'm buaireadh gu eiridh suas an aghaidh ordugh agus deagh-riaghailt. Cha bann idir chum bhi na dhuine mor as cionn sluaigh thug e rabhadh dhoibh thaobh teagasan mearachdach na ministeirean; ach a thaobh a churam do ghlòir Dhìa, agus a thruais do 'n anamana neo-bhàsmhor. Bha e mar shalann anns an tir anns an robh a chomnuidh.

Bha beannachd an Tighearna 'n cois a sheirbhis, agus bha mòran do'n t'-sluagh air an toirt chum eolais na firinn air chor agus gu 'n do dh' ftagh Moran dhuibh na Ministeirean. Ach cha robh iad gun Mhinisteir nuair bha e fein aca. Thionndaidh an sluagh mu dheireadh cho mor n' aghaidh na'n truaghain do Luchdtuarasdail Mhinisteirean bha a chléir agus am Pàtron a suidheachadh na'm measg, ionnus gu'm b'eiginn ceumanan eile a ghabhail, chum na gaduichean agus na fir-reubainn chur suas air sheol eile.—Eoin x. 1. Ach cha d' eisd na caoraich ri guth nan coigreach ud. Bha pobull an Tighearna ann an Uidhist san ám so, agus anns na h-Eileanaibh mu'n cuairt, ann an daorsa chruaidh le Ministeirean gu'n ghràs. Bha eadloin am beatha searbh dhoibh le daorsa chruaidh. Tha barr-

andas againn air a chuis a tha so, nuair a bheir sinn  
dhuibh rann a te a laoidhean Iain Gobha na H-earradh.

Ged tha sinn fo àmghair  
A nis 's no dhuilich:  
'Sluchd teagaisg gu'n ghràs  
Air teachd oirnn ga b'oileann,  
Tha gealladh dhuinn nach fagar  
Fo chuing sinn aig luchd Patroin  
Oir thig ar saors 'o n' àirde  
Le slaint as sonas,  
Tha ar buachaill gàisgeil,  
'Sbheir e buaidh a mach dhuinn  
'Sleis fein ar coir fuasglaidh  
O'n daorsa air teachd oirnn.  
'S feitheamaid gu caillach  
A nis car tamuill,  
Gus an d' thig coimhlionadh  
Dhuinn air a ghealladh,  
'S nach bi clèir ann diadhaidh  
Le aineart oirnn a riaghadh,  
Oir gheibh sinn fuasgladh fiorghlan  
Rín fhiach dhuinn fantuinn,  
Tha 'n t-am ruinn a teannadh  
Faisg air laimh le cabhaig  
'S theid cinn-iuil na 'n dall  
A mach o'r càmp a sgaradh.

Anns na h-amannan dorcha so, bha an tearc a dhuisg  
Spiorad an Tighearna gu's an cunnart thaobh naduair  
fhaicinn 'sna ceannan ud, agus a chuir gràs Dhe gluasad  
air n' innigh airson Chriosd, cosmhul ris na Greugaich  
bhochda bha "am measg na muinntir a chaidh suas  
chum aoradh dheanamh aig an fhéill," agus bha  
"ag radha," "A Thighearna, bu mhiann linn Iosa  
fhaicinn."—Eoin xii. 20. Bha iad gun amharus  
cosmhul ris na "Druidhean thaining o'n aird an ear  
gu Ierusalem. Ag radh, C' àit am bheil Righ sin nan  
Iudhach a ta air a bhreith, oir chunnaic sinne a reult  
sa'n aird an ear, agus a ta sinn air teachd a thabhairt  
aoraidh dha."—Mata. ii. 1.

Bu tric bha na deòiridhean so an suidheachadh na h-Eaglais nuair bha i' g'radh: "Air mo leabaidh anns an oidche dh'iarr mi an ti d' am bheil gràdh aig m' anam; dh'iarr mi e, ach cha' d' fhuair mi e. Thachair orm an luchd-faire à dol mu 'n cuairt anns a chàithir: Am faca sibh an ti d' am bheil gràdh aig m' anam."—Dan. iii. 1. Fhuair an luchd-faire a bha dol air an cuairt sa' chàithir mi; bhual iad mi, lot iad mi; thug luchd coimhid nam balla m' fhalluin dhiom."—Dan. v. 7. Sann mar so gun teagamh bhuin a chleir ris na h-anamanna bha gu bronach 'g iarruidh Chriosda 'sna h-eileanan an iar'sna làithean ud. Bha bruidealas agus aingidheachd, misgearachd agus ràoitealachd na clèir aig a leithid dh 'airde 'sna laithean ud, agus nach creideadh daoine nach fhaca leithid, gu'r firinn tha ann ge d' chuireadh neach fo 'n comhair e.

Neach sam bith ghabhadh air fein urnuigh chur suas ri Dia, no na Sgriobtuirean a leughadh na theaghlaich, shearmonaicheadh na Ministeirean air an t' 'Sabaid air mur chealgaire agus mur Phairiseach; agus dheanadh iad an uile dhichioll a chleachdadadh ris an Uachdaran chum an tilgeadh as an tigh agus as am fearann agus an cuir air fàlbh as an dùthaich.

Ach burrainn am fuigheall a bha aig an Tighearna a rèir taghadh a ghràis sa'n tir a ràdh; Cha deachaidh mi ach beagan air m' aghaidh uatha, nuair a fhuair mi esan d' am bheil gràdh aig m' anam; rinn mi greim air, agus cha leiginn as e, gus an d' thug mi e do thigh mo mhàthar agus da sèomarsa rug mi."—Dan. iii. 4. Bha na ceud-thoraidhean bha aig an Tighearna sna tirean ud na muinntir threun: "O anmhuineachd a rinneadh neartmhor, a dh'has treun ann an cath a chuir air theicheadh airmailte na coimheach." Bharrach air Aonghas Mac Cuis agus moran eile do dhaoine ainmeil diadhaidh, a bha ann an Uidhist sa'n là ud. Bha Domhnall Munro sa'n Eilean Sgiathanach (Skye), Iain Moristan sna H-earradh, agus beagan eile nach robh cho iomraideach riusan, mur a "Neal beag cosmuil ri bois duine a' g' eiridh as an fhairge bha

leigeadh ris gu'n robh uisge mòr faisg air làimh." Bha iad mar a chraobh-fhige bha nochdadh gu 'n robh an samradh am fagus, thaobh an duillich a bha iad a cur a mach. Bheir sinn dhuibh barrandas air a sin bho chainnt Iain Mhoristean tha gràdha san bran:—

Tha duilleach na craoibh fhige  
Aig innse mar theachdair;  
Gu bheil samradh siochail  
A tighin am fagus.

Gun teagamh bha Domhnall Munro 'sna h-Eileanan an Iar mur bha an colman a thaining a dh'-ionnsaidh Noah le duilleag craoibh ola na ghòb, a bha leigeadh ris dha gu'n robh ám fhuasglaidh dlu do làimh. Bha ar t'Eilean Sgiathanach sa'n àm ud fo neul tròm agus fo dhorchadas tùigh. Feudaidh e bhith gun do leugh an leughadair mu thiomchioll nighean òg a bha air a dùsgadh 'san Eilean Sgiathanach, agus air a gluasad chum an Tighearna iarraigdh. Bha i dol mu 'n cuairt sa'n tir agus a feòrach do gach aon am urrainn iad eolas sa'm bith thoirt dhith air Dia; agus cha robh duine sa'n tir da 'm b'athne a trioblaid.

Lean i air a cuairt do thirean eile, feòrach mur bha i falbh: "Am faca sibh an ti d'am bheil gràdh aig m' anam?" Agus chaidh i air a h'-aghaidh gus an d' fhuair i easan da 'n robh gràdh aig a h-anam; rinn i greim air agus cha leigeadh i as e, gus d' thug i e do thigh a màthar, agus da seomar'sa rug i. B'iongantach da rireadh deiligein an Tighearna ri Domhnall Munro, cosmhuil ri Aonghas Mac Cuis fein, thug e uaithe a fhradharc 'nuair a bha e òg; agus an dèigh sin thug e dha leithid do dh' ungadh on aird, maille ri cuibhroinn dhùbailte da Spiorad, agus nach robh duine ann na latha bu mhò chaidh mach ann an lànachd beannachaidh Soisgeul Chriosda no easan.

Rinn an Spiorad Naomha gu'n amhuras an duine dàll na Mhinisteir foghainteach an Tiomnaidh Nuaidh. Dh' fheudadh e ràdh, "Air aon ni tha fhios agam; air dhomh bhi dàll; gu bheil mi nis a' faicinn." Nach

iongantach da rireadh obair an Tighearna; nuair chuir e Maois do 'n Eiphit, bha an duine ciuin a gearain agus ag ràdh, "Co misa, gu 'n rachainn a dh'ionnsuidh Pharaoh, agus gu 'n tugainn a mach clann Israel as an Eiphit." "O mo Thighearna, cha duine deas chainnt-each mi aon chuid roimhe so, no o'n ám sa'n do labhair thusa rid sheirbhiseach; do bhrigh gu bheil mi mall ann an cainnt, agus mall ann an teangaidh." "Agus thubhairt an Tighearna ris, Co a rinn beul an duine? Nach mise an Tighearna."—Exodus iv. 10, 11. Bu mhiànn leam iomradh a dheanamh air an fhirean urramach so, air an robh mor mheas aig Aonghas Mac Cuis, mar a tha mise tuigsinn agus a creidsinn, a reir mar a dhóghlum mi bho 'na chuis, mar a chaidh a h-innse dhomh.

Ach cha 'n 'fheud mi an còr a ràdh aig an àm so, ach a mhàin an leughadair chur an cuimhne briathran Phoil: "Ach roghnuich Dia nitha aimeadach an t'saoghal, chum gu 'n cuireadh e naire air na daoinaibh glice; agus roghnuich Dia nithe aumhunn an t'saoghal, chum gun cuireadh e gu näire na nithe cùmhachdach ionnus nach deanadh fèoil sa'm bith uail na fhiannis."—1 Cor. i. 27,29. Ach chum pilleadh ri Aonghas Mac Cuis. Bha easan nis gach la sa chÙng, a giulan uallach agus teas an là. Agus le beannachd an Tighearna air a shaothair, thainig an ceann so ann an tomhas mòr gu eolas an t'Soisgeul Thainig an sluagh an coimeas ri cuid do na h-Eileanan eile ma 'n cuairt gu 's bhi mar fhearann Ghosen. Chaidh iomradh agus cliu an Aonghais Mhic Cuis a 'nis am fad 's am farsuinn. Bha a chleir làn eagail roimhe; agus bha aobhar aca, oir cha b' fhèarr iad na leanaban ri aghaidh. Dh' fhag an sluagh na truaghain Mhinisteirean bha aca mar dhinnis mi cheanna agus lean iad easan, agus cha robh Ministèir an Alba bu shàothrachaile am measg sluaigh na bha Aonghas na measg san.

'Siomadh là fànn agus sgith, brònach agus dùbhach bha aige airson aobhar Chriosda na'm measg 'g amharc mach airson, agus a feitheamh, ri sàorsa

agus fùasgladh na h-Eaglais: agus pòbull an Tighearna uile san tir “a deanamh bith-urnuigh ri Dia” gu’n cuireadh e Teachdaire soisgeulach da ‘n ionnsuidh leis am boidh iad air am bèathachadh. Ach bha gach Ministeir ùr bha teachd nam measg, taisbeanadh nach robh ann ach coigreach agus fear tuarasdail. Agus do bhrigh gu ‘m bu chòigrich do Chrisoda iad, cha b’urrainn iad ionaltradh thoirt do na caoraich agus cha ‘n eisdeadh na caoraich riu; ach sann bha iad a teicheadh àapa. Bheir mi dhuibh a ris barrandas air so, bhó ghearin Gòbha na H-eàrradh, mu’n chuire so, an aon do chuid òran.—

“ Tha sinn fann le strì  
 Sgith ’sa gabhail fadachd,  
 Gus am faig sinn sith  
 Le libhrigeadh farsuing.”

Gidheadh bha Aonghas Mac Cuis a togail suas a shùilean chum nam bèann òn tigeadh a chabbhair Agus bha e mur an céudna cumail suas misneach agus cridhe pòbuill an Tighearna sa’n tir, ann a bhi cur an cèill doibh mur labhair Ioseph ri bhràithribh, gu ‘n amhairceadh Dia gu cinnteach orra agus gu ‘m fiosraicheadh e iad: “Agus cha do chuir e an amharus gealladh Dhe le mi-chreidimh; ach bha e laidir an creidimh, a toirt gloire do Dhia.”—Rom. iv. 20. Agus mar thubhairt Pol mu Mhaois, “Bha e laidir na inntinn, mar neach a bha faicinn an ti a ta neo-fhaicsinneach.”—Eabh xi. 27. Agus air dha bhi mur so “a tuigsinn comharan na h-aimsir;” cosmhuil ri Eliah a thubhairt ri Ahab mu ‘n d’ thàinig am t-uisge idir: “ Eirich suas, ith agus òl ; oír tha fuaim pailteas àisge ann ” ; bha e nochdadhbh da luchd dùthcha gu’n robh àm saorsa agus fuasgladh na h-Eaglais dlùth do làimh, agus g’n robh “fuaim suibhail ann am mullach chraobh na smeur ;” agus iadsan bhi gluasad, agus gu’n rachadh an Tighearna mach rompa agus gu’m buaileadh e feachd na “ gaduichean agus an luchd reubainn” leis an robh iad air an saruchadh. Agus

bheir mi nis dhuibh mar a labhair Gòbha na H'èarradh  
m'un chuis so anns an òran.

“ Se nis an tim dhuibh bhi soathreach  
Gun fhois 's gun sgios ach nar duisg,  
Mar bha Daniel dìlis  
Bu tric na shineadh san smur,  
A leugh san fhàidh Irimia  
Fior àm an libhrig bhi dlù,  
Tre 'n d' fhuair e taisbeanadh cùinteach  
Air aobhar aoibhneis o thurs.  
Eaglais shaor a chaomh chàirdean  
'S gearr na laithibh gu leir  
Gus an cluinn sibh càoidh Labain  
Sibh air fhagail gun treùd,  
'So na faicinni an là sin  
Baoibhinn gaire o'm bhèul,  
Bhi ga chluinntinn le àrd-ghuth  
Ri gal sa ranaich na 'n deè.  
Ged robh casaid a nàmhaid  
Ribh aig ràdh le beum  
Gun do chreach sibh tigh Labain  
Dheth chuid àilleagan brèig.”

Seallaidh mi dhuibh mar an ceudna, mar a thubhaint  
an Gobha anns na briathran a leanas, mur a rachadh  
an saors oibreachadh a mach, agus mur rachadh na  
naimhdean a sgapadh; agus mar a ghabhadh Criodha  
pàirt na h-Eaglais mar fhear-posda seasamh airson a  
chèile.—

“ Sgheibh a chèile a còir bhreith  
A'dheoin no a dh' aindeoин.  
Bheir an Righ a torachd  
A mach le 'lannaibh  
Leis gach ait' a lionadh  
Le corpaibh luchd-an-riaghlaidh,  
A sharuich i gu h-iosal  
'S dha dian gu casgairt  
Eisdidh e rà h-athchuing,

's theid a saors thoirt seachad;  
 Ged bhiodh fuil an-diadhach  
 Cho árd ri srian na 'n eachaibh.  
 'S theid a chlèir a sgapadh  
 'S druidear beul na 'm madadh,  
 'S cha bhi aon ag eisdeachd.  
 Luchd reubainn no luchd gadach  
 Cha bhi luchd na 'n stipin  
 'S na 'n glibean farsuing,  
 Ghoid steach o's iosal  
 Airson am beartas;  
 Ri teùmadh nam firean  
 'Sa claoidh na muinntir dhileas,  
 A sheasas taobh na firinn  
 Gu dion mar ghaisgich."

Ach chaidh glaodh agus osnaich pobull an Tighearna an Alba, agus gu h-aràidh anns a Ghàeltachd suas gu Dia airson na daorsa anns an robh iad. Agus chunnaic an Tighearna gu cinnteach amghair a shluaign, agus chuala e'n glaodh; oir baithne dha an doilgheas. Dh' fhurtaich agus dh' fhuaisgail an Tighearna air oighreachd, agus i sgith: dheasaich e na mhaitheas do na daoinibh bochda.

Thainig là an dearbhaidh mu dheireadh; oir bu là dearbhaidh e cho maith ri là saorsa; agus bha moran an Alba dh' fheudadh a ràdh mar thubhairt an t àrd-cheannard ri Pol: "Is mòr an t suim air an do cheannach mise an t' saorsa so." Tha mi ciallachadh là briseadh a mach, no là dealachadh na h-Eaglais. Nuair a threig Ministeirean na h-Eaglais Saoire am beathachadh airson crùn Chriosda agus saorsa na h-Eaglais. Bha iomadh do phobull an Tighearna an Alba sa'n àm ud cosmuil ri Simeon agus Anna, da 'n do dh'fhoillsich an Spiorad Naomh nach faiceadh iad bas gus am faiceadh iad saorsa na h-Eaglais air oibreachadh a mach.

Agus an uair a chaidh innse dhoibh gu'n do thilg

Teachdairean Chriosda cuing na staid dhuibh mar thilg Daibhidh luireach Shauil dheth, agus cosmhuil risan gu 'n do ghabh iad am bata na 'n laimh, bha iad ccsmhuil ri Iacob, nuair a chaidh innse dha gu 'n robh Ioseph fathast beo, agus a chunnaic e na carbadan chuir e ga ghuìlan, dhàth-bheothaich an Spiorad. Bha cuid nach do chreid an sgeul an tùs, troimh aoibhneas, oir bha iad làn iongantais, cosmhuil ri Peadar nuair a thug an t-aingeal a mach as a phriosan e, shaoil iad gu 'm bu taisbean a chunnaic iad. Ach thainig iad so gus a ràdh maille ris an Eaglais a shean :

“ N' tra thug Iehobhah air a h-ais  
 Bruid Shoin b' ionnan sinn  
 Is daoine chunnaic aisling mhór  
 'Sa mhosgail as an suain.  
 Lionadh ar beul le gàire an sin,  
 'Sar teangadh fòs le ceòl  
 Am measg nan cinneach thubhaint iad,  
 Rinn Dia dhoibh bearta mòr.”

Cha mhór bha an Alba bu mhò rinn a ghairdeachas ris an latha so na Aonghas Mac Cuis, agus cha mhór bha innte bu mhò dh' fhuiling a rèir a chrannchur aiss-on na h-Eaglais-saoire, agus bu mho rinn a rèir inbhe chum a neartachadh, no easan. Chaidh e mu 'n cuairt troimh Uidhist, na H-earradh, Leodhas agus cho fad ris an Eilean Sgiathanach, aig an àm ud chum an soilleireachadh agus an dleasnas a chur fa 'n comhair a thaobh na h-Eaglais. Agus gu 'n teagamh bha e 'g innse na firinn gu 'n bhrosgal ri Ministeir na ri uachdaran.

Uair an deigh uair chuir am Bàillidh agus a chuid Màor, a tholladh an taighe o's a choinn, agus a chuir a mach as, ach a reir na doigh a bha aig airbruidhinn agus coinneachadh ris an t' seorsa, dhaoine ud, a bha anabarrach an iochdmhor agus èucorach sa'n là ud, agus a dhaindeoín sin uile gu leir, agus an tèann ughdarras bha iad a giulan o'n òighreachd, bha iad a tilleadh air falbh o'n tigh làn eagail ròmh duine bheann-

aichte gu'n an ceann tuiris a choimhlionadh. Feudaidh mi ainmeachadh gu 'n robh e dol mu 'n cuairt aon là, airson aobhar na h-Eaglais Saoire beagan an deigh àm an dealachaidh, agus thachair dithis dhaoine tapaidh ris air an rathad mhor, a thoisich air a chrònuchadh gu fiadhaich airson e dhealachadh ri Eaglais athar agus a shean-athar. Fhreagair Aonghas gu glèusda, feàrail, tàpайдh a charaid agus thubhairte "Cha do dhealaich mise ri Eaglais m' athraichean idir, ach dhealaich mi ri bàs na h-Eaglais." Cha robh aig na daoine a bha na 'm beachd fein, tapaidh, ach gabhail air an aghaidh air a'n cur gu h-ealamh na 'n tosd.

Bha e na dhuine a bha sonruichte gu'n eiseimeil ri neach sam bith. Feudaidh mi so a dhearbhadh leis a phuing bheig so. Thainig caraide daimheil air an ro mor mheas aig Aonghas, a choimhead air, an deigh-dha ur-phosadh, agus bean thapaiddh eireachdail a reir coltas fhaotainn. Dh'fheoruich Aonghas dhèth, Dhomhnall ars esan "Co as a thug thu bhean," fhreagair Dòmhnull, agus thubhairt e. "Thug mi a tigh Mhr Ruairidh Bhràcadail i. Fhreagair Aonghas air ais, agus thubhairt e. "Ma ta cha mhor a b'fheairde Gehasi a bhi an tigh Eliah." Ach ged a bha an fhreagairt sò, air am meas gu'n eiseimeil aig a'n àm, gidheadh bho nuair sin, b'fhearr leam a bhi creidsinn gu'n do thuit fàlluin Eliah air Elisa. Ach gu pilleadh a dhionnsuidh àm dealachadh na 'n Eaglaisean, feudaidh sinn a ràdh le cinnt, gur iomadh duine bochd a chaill a thigh agus fhearunn 'san àm ud sna h-Eileanan an Iar, agus gu h-araidh an Uidhist, airson na h-Eaglais Shaoir.

Neach a bheireadh a thigh do na Ministeirean chum searmonachaiddh ann, rachadh a chur as an dùthaich, agus bha aig an t-sluagh a shamhradh agus do gheamhradh ri cruinneachadh chum seibhis an Tighearna air na enoic agus air na sleibhteann. Tha e furasda an diugh fuaim agus bòilich a dheanamh in Eaglais Shaoir thaobh agus nach caill daoine ni ris, ach cha robh e cho furasda an là ud. Thaobh staid

na h-Eaglais stèidhhichte sa 'n àm ud, bheir mi dhuibh cainnt Gobha na H-earradh mu 'n chuis.

“ Cha bheag am bron san Cradh anama  
 Dhuibh san aimsir so fein,  
 Staidh bhur mathar on d'fhalbh sibh .  
 Gu erion air seargadh o freumh,  
 Fo dhris na bagaidean searbha,  
 'Sa geugan aimrid gu leir,  
 'Sa faicim aogais a meanbh-chruidh  
 Fo dhearcan marbhteach dol eug,  
 Tha droighneach 's feanntagach chuirail  
 A nis na luchairtibh mòr,  
 'Si na fardaich ro dhuldaidh  
 Do dhragoin lubach nan còs;  
 Sna fàros taimhidh ro mhuchaidh  
 Do chomhachaig dhur a sgread phro,  
 'Sdo bheathaichibh allta ro bhhuideil  
 'Sdo shionnaich chuilbheirtich sheolt.”

Cha n 'eil teagamh sa 'm bith, na 'm b'aithne dhomh, nach bu mhiann leam beagan a ràdh mu Aonghas Mac Cuis, mar dhuine, agus mar Chriosduidh. Mar dhuine, cho robh easbhuidh air, aon chuid am buil a chuirp na am buadhan inntinn, ach a mhàin gún do chàill e fhradharc mu aois ochd bliadhna dèug. Bha e thaobh a thalanna gu nàdurra a measg an t-sluaigh mar bha Saul an Israel, “O' ghuaillich agus o sin suas b' airdé e na'n sluagh uile.”

Bha e mar an ceudua na dhuine truacanta agus aoidheil, agus cha b' aithne da nadur spiocaiche sa'm bith. B' aoidheil, fosgailte agus fialaidh do na coigrich e; agus bu lionmhòr iad dhiubh chur seachad oidche maille ris. Bha coigreach aig ám araidh dol ma'n cuairt ann an Uidhist, agus bha e feorach do dhaon an sud sa 'n so 'Caite an robh tigh an òoilidh a thuair a fhradharc," agus tha e coltach nach robh neach sa 'm bith a tuigsinn gu de an seorsa tighe no duinne a bha a'n coigreach a ciallachadh leis na briathran ud, gu's mu dh'eirreadh a'm b'eiginn do'n

fhear tuiris dol a steach do thigh air choireiginn rathad sgir Shollais, agus an ni ceudna fhèoruch do bhean-an-tighe, a thiug gu 'm be tigh an Aonghais Mhic Cuis a bha e g' iarruidh agus a ciallachadh, agus mar sin bha ise comasach air a stuireadh, air an t slighe cheart. Agus nuair a rainaig a'n coigreach an tigne agus a dhianis e chuis, mar a thachair dha, do Aonghas, riun e fein gaire nach bu bheag ris. Agus mar chriosduidh bha briathran an Dr Dhomhnullaich da athair urramach freagarach dha.

“ Bé 'n chiosduidh suilbhir, faoilteach e;  
 Biodh saorsa stigh, no cruas  
 Tra bhitheadh 'm fianiú dhaoine e  
 Cha 'n fhaict 'air eudan gruaim.”

Mar fhear-teagaisg na mar Shearmonaiche bha e measg na fir-chneasnachaidh mar a bha an Dr Domhnullach a measg na Ministeirean. Cha do dheisd neach sa 'm bith aon dhiubh a bha cho tomadach, cho tabhachdach, agus cho domhain ris ann an rún diomhair an t' Soisgeil. Bha e na sgriobhaiche foghlumte chum rioghachd néimh, a toirt a mach as 'ionmhas nithe nuadh agus sean. Ach bha irioslachd agus a sheirc cho mòr ri thàlanna, agus cha b' ann cur sios cháich agus ga thogail fein bhiodh e: Mar bharrandas air so bheir mi dhiubh cainnt an Dr Dhomhnullach sa 'n òran freagarrach do bheatha agus chliu a chriosduidh.

“ Ach b'e e mhiann bhi carthannach  
 An tabhairt breith air càch,  
 'Sbhi fagail dha-s' d' am buineadh e,  
 Bhi deanamh sgaradh slàn.  
 Cha bu toil leis riagh bhi fasganadh,  
 Le gaoith bhiodh bras, is dian:  
 'Sle srannaibh àrd, 'sa h-osagan,  
 A chasadadh 'n cruithneachd slos.  
 Bu mho, gu mor, bu shabbhailt' leis,  
 Bhi fágail muill 'san t-siol:  
 Na 'n siol—gu 'n rachadh grainnean dheth,  
 Le moll, gu bràth a sios.”

'Siomadh Ministeir agus neach eile a bha air chuairt ann an Uidhist air an robh e na ro-chúram searmon-achadh an lathair Aonghais Mhic Cuis ach 's beag a ruigeadh iadsan a leas sin, cha robh duine eile sa'n tir bu sheirceile chuireadh folach air eashbuidhean luchd labhairt an fhocail na easan.

Bha urram mhòr aige do dheadh-riaghailt, agus do dh-orduighean follaiseach an t' Soisgeil, mar tha aig na h-uile Criodh fallain agus breithneachail. Tha cuid do dhaoine troichail, gogaideach, agus fean-speiseil gle thric measg na'n Gaèdhail feuchainn ri cliú dhaoine èudmhor, sòilleir, fhaotainn le bhi deanamh roinnean, agus a sgapadh choimhthionalan, agus le bhi diomaladh mhinisteireau. Tha iad so feuchainn ri uisge thoirt gu 'm Muileann fein le bhi suidhe ann am breitheanas air muinntir eile, a bheil na nach 'eil gràs aca,

Cha 'n 'eil e idir na cheist orra bheil gras aca fein, ach tha e na cheist throm orra bheil gras aig sluagh eile.. Tha iad árd-ghuthach, agus ceann láidir: agus cha 'n fhàn a cosan 'na tigh fein. Gnath. vii. 11. Ach chà 'neil fhios aig a mhuinnitir so ciod a' gne spioraid d' am bheil iad. Cha 'tug agus cha' toir iad ionaltradh, togail na árach do dh-Eaglais Chriosda. Ach cha bhuinneadh Aonghas Mac Cuis dhoibh sud, 's an theireadh e ma 'n timchioll: "Nan diomhaireachd na tigeadh m' anamasa, ra 'n coimhthional na bitheadh m' onoirsa air a h-aonadh."—Gen. xl ix. 6.

Tha e air a mheas mar cháll anabarrach mor nach dì 'fhuair an duine urramach so sgoil na foghlum, ach ged a bha sin gu 'n teagamh air àichaiddh air, cha robh e gu'n fòghlum air so'n sin, bha neach daonnan ri leughadh dha, gu's an dh'fhàs feadhainn a chlann a bhrathar suas, agus am biodh duine mu seach dhuibhsan a leughadh dha cha mhor gun fhòis, agus a thaobh e bhi dall, b 'eiginn do neach air choireiginn dhuibh a bhi ga theoruchadh gu riaghailteach, gu aite, agus ceann a dhleasdnais. Biogantach na gíthean a thuair e feumaidh sinn a chreidsinn o 'n Spiorad Naomh, nuair a leughadh e Seann Tiomnadhbh agus an

Tiomnadhl Nuadh le a chuimhne, mu 'n do chaochail e, agus air do neach sa 'm bith eile a bhi leughadh dha dh' aithnaichadh e na rachadh e ni cli ann an earrann sa 'm bith, eadar da chlar a Bhiobuill.

Feudaidh mi ainmachadh gur e an t' Urr: Mr Tormad Mac Leoid a bha na mhinisteir ann an Trumisgearraidh aig ám an dealachaидh ann an 1843, agus a chionn gu 'n do dh' fhàg e an Eaglais Stàidhaichte, agus gu 'n do dhlù leann e ris an Eaglais Shàor, uime sin beudar dha Manse fhagail, agus comhnuidh a ghabhail ann an tigh ùr fàlsg air laimh, agus a bha ri taobh tigh Aonghais Mhic Cuis, agus air an aobhar sin bha iad glè éolach mu cheile agus tric còmhlaadh.

Agus mur a dh'ainmaich mi cheana ged nach dh' fhuair Aonghas sgòil no fòghlum a thaobh agus cho ro fhada sa bha tàite air àis anns an là ud, anns a h-uile cuid dhiubh sin, gidheadh cha do dhearmaid a riamh a thoirt fanear, gun robh an uireasbhuidh so, air a co-lèasachadh gu farsuing dha, le córaichean anamig luachmhor, dachaidh, agus oileanachadh diadhaidh, far an do dheirich, maduinn agus feasgar, bho altair an teaghlaich, iobairt thaithneach an aoraidh iriosail. An ni a smuainaich a fein do 'na chuis a bha an so, bithidh e nis fasa dhomh chuir na chainut fein. Tha mi a ath-smuaineachadh mar throcair mhór, gu 'n robh mi air mo bhreith ann an teaghlaich, a thug a lethid do dh'aire agus do churam do 'm theagasc ann an eolas na firinn, agus anns an robh agam cóir ann an aoradh Dhe moch agus anmoch. Tha e coltach gu'n do chomharraich Dia e glè thrà airson a sheirbhis, agus gu'n do dhabh e dhoigh fein gu 's uidheamachadh airson obair fein na fhion-lios. A choinn agus gu'm baithne dha am Biobull agus Leabhar-na-Cèist bho thùs gu chrìch, bu tric a labhradh e le aoibhneas air an toil-inntinn a bha aig ann, agus a bhuannachd shaibhair a thuair e an comhnuidh bho 'n gnathachadh so.

Sealtainn air ais, chi sinn màth, mar a dheum gu'n do dh' uidheamaich an gnàthachadh so inntinn le firinnean mòr an t' soisgeul, agus gu'n teagamh sa

'm bith, a chòir àraidh a ghabh e riamh tuilleadh na dheigh sin ann an teagasg na Cèisteán. Air a mhodh so bha a luathas agus a mheudachadh ann an eolas fa lèth a tarruing gu h-uile is gu h-iomlan aire na nabaidh-eachd, agus aig an n' aon àm a bròsnuchadh agus a tarruing iognadh na 'n uile.

Bha miорbhuilibh Chriosda ro fhòllaiseach gu ial a bhi air an àicheadh, bha seòl, càoimheil, néo-chèalgach sòilleir, a bha aige, am meas airson òideachadh còmharr-aichte, agus thug an Tighearna tàlantan dha nach burrainn gu'n iocadh sòilleir, fòllaiseach, agus choisinn sin da cairdeas aireamh mhòr, ged a ghèuraich e gàmhlas muinntir eile. Bha teanga lùchd-tuàleis an comhnuidh tràng, agus air a táomadh ann an dòmalas an aghaidh a bhuidhean ris an do chòmpanaich e iad.

Dragh sa 'm bith na cronuchadh bho 'n t-saoghal, gu's a bhriathran fein o chleachdad. "Bha e anab-arrach saruichte dhomh." Gidheadh bha Dia gràsmhor oir shealbhaich mi miosgadh còmharr-aichte, do thròcair maille ris a bhròn. Aig toiseach duilichinn sa 'm bith dh'aithriseadh e na briathran so, "Anns an làtha àithnidh an Tighearna a thròcair; agus san oidhche bithidh a laoidh maille rium, agus m' urnuigh ri Dia mo bheatha."

Bha Dia dha mar fhear-cuideachaidh, mar sgaile agus mar dh'aighneach, fhéar-sàoraidh agus a sgiath, bho ionnsuidh neo-aithrigh dhaoine, a thoisich tràth, mar a chaidh ainmachadh a cheana, air cudthrom sònruichte chuir air inntinn le mòthachadh dómhain air soisgeul na'n saor ghras. Teannadh air crioch a bheatha bha e daonnan a toirt an aire, agus sin aig àm glè thràth, gu' n robh e factainn èolas tre-fhèin-fhiosradh ni bu shoilleire, air foillsichidhean toil-inntinneach na firinn dhiadhaidh, ann an tomhas ni bu mhò na bha sùil aige ris am feadh sa bhitheadh e air an tàlamh. Riamh bho thùs a bheatha, bha fòcal an Tighearna a chuala

e air a leughadh, air a dheanamh priseil dha, agus na bhuannachd dha anam. Maille ris a so, thuair e mòran de leabhràichean ainmeil, diadhaidh eile air an leughadh dha, a theoruich gu 's a chòguis a dhùsgadh, agus aignidhean a għluasad, agus leis an fheum a rinn a dhuibh sin, dhaobharaich e dha bhi cùmhnantach ri Dia.

Fo leithid sin do dhùsgidhean agus do ghèur-mhòthaichidhean bha e toileach teicheadh a dh' ionnsuidh Chriosda, agus creidsinn na shàor għräs airson slainte. A bhàrr air neach a bhi daonnan a leughadh dha, na'n Sgriobtuirean Naomh, leabhràichean diadhaidh eile mòr thoil-inntinn dha, agus na drùghaidhean rinn iad sò air, agus searmoin dhòmhain eile chuala e, maireanach dha. Aig an leithid sin de dh'amaibh, bha e air a thoirt gu mòr do dh'urnuigh. Leis na gnàthaichidhean so, a dh'fhòlaich e cho mòr sa burrainn dha bho 'n t-saoghal, gidheadh bha a għuilan an taobh mach, gu fāċinneach còmharr-achte.

An deigh dha Pharantan a bhi air an gairm air falbh, thàghail àthair nèamhaidh air le a sláit-smàchdachidh, bhuaile flabhrus tròm ùair agus ùair e, ni a thug glè iosail e, ni a dh'áodas sinn gu maith a chreid-sinn agus a thuigsinn, bho nadur na h-ċeuail ghàbha-ailtaich, ċhùnnartaich so, agus cha mhòr a bha ga fhaicainn, no a cluinni mu thiomchioll, nach robh fo mhi-mhisnaich, gu 'n rachadh e am fèadhas. Ged nach do thoilich e fein a bhi fo eagal, gu 'm faigheadh e bàs àithgħearr, gidheadh bha smuaintean mu thiomchioll na Siorruidhachd, a cur cùdthrom, tròm, sònruichte air, inntinn. Agus an deigh dha dol na bh'fhearr agus faotainn air aghart a lion beag agus beag, co-dhiu a nuair nach robh ni b'fhaide ri faotainn, an eiseimpreir theann, agus sochairean diadhaidh tigh àthar, gidheadh ann an tigh a brathar dhiadhaidh, cha robh fheartan air an càll. Cha robh sheirbhisean agus a għnathaichean cràbhach air an dichuimhneachadh. Bha an n'urnuigh uaigneach gu riaghilt-each air a coimhlionadh.

Gu bidheanta, bha cùram domhain, mu thiomchioll a shlainte shiorriudh a'g ath'philleadh ris, agus ar dha dhòl am fèabhas, bha ministraleachd an fhocail, agus an t'slat smachdaichidh, aonaichte, gus na cuisean so fhagail neo-dhi-chuimhnaichte. Dh'fhairich e ann an uine aithghearr, tre fhein-fhiosrachadh mileis, gur comasach Esan a reub air leigheas. Tre orduigh-ean fein agus muinntir eile, an tlachd agus an toilinnntinn a thuair e ann àm bliadhnaichean roimhe so, cha ne mhain gu 'n dh'fhuair e air ais iad gu comharr-achte, ach fhuair e beachdan moran nì bu shoilleire air saorsa sàor ghràs Dhe, agus a gnath'achadh gu gabhail greim air, agus a tagradh airson geallaidhean an t Soisgeul.

Nauir a bhiodh e ann an trioblaíd sam bith, chuir-eadh e air lèth a'n co-reusanachadh, ciatach, agus comhurtail a tha air fhilleadh anns na briathran a tha ann am Micah vi. 8, 10—"Na dean gairdeachas a'm' aghaidh, O mo namaid; ged thuit mi, éiridh mi; ged shuidheam ann an dorchadas, bithidh an Tighearna 'na sholus dhomh.'" "Agus chi mo namaid sin, agus còmhdaichidh näire ise thubhairt rium, C'ait am bheil an Tighearna do Dhia? Chi do shùilean am miann oirre; a nis saltrar sìos i mar chlabar nan sràidean." Guilainidh mi corruiich an Tighearna, a chionn gu 'n do pheacaich mi 'na aghaidh; gus an tagair e mo chùis, agus an toir e breith air mo shòn: bheir a mach mi chum an t-soluis; chi mi fhireantachd. Ann an co-ruith aimsir, mar a bha e fas eolach agus fiosrach ann an dreuchd na Ceisteireachd, dol bho thigh gu tigh, am fad agus am fagus, bhiodh a'n' comhnuidh na bothain iriosail sin, làn gu ruige an dòrus, do mhuinntir shèan agus og, agus bha a dhichioll do 'n dleanas so, agus a shòirbheachadh na 'n dioladh, a meudachadh a chliù gu sgoileirean a thoirt as na h-uile cearn dhe-n pharaiste gu bhi air a'n teagastg leis.

Bha dhilseachd do-sgitheachaidh ann a bhi ag iomchar do'n nionnsuidh, na n ceud phriomh-fheuman a theagasan an Tighearna, agus choisinn so dha a'm meas agus a'n taingeilachd a'm fad sá bha iad

beo. Mar a bha e mar so a fosgladh suas na slighe, bha a dhurachd fein an tòir air fòghlum dialhaile gu'n lagachadh. Mar a dh'ainmaich mi cheana, is airaidh a sheòladh air an aobhar so, a bhi a ris agus a ris air ainmeachadh, agus air a chumail air chuimhne bhuan. Bha e n' aghaidh, agus dhit e gu laidir a Phàtronach. Cha dh'fhuair e duilich taobh na h-Eaglais Shaoir a ghabhail, agus leis a bhuidhean so, bhuanich e air a bhi na cheann-feadhna, eudmhor, measal gu àm a bhàis.

Be ceartas fhòghlum saor. Bha e na choigreach do bhrosgùl, ma dh'euch diadhachd, talantan, na guilan eiseimpleireach, ri ni a thoirt bho neach a dh' aindeoin, ann an aobhar sàm bith, dh-euch e ri folach a chuir air. Bha e do-sgitheach ann a 'n cuir air aghaidh còraichean na 'n uile, gu h-araidh iadsan a dh' aithnaich e agus a ghradhaich e mar chlann Dhe. Bha e na oibraiche cho dian agus air a'n t-Sàbaid mu dheireadh, a rinn e diocheall air teagasg da threud, ged

To correct Printer's error below.

agus nach coisicheadh e chum  
an tigh aoraidh, agus dh'fhas  
e cho fann mu dheireadh, agus  
nach coisicheadh e gu'n tàcsa,  
agus mu'n d'raining e leth  
na slighe dh'iomsoadh an tigh  
aoraidh, dh'fhas e cho fann  
agus nach b'urrain dha  
coiseachadh idir, etc

bhi beo, be sin Criosda, agus bàs fhaotainn bu bhuanachd dha so. Le creideamh daighainn, agus muinghinn laidir, bha e sealtainn airson trocair Dhe trid an Tighearna Iosa Criosda. Mar so bha a h-ùile ni air an robh dreach eagalach sa'n namhaid dheireanach, air a għluasad as an rathad, agus air an aobhar sin, sa'n a bha e ra mhiannachadh, a roghainn air a bhi air a shneachnad. Oir is a bhi maille ri Criosda is ro fhearr.

Cha ruig an las so iongnadh sa 'm bith aobhar-achadh dhuinn, nuair a bheir sinn fainear, gu 'n dh'fhuair e làn dearbhachd a chreideamh. Chualas e 'g ràdh aon nuair, "Thuair mi dearbheachd air mo shonas siorruidh, agus gu 'na bheil siorruidheachd ann." Air a phuing so, bha a chainnt laidir freagarrach, a dh'ionnsuidh crioch a bheatha, nuair a bha e cha mhòr gun chomas labhairt, le fiamh gàire a bha taisbeanadh cùineachd, agus sòilleireachd an aoibhneis a bha na chridhe thubhairt e. "Is e an Tighearna mo sholus agus mo shlainte." Ann an ruith thairis air a chlùi, tha na nithean a leanas, anns an robh a thairbhe föllaiseach do'n na h-uile, gairm bhur naire.

Ged nach dh'fhuair e fòglum mar Sgòileir, gidheadh, anns an t'sheadh so, bha e seasamh os cionn a chuid bu mhò dha chó-fhàis, a shealbhaich sochairean reaghailteach fòglum bho lathaichean an n' oige. Mar a chunnaic sinn a cheana, cha robh inntinn dhian, riaraichte le buadhan cumanta. Bha a chuimhne neo-chumanta glèidh teach, deadh bhreathnachail, agus a chó-chùr do-sgitheach fo bheannachd an Tighearna, mar sin thearuinn e shoirbheachadh ann a'n càrnadh suas cuibhroinn mhaiseach agus neo-chumanta do thugse fheumail. Bha e gu h-ainmeil eolach air leabhar Dhia, anns nach robh rann na earrann nach ro aige air a theangaidh, agus nach sealladh e mach an n'aonachd, a 'n eadarmhinachadh, agus am brì.

Cha robh eolas a buntainn ris an t-seorsa neo-naomh ud, air am bheil a 'n t Abstol a euir cho beag meas, nuair a tha e 'g ràdh, nam briàthran còmhurtachail, brighail, sòluimte, cudthromach so.

"Ged labhrainn le teangaibh dhaoine, agus aingeal, agus gun ghrádh agam, tha mi a'm ùmha, a ni fuaim, no am chiombal a ni gleangarsaich."

Ach mar a thug e bàrr ann an an eolas bha e ainmeil ann an diadhachd. Bha chosan gu moch air a'n tionndadh gu teisteis an Tighearna, agus ghabh e tlachd annta. Ghlàc Dia e le a ghràs, nuair a bha inntinn òg agus maoth, agus rinn e roghainn Dhàsan mar a Dhia, agus thug e e fein suas dha ann an slighe agus ann a 'n cridhe, agus choimhid agus chum e a reachdan agus a bhreitheanais. Be urnuigh, a 'n ni a tha buailteach do 'n nuadh dhuine, a bu thlàchd dha.

Cha robh e deonach ro mhoran a bhi tiomchioll air an Ofig Naoimh, thoilich e e fein a 'n comhnuidh le urnuigh fhollaiseach na dhreùchdail. A bhàrr air na h-iobairtean moch agus anamoch, a bha gu riaghailteach air an tairgse, an uaighneas anns an teaghlaich, dhoirt e mach a 'n comhnuidh a chridhe, ann an eadar-ghuidhe naomh, gu h-àraidh, nuair a bhiodh e g'uidheamachadh agus a 'g ullachadh a cho-labhairtean follaiseach. Comhladh ri bhi toirt roinn dha ùine aig amanaibh neo-chumanta airson a gnathachaidh so gu pearsanta, a reir coslas neamhaidh freasdail, gu tric, chruinnich e muinntir an tighe, airson trasgadh, taingealachd, agus urnuigh.

Coltach ris a h-uile duine diadhaidh eile, bha e geùr-theann ann a 'n coimhead la na-Sàbaid. Cha leigeadh e leis fein, agus cha mho leigeadh e le neach sa'm bith, a bha fodh ughdarras minaideach, an latha Naomh a chaitheamh, ann an tabhairt seachad naighdachdan na seachduinn, co-dhuibh a bhuineadh e do mhuinntir a 'n tighe, no do mhuinntir eile. Eadhon a 'n seol labhairt mu Eaglaisean agus mu chreideamh, a tha ro chumanta aig muinntir, agus nach eil air fhilleadh ann ach gnothuichean, a bhuineas a mhain dha' n taobh mach, sin, mheas e mi dhleasnach agus peacach. Oir gu ceart, cha n' eil so a chum a' n t'Sàbaid a ghleidheadh, agus a choimhead naomh.

Cia mor a n' t'eadar dhealachadh a ta eader so, agus gu 'n a bhi smuaineachadh ar

smuaintean fein, no labhairt ar briathran fein, agus a foatainn s'a gabhail ar toilinntinn fein. Bha mhisneachd nadurra, cho mor air a leasachadh, agus air a daighneachadh, le creideamh ann an Dia, air chor, agus cùisean a thairneas aimhnichean do dheidir, bho shuilean muinntir eile, gur ann gle ainneamh, ma rinn iad idir e, thug cuisean do 'n t' seorsa sin airsan gùl. Chionn e bhi na dhuinne a dhuingadh moran, cha cuireadh bròn pearsanta, na bàs chairdean, gruaim dhraghail air cuineachd inntinn. Gidheadh bha e air lèth báigheil agus teó-chridhach ri muinntir a bhròin, a bha e 'n comhnuidh ullamh gus a chuidheachadh.

Co-dhui nuair a bhiodh e roinn a mach nàdur agus toradh a pheacaidh, nuair a bhiodh e a toirt rabhadh do na peacaich, teicheadh bho n fheirg a ta ri teachd, nuair a chuireadh e impidh orra-san a bha dol a dhith, fasgadh a ghabhail ann am ful agus ann ám fireantachd Chriosda, bha a chridhe daonnan ro mhor airson a labhradh, bha fhairaichidhean, saor, soilleir, follaiseachd le a dheoir. Thug ceann-laidireachd muinntir dulltaidh an t'Soisgeul oir Iosa gùl.

Agus an nuair a chunnaic e a 'm baile, ghuil e o'sa chionn agus ag ràdh. "Na 'm b'aithne dhuitsa, eadhoin dhuitsa, ann a' d' látha so, na nithean a bhuineas do 'd shíth, ach a' n' nis tha iad foluichte bho do shùilibh." Fhuair e tre chreideamh ann a 'n geallaidean Dhe, ruighinn air a cheum shuidhichte, a tha togail suas, air no leagail sios, a chuid is mo de dhaoine, anu an anabharr sòlais, no ann an anabharr doilgheas, nì nach do rinn an comhnuidh a bheag a dh'atharrachadh air cuineachd inntinn. Bha e na fhianius bheò air firinn a gheallaidh, phríséil so. "Gleidhidh tu esan ann an sith iomlain, aig am bheil inntinn suidhichte crì, a chionn gún do chuir e a dhochas annad." Gu de cho fada sa bha na chomas e fein a chur ann an cainnt na h-Eaglais nuair a tha i ag rádh. "Air an aobhar sin cha bhi eagal oirnn, ged ghluaisear an tàlamh, agus ged atharruichear na beannta gu meadhoin na fairge. Ged bheuc a h-uisgeacha, agus ged chuirear thar a

chèle iad; ged chriothnuich na beannta le a huisgeacha, agus ged chuirear thar a chéile iad; ged chriothnuich na beannta le a h-àtaireachd," feudar so a thuigsinn bho ni a leanas. Aon làtha, air dha tairneanach anabhairrach - cruaidh a chluinntinn, thubhaint e ri caraid leis a 'n t sèimhachd bu shuidhichte. "Sud cagar iosail mo Dhé." Gheill e cho iomlan ann ám frithealadh Dhe dha thaobh, ionnus, anns na cuig no sèa mhiosan mu dheireadh da bhicatha, nuair a bha bhrón ro-mhor agus cruaidh, agus a thinneas trom agus craiteach, agus am bás gu soilleir, a teachd am fagus, cha chuala neachd e g' radh facal croisda.

Mu thiomchioll a stèidhe, a mhuinghinn, agus a shith, labhair e air an doigh so. Nauir a tha mi ga 'm mheas fein, mar gu 'm bithinn a gabhail seachad a chum na siorriudheach, is e m' uile aoibhneas agus mc chomhartachd, gu 'n do sheas Machd Dhe, laimh ruim ann an àm graidh, agus gu 'n deachaidh e seachad lá ruim ann a 'm fhuil, agus gu 'n d'thubhaint e ri 'm manain, mair beo, ghairm e mi le gairm naoimh, a reir a rùin fein, agus a ghráis a thug e dhomh ann fein, mu 'n robh an saoghal ann, agus le a chomhairle uile-chùlmachdaich, bhuadhaich e air m' uile nàimhdeas, agus rinn e tolach mi ann an latha dhe chumachd.

Ghradhaich Iehovah mi le gradh siorruidh, agus uime sin, tharruing e mi le a choimhneas gràidh, agus gu 'm biodh i agam nis ro phailte, agus fodhamsa gu 'm biodh na gairdeana siorruidh, agus gu 'm bithinnsa, mar ann an daighneach, air mo chumail le cumhachd uile-chumhachdach Dhe trid creideamh a chum slàinte, ann an suim, is e mo chòmhurtachd ro-mhòr, far a 'm mo mheudaicheas peacadh, gu'r mo mheudaicheas gràdh. Tha grás a rioghachadh tre fhireantachd, a chum na beatha maireanaich, tre Iosa Criosda mo Tighearna.

Bho a dhoighean labhairt be a riaghait mhór, agus thaitneach, a bhi a seoladh agus a 'g eideachadh. Bho dhoighean cnuasaichaidh, agus a dhurachd inntinn, ghuilain e e fein gu suidhichte, gu n a bhi aon chuid

gruamach no cruaidh. Ann an cuideachd a chairdean gabhadh e roinn anns a chrìthealachd shaor thaitneach, a bheothaicheas agus a riaraicheas cairdeilachd chuid-eachdail aig uair, agus a dheasaicheas a'n inntinn gu pilleadh leis an tairbhe is mo gus a tòrachdean is cruaidhe.

Ged nach do chuir e mar fhiachaibh air daoine a'n dalladh le dealradh geur-fhoclach, na 'n toileachadh le druidheachd chridheil, gidheadh, bha a chainnt sa' cho-labhairt daingeann, oilleanach agus làn do dhùr-sgeul stòlda agus duarachdach. "Bho lànachd a chridhe labhair a bheul." Air gnothuichean riaghlaidh, na stuireadh dhaoine ann an ughdarras, cha d'thoireadh e a bheachd ach ainmig. Air a'n laimh eile sann a theachnadh e na gnothnichean sin, agus nuair a bhiodh iad, air an toirt an lathair le feadhainn eile, sann a dheanadh e uile dhichioll air tionndadh cràbhach a thoirt do'n cho-labhairt. Ann an durachd cha d'thigeadh a bheag sa 'm bith suas ris, agus cha mhor a rachadh thairis air.

Fhuair e mach tre fhein-fhiosrachadh agus cha do chaill e riamh sealladh air. "Gu 'n dean lamh na 'n dichioll beartas." Bha e anabarrach fada an aghaidh muinntir a bhi dol bho thigh gu tigh, agus a caitheamh uine luachmhor ann a'm faoin dhiomhanas, an nuair nach robh e idir feumail. Air an aobhar so, an sluagh a bha eolach air chleachdaidhean, cha d'thainig iad gun fhios air le'n tàdhailaidhean an nuair nach robh e feumail, agus cha robh esan ach gle annaimh ann an tighean, ach an nuair a bheireadh gàirm shònruichte na dreuchd ann e. Tha eiseimpleir a nochdadhl dhuinn gu'n robh meas mòr aige air ùine. Na shaothairibh bha e paitl, bha e cumail coinneamh air gach ceann dhe 'n latha, air an t'Sàbaid, agus coinneamh urnuigh oidche díciadaoinn, agus coinneamh chneasnachaidh na h-uile oidche ré na seachduinn, bho thigh gu tigh, agus bho bhaile gu baile. Agus coinneamhean àraidh eile aig amanaibh suidhichte, air son na muinntir aosda agus anmhunn. Bha e tadhal air teaghlaichean a'n comhnuidh, dhandeoin gu 'm feumadh e neach a bhi ga threoruchadh a thaobh e bhi dall.

Bha e air a mhodh ceudna a tòirt eisimpleir do mhuinnitir eile, ann a bhi frithealadh agus a roinn a'm fad agus a'm fagus don na bochdan, so dhòghlum e bho na t-saoghal, agus bho gnáthachadh, mar an dòigh is cinntiche gu fás. Agus bho fhein-fhiosrachadh, gus a chuir na chainnt fhein. "Tha mi a toirt fianuis, gur e bhi tabhartach a dh'aobhar an Tighearna a 'm meadhoin is eifachdaiche, gus neach a dheanamh saibhir." Tha mo shaibhreasa a'n aite a bhi beagachadh leis a sin, dol moran nis mó. Tha neach ann a sgaoileas, agus fásaidh e ni 's saoibhrie; agus tha e ann a chumas tuilleadh 'sa ta ceart, ach thig e gu bochduinn.

Gu cothram a thoirt dha air a bhi fritheiladh do dhuireasbhidhean, muinntir eile dhàichaidh e air fein cuid do chomhurtachdan na beatha so. An n' aite a bhi a seideadh a thrombaid fein roimhe, mar is gnàth le moran a bheir seachad deircean, is gann a bha fios aig a laimh chli, gu de a bhiulich a lamh dheas. Agus a'n' uair a bha curam aige dha 'n' cuírp, bha a chomhairle fhallain, agus a chothrom, maille ri sheire, na fhianuis air a mheas a bha aige air córaichean a phóbuill. Mar so is iomadh uair a thug e air cridhe na banntraich a bhi seinn le aoibhneas, agus beann aichd an neach a bha ullamh gu básachadh comhnuidh a ghabhail air. A chionn gu'n robh e na bheachd, gu'n robh e mar fhiachaibh air a h-uile neach, an deicheamh cuid da theachd a steach a chuir a dhionsuidh rionnean agus frithealaidhean seirceil agus cràbhach agus ann a'n cruinnichidhean a thaobh na 'm bóchd, agus a dhionnsiudh feum a choimhthionail, agus aig amaibh chaidh esan thairis air an t-suim so.

Anns an àm chruidh agus an-iochdar anns an robhar gu h-eucorach a cuir air fógradh na 'n' daoine, s'e' aon chrúthachd chomharrachte a bha air a chliù, gu'n 'robh e ullamh gu maitheanas a thoirt airson dochair sa 'm' bith a thuair e bho rùsgadh neo air sheól eile. Meorachadh air a so, agus air h-uile ceum eile dha stuireadh, a deanamh a reir Chriosda, neach,

nuair a chaineadh e nach do chain a ris, agus a'n' nuair a dh'uiling e nach do bh'agair, ach leis an anail mu dheireadh, nuair a bha e ruisgte do'n' mhàcnus, agus don chorruich bu chruaidh chridhiche, a thubhairt, ann a 'n' guidhe dhurachaichd ris a chaithair Naoimh, "Athair, màth dhiobh, oir cha neil fhios aca, gu de a tha iad a deanamh." Tha e air tighinn gu mo chuimhna briathran a thubhairt e aig àm deuchainn, ris na Màoir Shiorram, agus iad air tighinn le ordugh a Bhàillaidh a tholladh a 'n' tighe bhos a chionn agus e na luidhe tinn air an leabaidh aig an àm, agus gu's 'a chur a mach a san tigh. Is an anns a Spiorad so a fhreagair e iad. "Ge be air bith gu de air n'iarrtusa, is e iarrtus agus durachd mo chridhesa, gu 'm faighadh sibhse saorsadh trid fuil Iosa eadhon maitheanas peacaidh. Ge be air bith gu de air iarrtusa dhomhsa, gu 'n' gairmeadh Iehovah sibhse muinntir shaoirte an Tighearna, air bhur 'n' iarruidh a 'm' mach, agus gu 'n' air bhur treigsinn."

Riamh cha dainig anail dioghaltais air aghaidh bho bhilean a'n' aghaidh na muinntir a bhuin ris, le a leithid do stridh neo-aithridh.

Chleachd agus dhaltrum e a 'n' tairisneachd bu bhlaithe dha chairdean, gu h-àraidh dha dhéagh-chairdean bu tráithe, agus do chompanaich òige, ge be air bith gu de a 'n' suidhichidhean bho 'n' taobh mach, bha áite sònruichte aca na chridhe. "Do charaide fhèin, agus caraide t-áthair na trèig." Air fhrioslachd, agus fhéin-àicheadh, feudar beachd a dhealbh bho 'n' cheann anns a'm' bhabhaist dha e fein a shoilleireachadh da chairdean. "Tha na trocairean a thuair mi agus na peacaidhean a chuir mi 'n' gniomh do-àireamh. Bha Dia a deanamh (cha mhor nach fhaod mi ràdh) nis urrainn e, gus mo thearnadh, mo chomhurtachadh, agus 'm' fhabharachadh; agus bha mi gniomhachadh chum a cheum a b'fhaide mach na aghaidh agus a cuir eas-urram air, agus a 'n' nis, an deigh sin uile a choi-lion e, agus a shealbhaich mi, tha mi neo-aithridh, gu teagastg no gu foghlum, na gu bhi beo, na gu bàsachadh; ach tha mi a'raon ann

an cridhe agus a'm' beatha olc, a mhàin olc, anabarrach olc gus an làtha a 'n' duigh.

Cia cho euoltach sa tha chainnt so ri briathran na muinntir a bhios ga 'n' ardachadh fein, agus nach d'thig a 'm' mach le urrad a chùdthrom sónruichte air am briathran uair sam bith, agus nuair a their iad. "Dhia tha mi toirt taing dhuit nach eil mi mar dhaoine eile; Cha n'eil mi a 'm' fhear-foirneart, tha mi a tràsgadh, tha mi a toirt deachaimh as ni h-uile ni tha mi sealbhachadh.. Cia cho euoltach ri toirt seachad muinntir a sgriobh eachdruidh am beatha fein, agus a h-uileiona, mar gu 'm biodh air a dheanamh suas a dh' aona gnothuch, airson an nainm a dheanamh sgiamhach le suaicheantas. Cia maiseach cainnit an Naoimh, "Co mise? agus ciod e tigh mathar?" "Dhomsa, is lugha no 'n' ti is lugha do 'na' naoimh uile." Cia di-measach agus diomhain do 'n' mhuinntir, a tha 'n' comhnuidh air caochladh doimhris an t'seoladh chiatach ud. "Leig le duine eile do mholadh, agus na be do bheul fein; coigréach, agus na biad do bhilean fein."

Bha mar sin na h-oirdheirceis clui sin, gu sona air a'm' coimeasgadh cómhlaigh annsan, ach bha iad ard sgiamhachail ann an teachdaire Iosa. Is ann anns an t'slighe so a bha a bhuannachd bu mho, teachd am follais. Tha e ri fhaicinn gu ro-shoilleir bho na thubh-airt sinn a cheana, gu 'n' robh e gu sonruichte air a chuir air lèth gle thràth' airson na seirbheis so, agus gu 'm' be toil Dia mor an fhion-liois uidheamachadh agus a gnathachadh airson obair. Mi-chliu sa'm' bith a bha aig a'm' na àite air a chur air a shaothair-ean, so ghlan e dhéith, airson gu faigheadh e chusbair le urram dha fein, agus airson màth do'n' a chinndhaoin. Bha mothachadh domhain aig air olc a pheacaidh, mar mi-thlachd do Dhia, agus mìlteach do 'n' anam. Rinn e so a thuireadh na chridhe fein, agus rinn e thuireadh airson e bhi ann a'm' muinntir eile.

Bha sealladh air leth sgriobtuiral aige air innleachd tearnaidh an fir-Shaóraidh, mar air a chuir sios anns

an rùn dhiadhaidh, agus air a shuidhachadh anns an chùmhñanta dhiadhaidh. Dh' amhairc e le meas agus mhiannaich e meas araidh a chuir air an trocair sin a tha a strùthadh a 'm' mach gu ceann-feadhna na 'm' peacach trid an eadar-mheadhonair a tha eadar Dia agus an duine. Bheachdsmainaich e air luach an anama, anns an t'sòlus; anns a 'm' bheil e air a thogail suas fa chomhair ar seallaidh, ann an umhlachd Chriosda do 'n' bhàs. Air dha fein a bhi air a ghlacadh le gràs diadhaidh, agus air iomain a mach as na h-uile didean breige, nuair a bha e air a dhùnadhbh suas do 'n' chreideamh, theich e airson dìdean gu greim a dheanamh air an dochas a chuireadh roimhe. Agus air dha beannachd an duine sin fhaighainn dha 'm' bheil fireantachd air a cuir as a lèth, as-eugmhais oibribh, bha e fo iomagain feedhainn eile fhaighainn leis a ghràs cheùdna, agus air an spionadh mar àithinaibh as an lcisgeadh.

Bha e uime sin, gnìomhach, dùrachdach, do-sgìth-eachaidh, ann a bhi guidhe air peacaich a bhi air an deanamh reidh ri Dia. Cha robh e riamh an aghaidh peacaich a theagasg a'n' nuair a chruinnichadh iad a dh'eisdeachd. An aite a bhi ag ràdh. "Cia mor an sgios e." Mheas e mar a dhleasdnas e, oir be sud an gràs a bha air a thoirt dha, "teagasg a'm' measg na 'n' Gentileach saibhreis do-rannsachaiddh Chriosda." Agus mar a bha e a dol a chòmrag bho na chridhe, ann a'n' cùr siol an fhocail, nuair a phill e dhachaidh bho thig Dhe, chaidh e dha 'n' nuaigneas a dh'urnuigh gu 'm' biodh e air uisgachadh gu pait leis an druichd neamhaidh. Uime sin, cha ruig e leas iognadh aobharachadh dhuinn, a thaobh neach a bha a chridhe mar so an ceangal, gu'n' robh na h-uile seanachas gun-chuir-ris, air ball an deigh seirbhisean an " ionaid naoimh, gu sonruichte gràineil, agus air an coinn-eachadh le achmhasan aithrigh.

Coltach ris na h-uile oibriche eile nach ruig a leas naire ghabhail ann an roinn focal na firinn gu ceart, shonruich e, steigh-teagaisg uaireanan a'r' reir coslas cùisean an Fhreasdail, a bha gabhail thairis air rioghachdan, no air a choimhthional.

Bha fios aig air "uamhasan an Tighearna," agus aig amanaibh gnathaich e iad, ach is ann gu h-àraid le "Trocairean an Tighearna," a dh' oidhearpach e air daoine cho-eigneachadh. Be a phriomh thoileachadh a bhi gairm naigheachd aoibhneach na slainte, trid Chriosda agus esan air a cheusadh, agus an t slighe shaor tha aig peacaich a chinne-dhaoin, mar pheacaich, ga ionnsuidhsan, mar a tha E ga thairgse Fein anns an t soisgeul shiorruidh. Ge be air bith an steidh-teasgaig air am biodh e co-labhairt, bha talanta shonruichte aige airson ruighinn air a chridhe agus air a choguis. Cha robh e na fhasan aige a bhi deanamh a steidh-teagaisg suas air as-tharruing, mhi-shuaimhneach no air tuaileas, thainig iad dhachaidh gu "gnothuch agus gu uchd," na 'n' naomh agus na 'm' peacach.

Bha dànadas mor, agus comhnardachd bharraichte na chainnt nuair a bhiodh e labhairt ri anamanaibh a bha dol a dhi. Chuala mi duine ag ràdha gu 'n robh cuimhne aig air searmon a chuala e bhuaithe bho na briathran so, "Ciod a chaidh sibh a'm' mach a dh'fhaicinn, an ni cuile air a crathadh le gaoith? Aig an àm ud, ged nach robh moran eolais tre fhein-fhiosrachadh agam air an fhirinn mar a tha i ann an Iosa; gidheadh tha cuimhne mhath agam air a choltas foghainteach anns a chùbaid, agus an doigh shòluimte, chùdthromach, neartmhòr leis an do chleachd e bhi laimhseachadh na'm' briathran, dhrùidh e orm glé mhòr. Gun teagamh bha a theagasc dlù, agus a cho-labhairdhean cinnteach, soluimte, agus drùighteach. Cosmhuil ra Thighearna agus a mhaighsteir, labhair e le ughdarris, agus faruichidhean naomh, air dha blasad air mìlseachd agus cumhachd an ni a luithair e.

Ann an co-labhairt, co-dhiu is ann ris an dream a bha cheana ann an Iosa Chriosda, na ruisan a bha gu 'n' amhuras, a teannachadh a null air an t slighe leitheinn, bha sheanachas nadurra, simplidh agus neo-uidheam-uchte, ach bha e drùighteach neartmhòr. Bha oidhearp ni bu mho airson a bhi g' ardachadh, nis mo

na airson a bhi tarruing aire luchd eisdeachd, le ni sa 'm' bith eile, ach le luithairt dhurachdach agus iriosail, ann a bhi g' asluchadh air peacaich air bruaich leir-sgrios, teicheadh a dhionnsuidh dochas Israel, agus an t' Slanuighear dheth sin. Thug e 'n' comnuidh oidhearp air a bhi neartachadh creideamh agus muinghinn, na dream sin anns an fhear-shaoraidh, a bha fhios aig a bhá ann an uine ghearr, gu bhi air a'n' gairm dha 'n' t'siorruidheachd. Bha a mhodh labhairt dean-fhreagarrach airson guilan eolas teagasgan a chreideamh.

Thubhairt e iomadh uair "Gabhaidh e ar n-uile bhreathnachadh nithean a dheanamh rèidh." "Is ann an uair is neo-uidhimichte, is mo uidheamachadh." Babhaist dha a 'g' ràdha, "Cha' nurrainn mi gu 'n' beachdachadh gur e coimhneis mor anns an Fhreasdal dhomh gur urrainn mi oidheirpachadh air na sgriobtuir-ean firinneach a theagasc ann an cainnt sgriobtuirail. Bho na h-uile ni a chunnaic sinn, feudaidh sinn aid-eachadh gu h-ealamh, gur e gle bheag, ma bha iad idir ann, a bha ag iaraidh ni bu durachdaiche craobhsgaoileadh, boltrach mhiveas ainm Chriosda anns na h-uile aite, a'm' fad sa 'm' fagus na bha esan. Bha so soilleir bho dhian-fhrithealadh aig an tigh, agus iomaguin agus a dhurachd mu thiomchioll soirbheachadh an t soisgeul ann an rioghachdan cèin. Cha do chluithaich e riamh sheirbhisean fada, na an cleachdad, moran mhineisteirean is luchd dreuchd eile a bhi aig an n' aon chomanachadh, mar thoradh air a so gu 'm' biodh coimhthionalean eile a cál gu neo-ionchuidh an aoradh follaiseach.

Bha a Spiorad air urachadh an nuair a chuala e mu thoirbhachadh na 'm' missionaraidhean ann an tìrean céin, agus an nuair a cheadaichadh a steigh-theagaisg e, mheudaichadh e le tlachd mor air obair na missionaraidhean ann an saoghal na 'n' cinneach, mar gu 'm' biodh le ro-dhurachd airson na h-oidhearp mhor, bha air a dheanamh airson soilleireachadh aiteachean dorcha na talmhainn, bha aite sonouichte aig an so na chridhe agus na inntinn moran bhliadhna-chan mu 'n' do chaochail e.

Na 'm' biodh fios aig Spioradan na muinntir a shuibhal, air ciod e a tha dol air aghaidh anns an Eaglais a bhos, cia cho coirde sa dheanadh e oibhneas, nuair a chi e cho icmadh a chi suil ri-suil, a thogas suas a'n' gùth, agus leis a'n' aon ghuth a seinn comhladh, ann a'm' beachd sealladh an Tighearna, agus leis na doighean sin, a tabhairt a ris Sion. Bho a dhlù-cheangal bla ri còraichean a b'fhearr a chinne-dhaon, agus iarrtus durachdach, gu 'n' deanadh ginealach gu ginealach, moladh a thoirt do 'n' Tighearna, bha aire gu sonruichte air a tionndadh gu clann agus oigridh a choimthionail, air an robh e gu h-araidh deigheil. A bharrachd air a bhi uaireanan a searmon-achadh co-ruidh de shearmonaibh air an sonruchadh air son na h-oigridh, ann a'n' co-chùr a steigh-labhairt-eile, thug e'n comhuidh a steach comhairle dhiobhsan. Ann a bhi a cneasnachadh a sluaighe, bha e gabhail saothair mhor airson a leasachadh, agus gu 'n' teagamh, ge be air bith gu de an doigh na 'n' taite anns an d' thigeadh e an rathad na h-oige, chluithaich e dhoibh sligheuan math an Tighearna, agus thug e steach òrdraighean freagarrach do 'n' tuigse, air aon air choireigin do theagasan mòr an t'soisgeul.

Babhaist treud mòr a bhi cruinneachadh comhla ris na thighe fein, airson aobharan, crabhach, agus thuair e uine gu leòr agus toil-inntinn ann a bhi g'urnuigh maille riu, agus ga'n' coimhairleachadh, agus a tadhal orra aig a'n caochladh ionadan comhnuidh. Air dha buannachd mhor fhaotainn bho dhiadhachd thràth e fein, bha deigh chùramach aige gu 'm b'aithne dhiobh Tighearna Dia an n' aithraichean a'm' feadh sa bha an inntinnean òg agus maoth. Agus mar so cha robh a saothair graidh, gu 'n' na tòraidhean. Do' na chearnaidd sin da choimhthional, ann s'an nabaidh-eachd (far an robh a thadhalaidean taitneach), agus a bha bho àm gu àm air an tilgeadh ann a'm' furneis na h-an-shoecair bha e fùrachair faiceilleach. Dh'èith e orra cho tràth agus a burrainn e, an deigh dha a chluinntinn gu'n' robh iad tìnn. Chunnaic e tric iad ach bha a thadhalaidean goirid.

Air na h-aobharan sin bha a labhraidhean agus urnuighean air lèth druigteach ach cha robh iad màll, eadhoin na sheirbhisean follaiseach bha urnuighean goirid, ach aig amanaibh àraidh, mar a bha lathaichean tràsgaidh agus tàingeilachd, a'n' nuair a be chleachdadh urnuigh le leithid do dh' eudmhoreachd agus a threibh-dhireas, agus gu'm' mosgladh e ceud-fhaithean na h-inntinn a cho-luchd aoraidh, ionnus gu 'n' coimheadadh iad air ann an an-iochd. An ni a ghnàthaich e fein air a cheann so chlúithaich e do mhuinnitir èile. Mhisnaich agus chlúithaich e gu blàth coinneamhean airson urnuigh agus teagascg aòntachail. Rinn e so bho na chúbaid agus air shèol eile, oir bha fios math aige, air dha so a bhi air a thoirt air agaidh agus fodh riaghailtean ordail, agus gu seasmhach air a'm' frithealadh, gu'n' robh iad air a'm' meas araidh anns a cheum a b'airde, airson a bhi cuir air aghaidh na 'n' coraichean a b'fhearr airson comunn diaghaidh na laghail. Fhritheil agus thagail e air na coinneamhan sin le róaire. Agus an aite a bhi cuir mor eagal air an làg ann an eolas, le gnathachadh gruamach, sann a bhrosnaich agus a threoruich e air n' aghairt iad, le bhi toirt aire churamach da 'm' beachdachadh, air an steighe-teagaisg fodh a'n' naire, agus a'm' faotainn lànthoileachadh a'n' nuair a bhiodh iad ann a'm' pong.

Air dha fios math a bhi aige, gu de an luach a bha ann an deàgh ainm—air dha a bhi ann an láthoichean òige, air ionnsuidhean a bhi air a thoirt air, le saighdean teinnteach a mhi rúin, agus bhos cionn na n-uile, durachdean a dheanamh do mhuinnitir eile, mar bu mhiann leis muinntir eile, a dheanamh dha, bha e neo-thoileach a chluinntinn, agus ann a'm' measg na muinntir mu dheireadh, a chreideadh droch sgeul air duine sa'm' bìth, gu h-araidh iadsan a bha ann an dreuchd fhòllaiseach, eadhoin, nuair a bhiodh mi-ionchuidh-eachd, na stuireadh peacach neach sam bìth, buailteach do dh' achmhasan, cha do shoillsich e a'm' fàd sa 'm' fágus e, mar a ni moran, mar mhìr do naighd-

eachd, faodaidh so dochair a dheanamh, ach cha sheirbheisaich e aobhar Chriosda agus na firinn gu bràth.

Nuir a thoill aon sam bith a bhuiineadh da choimhthional fein, a bhi toiltinn achmhasan na h-Eaglais, chraiddh a chuis gu mor e, gu h-araidh ma bha a chionta loisgeach. Air dha a bhi na dhuine airson sìth, nuair a bha coigreachas na diospad, air a thoirt an lathair, rinn e mar a gnothuch e, gu h-àraidh roimh àm a bhi frithealadh Suipeir an Tighearna, an toirt gu còrdach a rithist, agus mar so bha beannachadh fear deanamh na sìth a tighinn gu bhi gabhail comhnuidh air. Gu h-àdhmor air a shón fein, agus air son a threud, cha d'thainig e gu bhi coinneachadh ris cho luitha cruaidh dhéuchainn, anns an doigh so ri iomadh éile. Air a sheoladh le focal an Tighearna, agus air a bhèothachadh agus air a bhròsnuchadh le aire chòguiseach do'n fhirinn, dhlon e aobhar na h-Eaglais Sháor, agus bha e riamh èudmhòr, dáighean agus na chùl-taic da h-áobhar. Nuair a bha n' fhirinn air a cuir na h-ághaidh, cha robh e aon chuid nàrach na gealtach, teachd an lathair gus a dion. Bha a'n guilan sonruichte so, a'n' comhnuidh a teachd an lathair na bhabhailean.

Ged a bha e tèann, na dhlù leantainn ri barailean comharrachte na h-Eaglais Sháor, da'n robh e na bhàll, gidheadh cha b'fhear tùasaid e; chonaltraich e beachdan mèudaichte, fulghantach, tábhartach, ùasal, ann a'm' meas do cho-chòmann na 'n' naomh, mar a tha e comharrachte bho cho-chòmann eile. Bha gràdh ionraic, iomalan, coimhlionta aig do mhìnisteirean an t' Soisgeul, agus do d'fhior chriosduidhean fallainn, ge be air bith aite anns am biodh iad ra' faotainn. Fhuair e so a'm' mach mar riaghailtean eile, mar le urnuighean. Air dha a bhi eudmhòr airson urram a Mhaighstir mhòir, mar a thuair e trocair, gu bhi dileas ann an dioladh na 'n' dleasnas a dhearbadh ris, bha e mar an ceudna sòirbheachail na obair. Ann a'n' co-rùith a shàothairean, b'iomadh iad, tre mheadhoinean an Fhòcail, a bha air a'n geintinn gu bed dhòchas; agus dhàidaich dream eile e mar fhear cùideachaидh a'n' creideamh agus an aoibhneis.

Mar nach eil soirbheachadh a Mhinisteir is déisla an comhnuidh, air bàll na a reir còltais, tha iad a 'g' glàodhaich gu tric, "Co chreid air teachdaireachd." Tha iad a caoidh gu 'n' do shaothraich iad gu diomhain, agus gu n do chaill iad an neart gu 'n' dad, agus ann an diomhain, an nuair a tha Criosa a tearnadh da ionnsuidh fein, an urram a bhi toirt na còbhartach, bho na chumhachdach, agus a leigeadh a phriosanaich làghail sàor. Cha robh an leanmhuinneachd aithnaichte leis an robh a chridhe air fhuaighal ri sluagh Dhè, air a bhacadh le fad ùine na ástair. Nuair a bha aon sam bith dhuibh ann an trioblaid, bha a thaghalaidean sa chomhairlean, air an rùnachadh le ghéile air son' an seoladh agus 'an comhartachadh; do bhanntraighean agus do sheann luchd eolais bha a chridhe air a mhèudachadh, agus ma bha an suidhichidhean a cuir feum air, cha do dhi-chuimhuich e taghal orra, agus frithealadh dhiobh a reir a fèuman.

Gu de cho coltach ri Dia mar so sa bha e frithealadh comhurtachd dhiobhsan a bha air an treigsinn, gus an deur a shiabadh far gruaidh an dilleachdain! "Fag do dhilleachdain agus gleidhidh mise beo iad;" agus leig le'd' bhanntraighean an earbsa a chur anamsa. "Cia cho coltach Risan a chaidh mu 'n' cùairt a deanamh màth?" Cia dàighean an fhianuis air cínnteichead a chreideamh? "is i so an diadhachd fhiorghan agus neo-shalach am fianuis Dè agus an Athar, dilleachdain agus banntracha fhiosrachadh nan trioblaid, agus neach 'ga choimhead féin gun smal o'n t-saoghal." Bha e glic duinte ann a bhi pair-teachadh a dhiadhachd tre fhein-fhiosrachadh. Na ghuidhibh drùighteach, sóluimte, aig co-dhunadh, an robh e mar chleachdadh aige, a bhi còmhairleachadh a lùchd eisdeachd, gun iad a thàmh sàsuichte le eolas fáoin a mhàin, air an fhirinn, no a bhi a mhàin ga' n' stòradh suas air a'n' euimhne, ach a bhi ro chur-amach gus a' faotainn air a gearradh air a'n' cridheachan le spiorad an Tighearna.

Bha iarrtas mor aige a bhi glè éolach air eachdraidh pòbull tàgta Dhé a'm' fad sa bha iad air an

taladh, mu 's' deigheadh e ga 'n chòmhalachadh ann an neamh, air son iomadh bliadhna mu 'n' chaochail e, bha déigh shònruichte aig air a bhi leughadh agus a g'iorrachadh beatha Chriosduidhean iomraigheach. Na ùile shaothairean, agus gu h-araidh an a searmonachadh an t'soisgeul, fhuair e Criosda mar a'm' Maighsteir a b'fhèarr, agus mheas se e mar an urram a'bàirde, a bhi drèuchdaichte na obairsan, agus a saothaireachadh inntre re na seachduin gu h-iomalan, agus a ris a faotainn cothrom air a bhi a'g' cùr an cèill a'n' t-soisgeul latha-na-Sàbaid do cho-chruinn-eachadl do dhaoine peacach, còir a mheas e na toil-inntinn mhòr dha, agus a thug e fanear mar a sheilbh bu shàibhaire air thalamh. Leis an t-soisgeul tha e 'g' ràdh, "Tha daoine beo, agus is e beatha mànama." Mar nach eil e co-chòird e ri crannachur a chinneadh-aon, gu 'm' maireadh na Faidhean beo a'n' comhnuidh anns an t'saoghal so a tha 'n' lathair againn, nis mo na daoine eile, bha urnuighean agus iarrtuis, agus a thògraidhean bu tréise, agus ceud-fáithean inntinn, airson glacadh gu càidreach an iarmaid, cho māth ris a ghinealach a'm' measg an robh e beo, agus a gnathachadh gu gniomhach moran dha ùine anns an aon doigh anns a'm' burrainn e tighinn as a h-àonais, an teagast sin, a'm' feadhsa bha e beo, rùith cho sàibheir bho bhilean. Air dha a bhi màrbh tha e fàthast a labhairt ann an òibirbh, ni is mò agus is bùaine mar chuspair-cùimhneachain air a chúmhine.

An deigh dha dol am fèabhas bho na cheud bhochduinn a dhabh e, chuala e searmon air na briathran so (Eoin vi. 64). "Tha cuid dhuibh nach eil a creidsinn," bha so air thoirt dhachaidh a dhionnsuidh a choguis, le a leithid a chumhachd, agus gu'n' do smuaintaich e nach mòr nach robh na h-uile lideadh, de na briathran air an seoladh ga ionusuidh féin a mhàin. Thilg so sios ann an cruidh ghleachd mhòr e, agus thug e air a bhunaitean a leagadh, agus anns an t'suidheachadh inntinn so, chò-dhuin e (ged is an robh àithghearr) gur e mi-chreidmheach a bhann,

agus nach robh na cheud bhuannachdan ach toraidhean cumanta oibraichean an Spioraid Nàoimh. Cha robh e air fhagail, gidheadh, fo'n na cruaidh eagalan sin air son moran ùine. Cha b'fhada gu's an do dhairaich e tre fhein-fhìosrachadh milis, gu'm burrainn esan a lòtas leughas; agus a bhuaileas slànuachadh suas. Beagan ùine as deigh sin, gu's a chainnt fein a chleachdad, chuala e searmon air na briathran a tha ann an Isaiah liii. 4. "Gu deimhin ar n-anmhuinn-eachd ghúilain e, agus ar doilghiosan dh' iomchar e;" dh' èutromaich agus lèagh so a chridhe air a leithid do dhoimh, agus nach do mhothaich e mar sin riamh roimhe. Bha e air a dheanamh na pheacach bochd caillte, mar cheann-fèadhna na 'm' peacach, gu ionnsuidh a ghabhail air an Tighearna Iosa, mar a deanamh na 'n' uile nithean air mo shonsa, agus mar gu'm' beadh gu h-iomlan ga'm' dheanamh thairis anns an t soisgeul, mar shàor thiodhlac Dhé, agus mar mo Shlànuighear uile-fhòghainteach, freagarrach do 'm' m'uile amaideas, aineolas, cionta, salachar, traill-eachd, agus truaidhe. Tre orduighean fein agus feedhaimh eile, an toileachadh a shealbhaich e ann am bliadhna chan roimhe so, cha d'thainaig e gu comharr-achte air ais, ach fhuair e beachdan ni bu shoilleire gu'm' mòr, air saorsa gràis Dhè, agus an cleachdad a bhi gabhail greim dhèth, agus a tàgradh geallaidhean an t sòisgeul. Bha a thùr an nis laidir, agus bha a staid sòirbheachail.

An nis bho gach iomradh a fhuair sinne mu Aonghas Mac Cuis bho chairdean fein, agus bho aireamh mhòr a chuir èolas air gu mòch agus mu dhéireadh, agus aig an robh tiodhlac breathachadh, is e an tèistas-san gu 'n' d' thàinig e a mach o thùs a chùairt mar shòisgeulaiche, ann an lànachd néart agus ulluchaidh, agus an lànachd sin e shùas; agus gu'm facas dearbhaidhean mar an ceudna o thùs o shaothrach 'san fhion-lios, an Tighearna bhi maille ris! agus an Tighearna bhi a toirt dha toraidhean a shaothrach: agus cuid do na toraidhean so fathast r'am faicinn, ann an sgìreachdaibh' agus ann an coimthionalaibh

mu 'n cuairt. Tha so mar an ceudna r'a thoirt fainear mu chliù a shaothrachsan, 'sa tòradh; gu 'n robh a leíthid do shùidheachadh, do bhrìgh, do rànnsuchadh, agus do ghliocas spioradal 'na theagassg, agus gu m' feadadh neach comharraighean air leth a theagaisg aithneachadh, ann an suidheachadh inntinn, 'sann an cómhlúadar na drèam a fhuair an' ceud dùsgadh, agus eadhoin cuid d'an òileanachadh, fòdha. Mar a dhainmich sinn a chèana, bha neo-sgàthachd, dùin-ealas, agus àon-fhillteachd inntinn, càrthanachd, càomhalachd, agus dilseachd, nan tioldhlacaibh nàdurra dha; agus 'n uair chaidh iad so uile, a mhaiseachadh le gràs, agus am bèothachadh, an ceann a a chèile, mar fheartaibh pearsa, agus inntinn, aràon, mar chadh a dhèanamh, leis an Tighearn, ann-san, gun teagamh, gu moch, bha inneal air 'ullachadh, mu'm feudadh neach a ràdh roimh làimh, gu cinnteach gu robh seirbhis shònruichte aig an Tighearna r'a dheanamh léatha.

Bha aig Aonghas Mac Cuis, mar thiodhlaic, gu nàdurra, fàrsuingeachd, sòilleareachd, nèart, agus gèiread tùigse agus bréithneachaidh a bha ainneamh r'am faotainn. 'Nuair bha iad so air an ath-nuadhadhachadh tre ghràs, agus mar tha an fhìrinn ag innseadh dhuinn, "An dream a tha a rèir an Spioraid, tha an aire air na nithibh sin a bhuineas do 'n Spiorad," bha comas òibreachaidh agus cleachdaimh, aig an tuigse agus aig a' bhreithneachadh ud, a bha air leth iongantach, priseil; a' dol a stigh, gu bhi a' ruigsiùn air diomhaireachdaibh na firinn; 'g an aithneachadh, 'g an rànnsuchadh, agus 'g an làimhseachadh, agus 'aignidhean agus a chridhe fèin 'g am faotainn priseil, glòrmhor; agus 'ga mhíneachadh, mar shoitheach a 'cur thairis, agus e a' toirt a mach agus a' roinn gu cubhaidh, à ionmhasaibh neo-chriochnach na firinn, nithe a dh'aithnicheadh anama fa leth, bhi a' luidhe r'an còr fèin. Bha na nithe so, gu tric os ceann seallaidh agus breithneachaidh, do anamaibh bochda, mar mheas air àrd mheanglanaibh nan craobh, nach faicear os iosal, gus an d'fhuair, mar gu 'n abradh tu, gairdean

an fhir-theagaisg, tre ghràs, neart agus comas sìnidh, leis an d' ràinig e air meas tàrbach chràoibh na bèatha, a' lùbadh nan gèug, agus a' buileachadh an toraidh, agus 'ga roinn; gus an d'fhuaireadh e, a rèir a 'gheallaidh, a' leigheas anam dhaoine. Agus mar bha gèurachd agus sòilleireachd breathnachaidh air an tabhairt do Aonghas Mac Cuis ann an nithibh Dhè agus Chriosd; mar sin bha an tiodhlac agus an gràs ceudna 'ga fhàgail comasach bhi a 'deanamh sgaraidh eadar a' mhàith agus an uilc, ann an suidheachadh, agus ann an córaibh anama fa lèth.

B' anam cruidhaichte do rìreadh 'sa' pheacadh, a b' urrainn seasamh gun chriothnachadh, agus gun fhèin-dhìteadh ri aghaidh faobhair an teagaisg ud, 'n uair ghabhadh am fear labhairt clàideamh a fhocail na laimh. Is ann an làimh an Spioraid shiorruidh, gun teagamh, is clàidheamh dà-fhaobhair e: ach tha an Spiorad sin fèin ag àltachadh a' chlàidheamh, le an inntinnibh-san, mar innealaibh, tre 'n deachaidh an clàidheamh ceudna, ch'eanan, a chùr. Agus gu cinnteach ann an laimh Aonghais Mhic Cuis bu lionmhor na h-anama d' an d'rinneadh "focal Dhè beò agus cùmhachdach, agus ni bu ghèire na clàidheamh dà fhaobhair 'sam bith; a' ruigheachd eadhon chum eadar-sgaraidh an anama agus an Spioraid, agus nan àlt agus n'an smèar, agus a toirt breth air smuaintaibh agus air rùnaibh a' chridhe." Agus, fo'n teagasg chumachdach, spioradail, bheò so, bha luchd-èisdeachd air an toirt, gu bhi a' mothachadh gu 'n robh na h-uile nithe, eadhon annta fein—"n an anamaibh, agus 'nan oibribh, "Lomnochd agus fosgailte do shùilibh an ti sin, d'am fèum sinn cunntas a thabhairt." Theireadh an fheòil teagasg cruidh r'a theagasg; a' rùsgadh gach cùilbheirt, a' leagail slos gu lär nan dideanan-breige, a tarruing na fèin fhìreantachd gu solus an fhocail, 's 'ga cur gu näire fo thùairisgeul a gràinealachd fèin.

Gheibhteadh an teagasg ud a' bèarradh 's a' lòmadh an anama, 'ga fhàgail gun chùltaic, gun fhàsgadh, ri aghaidh ceart bhrèitheanais Dhé, agus fo bhinn-ditidh a làgha. Ach cha bè iarrtus no tlàchd an

fhir-thèagaig chàoimh ud, anama dhaoine 'fhiàgail 's an luidhe sin. 'S ann a ghabh 'anama fèin tlachd, 'sa fhuaire e suaimhneas, ann an òirdheirceas iomlanachd an Aoin ùngta; agus is ann a'n Criosda a shearmon-achadh do pheacachaibh caillte a ghabh e do rireadh tlèhd; agus 'ga mholadh do 'n' Spiorad bhrùite. 'Sann an sin a chìteadh gu sonruichte a thagradh 'sa dhian-dhùrachd, agus e ann an spàирн anama, a' co-fhréagairt an tùairisgeul bheannaichte sin, "Uime sin, is teachdairean sinne air son Chriosd, mar gu'n cuireadh impidh leinne: tha sin a' guidheadh oirbh as uchd Chriosd, bithidh rèidh Diá." 'Sann 's an tagradh ud ri anamaibh a chìteadh an gràdh sin, an gràdh saor, sìorruidh, a b'e a mhiann 'sa thlachd a ghnàth bhi a' moladh, a' dealradh a mach, eadhon 'na 'ghnùis féin, agus e mar gu 'm biodh e a' leaghadh fo chumhachd a' ghràidh sin, a bha an Spiorad Nàomh, gun teagamh, a' giùlan a stigh air 'anam. Cha b' ainmic a chunnaic cuid, an fhìrinn phriseil sin air a leigeil ris, eadhon gu faicsinneach 'na shnuadh, ann an teas a thàgraiddh, "Air bhi dhuinne, le aghaidh gun fholach ag amharc mar ann an sgàthan air glòir an Tighearna, tha sinn air n-atharrachadh chum na h-lomhaigh ceudna, o glòir gu glòir, mar le Spiorad an Tighearna." 'S cinnteach siòn nach 'eil sinn a dol thar an tòmhas cheadaichte, ged theireadh sinn nach b' urrainn do anam creidmheach, agus e ann am beò-chleachdamh 'sam bith, suidhe fo eisdeachd Aonghais Mhic Cuis, gun 'fhaicinn gu 'n robh aige san comh-pàirt gu firineach, 's an t sochair mhòir ud, a shealbhaich seirbhisich Chriosd anns na linnibh o shean.

Cha mhò a b' ann 'na dhleasdanasaibh follaiseach a mhàin, a chìteadh maraon smachd agus maise na diadhachd a' dealradh ann. 'Na chomhluadar, 'na ghiùlan, 'na għluasadaibh, bha còmharraidhean an duine núaidh co so-àithnichte ann, agus ged nach b' urrainn do neach 'sa m bith eòlas a chur air gun spéis agus gun urram bhi aige dhà, mar dhuine; gidheadh b'e cliù agus giùlan an duine nuaidh a chìteadh a' toirt barrachd, 'sa għeibteadh a' tarruing gràidh phobuill

an Tighearn d'a ionnsuidh. Dh' fheudadh cuid, eadhon dhiubh-san, ni-eigin do fhiamh bhi orra 'na chuidheachd, no 'na chómhluadar, roimh dhoibh mòran eòlais a chur air. Cia mar b' urrainn iad aeh ni-eigin sgàtha bhi orra roimh dhuine a ràinig air a leithid do sheasamh ann am beatha na diadhachd, agus a mhothach iad bhi co àrd os an ceann fèin; agus dearbheachd aca gu m bu leanabaibh a mhàin iad fein fo a làimh, 's gu 'm bu dligheach dhoibh urram a nochdad dha. Ach mar bu dlùithe a thigeadh iad dha, is ann bu mhò a chiteadh, 'sa choinnicheadh iad annsan, an tairisneachd iriosal, an caoimhneas gràidh, agus a' chaomh-alachd bheannaichte sin, a mhisnicheadh 'sa thàlaidheadh iad; 'sa dh' fhàgadh dearbhadh prìseil 'n an uchd, eadhon mar is gràdh Dia, mar sin, an dream a 's dlùithe a gheibh teachd am fagus dha-san, gur h-iad sin a 's mò 's an dealraich fior ghràdh a mach, maille ris an fhiòr irioslachd sin, a mheasas gur fèarr gach aon neach eile na e fèin. Cha b' ann gu neo-bhreathnachail a bha so. Cha b' aithne dhuinn duine, bu chumhachdaiche o'n tigeadh cronachadh, eadhon le a thòsdach, do 'n aideachadh anns am faiceadh a gheur-fhradharc gu 'n robh giamh na mi-fhalluineachd ann.

Na 'n rachadh sinn a dheanamh iomraidih air buadhaibh a shearmonachaiddh, cha bhiodh dhuinn 's a' cheud àit, ach a ràdh, gu 'n tuigeadh tu fein air, o a dhol a mach, gur h-i a b' inntinn dha "So chuir mi romham, gun eòlas a ghabhail air ni 's am bith 'n ur measg, ach air Iosa Criod, agus esan air a cheusadh." Chitheadh tu e eadhon 'san dol a mach, agus a spiorad luchdaichte, mar fo chudthrom na teachdaireachd glòrmhor a ghiùlain e, agus a prìsealachd do anamaibh dhaoine. Mar a rachadh e air aghaidh, chitheadh tu, gu'm b'e gràdh, an gràdh siòrruidh, an gràdh saor, an ni sònruichte, leis an d' rinneadh greim air 'anam fèin; agus gu 'm b'e an gràdh sin, bu mhiannach leis, gu 'n tuigeadh, 's gu 'm breathnicheadh, gach dùil. B 'i glòir pearsa an Eadar-mheadhonair, Emanuel, an Dia-duine, aon do theagasgaibh prìseil an t' soisgeul shiòrruidh, anns an faighteadh a briathran, farsuing,

sòlasach, gèur-sheallach, cùmhachdach, drùidh teach. Agus ann am mineachadh an rathaid 's am bheil am peacach, fo theagastg an Spioraid Nàoimh, air a tharruig uaithe fèin, no a mach as fèin, gu bhi a' gabhail aithne air a' Phearsa ghlòrmhor so, agus gu bhi a' deanamh greim air tre chreideamh, gus am faighear ann e, comhdaichte le 'fhireantachdsan; bu shoilleir, agus bu tharbhach a theagastg.

Obair an Spioraid 's am anam, obair na h-ath-ghineamhuinn 's na h-ath-bhreith, agus obair ghlan-aidh na fola, is ann mu 'n déighinn sin, 'g am mineachadh, 'g an lorgachadh, 's an anam shàruichte, 'g an dearbhadh, agus anns gach ceum a' cur dealachaидh le glan fhaobhar an fhocail eadar an glan agus an neog-ghlan, eadar an fhìor obair agus a coslas a mhàin, 'sann an so, gu ro shònruichte, a gheibh teadh Aonghas Mac Cuis, a' dol a stigh gu diomhaireachdaibh a' chridhe, agus a toirt a leithid do shealladh do thugse agus do choguis a' chreutair air 'uile cheumannaibh fèin, agus gu 'n smuainicheadh tu nach bu chomasach do 'n chealgair dol as 's am bith bhi aige; agus far an robh ni 's am bith do 'n fhìor obair ud, gu 'm feumadh gu 'm buaileadh 's gu 'n dealradh an solus ud a stigh oirre, eadhon ged bhiodh i foluichte gu sin o'n anam fèin, agus gu 'm feudadh e misneachd a ghlacadh. Na'm feudadh sinn a ràdh gu 'n robh neach seach neach do fhìor sheirbhisichibh Chriosd bu mhò na chèile a thug urram do 'n Spiorad agus d' a obair 's an anam, ann an claoïdh na truailidheachd, theireadh sinn gu'm bè Aonghas Mac Cuis an duine. Ach cha 'n 'eil. Gidheadh tha eadar-dhealachadh thiodhlaican ann, agus be so aon air leth do na tiòdhlacaibh sònruichte a fhuair esan tre ghràs. Bha géiread a bhreathnachaidh spioraidail a' faotainn dol a stigh 's an obair dhiomhair, ghlòrmhor so, air a leithid do dhòigh, agus nach b' urrainn, theireadh tu, a measg a luchd-èisd-eachd 's an do thòisich an obair idir, aon ni bhi air 'fholach o aon dhuibh, a bhiodh cunnartach, cronail, no 'na bhacadh do 'n obair sin. Bha, mar so, an creutair nuadh, a' bheatha spioradail, ann an pobull Dhé, 'n an cùram air spiorad an fhir-theagaisg ud.

Gu cinnteach, b' i a' bhan-altrumachd fhallain a fhuair gach anam a bhlàis, fo a thèagasg-san, an Tighearn bhi gràsmhor. Chiteadh air a ghnùis, ann an laimhseachadh dhèuchainnean agus uallaichean an anama, an cùram fo 'n robh e, gur h-ann ri oighreachd Chriosd, agus ri toradh saothrach 'anama-san, a bha a gnòthuch. O, is' ann an so a mhòthaicheadh pobull an Tighearn, càoimhneas, càrthannachd, dilseachd Chriosd, a bhi air an ullachadh dhoibh féin, agus air an nochdad, troimh inntinn agus troimh chridhe an aodhaire. Bu tric a thug na fhuair iad mar so, air iomadh, bhi ri ioghnadh agus ri moladh, air son mar dh' ullaich an Tighearn dhoibh, fear-iuill 's an fhàsach: agus tharruing so air mhodh àraidh, agus cha b'iongantach e, gràdh na h-oighreachd dá ionnsuidh. Anns na cèumannnaibh sin, tre 'm bheil aig an obair dhòmhair a dhol air a h-aghaidh 's an duine 's an leth stigh, ann am fiòr phobull Dhé; tha sinn a' creidsinn gur gann, co fhad 'sa chuala sinne, no a leugh sinn, a fhuair fear-teagaisg 's an bith, barrachd soilleireachaidh, 's a fhuair ann duine so; an dealachadh a chuir-eadh e gu tric, agus gu dileas, sòilleir, cùmhachdach, eadar na nithe a bha d'on fheòil agus do'n Spiorad, agus eadar na nithibh a bha 'n am buaireadh o 'n eascaraid, agus a bha 'n an deachdaimhibh, a tighinn o 'n inntinnibh féin, ris an labhradh e. Bu shoilleir 'n a theagasg, gu 'm feudadh e do rìreadh a ràdh, 'na thòmhas féin, mar deir an t'abstol ris na Corintian-aichbibh, "Oir cha 'n eil sinn aineolach air innleachd-aibh Shàtain." Agus cha b'e so a mhàin, ach cha b' ainneamh uair, a fhuair iomadh neach do 'n phobull e, a' toirt rabhaidhean róimh làimh dhoibh, mu bhuiridhibh sònruichte a bha gu a thighinn orra ann an ùine aithghearr an dèigh an àma 's an do labhair e rùitha. Agus is aithne dhuinn neach agus neach, do 'n deachaidh na rabhaidhean ud a bheannachadh gu pailt agus gu gràsmhor.

Cha 'n fheud sinn bhi 'n teagamh, nach b' iomadh cór 's an robh anama fa lèth, 'chaidh 'fhoillseachadh dha gu sònruichte, cha 'n abair sinn gu mòrbhuileach;

ach gidheadh, an an cumhachd Dhé, 's an uaignidheas, 'na fheitheamh air an Tighearn; agus esan mar so, o'n uaignidheas a' dol a mach, air 'ungadh tre ghràs, gu bhi a' gairm síthe agus fúasglaidh, agus còmhfhurtachd, do'n dream a bha 'n sàs, no an cunnart failineachadh agus túiteim. Dh' aithnicheadh iomadh air a ghnùis fhiláthail, 's an dol a mách, gu 'n robh teachd-airreachd phriseil air a shiubhal, d' an ionnsuidh féin. Agus tha sinn a' creidsinn gur h-iomadh aon do phobull an Tighearna, a thuig n' am faireachduinn féin, 'n an suidhe fo a theagasc, ciod e a tha air a chiallachadh, le gnùis Mhaois bhi a' dealradh n' uair thàinig e a nuas o'n bheinn; agus mar tha 'm focal a' cur an céill gu 'm bi frithealadh an Spiorad ni's ro ghlòrmhoire, le bhi eadhon a' dearcadh air gnùis an Teachdaire urramaich so, agus e a' tighinn a mach air a luchdachadh le linnachd bheannachd shoisgeil na síthe. Cha b'ann o mhùllach na bèinne a loisg le téine, a ghùilain e sud leis, ach a 'n uaignidheas, agus e ann an sìneadh agus ann an spàирн ánama, 'n a cho-chòmunn tre chréidimh ris an Tighearn, a' tagradh as a léth fèin, agus as léth na h-òighreach agus an àobhair. B'ann do rìreadh ann "an glearn na h-irioslachd" a fhuair esan bhi mar so air 'àrdachadh, agus air a lònadh, mar shòitheach tàgha, le ànachd gráis. Is ann 's an uaighadheas a bha a thilächd. Agus is fianuis chudthromach so, a tha sinn cinnteach a dh' fhagadh le Aonghas Mac Cuis, 's a tha mar fhiachaibh oirnn a thabhairt do Luchd-eisdeachd, meud na h-ùine a bhuilich e 's an uaignidheas.

Tha e air aithris dhuinn gun robh e aon latha aig coinneamh cheist ann an Paibail, agus air do Mhr Tormad Mac Leoid (am Ministeir), eireidh agus iarruidh air Aonghas, eireidh agus labhairt air a cheist. Fhreagair Aonghas agus thubhairt e, Cha n'eil duil agamsa eireidh idir, a chionn cha n'eil mi a faireachdean gle mhath. Cha robh so a cordadh ri Mhr Tormad, agus thubhairt e cha dhabh mi aon chuid leithsgeul, na duiltadh

Aonghais, eirich agus labhair air a cheist. Dheirich Aonghas agus labhair e air a mhodh so. Tha Dia a cuir an aghaidh nan uaibhreach, agus a toirt grais dhoibhsan a tha iriosail. Tha e air aithris gum bu mho a rinn an aon earrean sin a dhrùghadh air a luchd eisdeachd an latha ud, na labhradh le càch uile gu leir.

Ma bha a thiodhlacan agus a ghràs a 'toirt barrachd air mhodh co sònruichte, os ceann na chunncas 's a 'chuid mhòir; a réir sin, bha fios aca-san d' am b' eòl a ghiùlan o là gu là, a réir sud, gu 'n robh an tomhas 's an deachaidh an ùine a bhualeachadh leis gu h-ùaigneach, ann an co-chomunn ris an Tighearn. Bha dol a mach, agus cuairt, agus saothairean an duine urramaich so, uile, còmharraichte, sòilleir, neo-àbhais-each. Bha 'aithne agus 'eòlas air dìomhaireachdaidh an fhòcaill air dìomhaireachdaibh a' chridhe 's an ànama, agus óibre an Spioraid Nàoimh, bha iad uile, ànn san, 'n an nithibh còmharraichte, a dh' ullaich an Tighearn, ànn san, a chum leas a phobuill agus 'aothair féin. Cha b' ann, mar so, tàrtarach, fàrummach, agus cruaidh-sgàlanta, a gheibhteadh a theagasc fàllain, spioradail, bèannaichte; cha b' ann gu h-ioghnadh chreutairean a tharringe uige féin, mar gu 'm biodh e ag iarrudh mòlaidh agus cliùtha o chreut-airibh bàsmhor, peacach, agus a deanamh spùnnidh air Dia, ann an seirbhisibh a thighe 's a riòghachd féin. Agus mar dh' ainmich sinn a cheana, cha b'i a' bhuaidh a chiteadh a' leantuinn a theagaisg, stràidhlich a measg nan cnàmhan tiorma, agus iad a' tuiteam siòs a rìs, co tioram 's co cruaidh 'sa bha iad riamh: cha b' ann a rúith, a bha a theagasc air uachdar, mar chithear am fath-losgadh 's an earrach, a ghabhas thairis air uachdar nan cnòc, 's nan ùchdach, 's nam mònaidhean, agus d' am faicear lásraichean mòra, mar gu 'm biodh iad beò, agus deatach a chuireas eagal air neach; ach gidheadh, nach d' rinn aon deargadh air an fhònn. Pill a ris an ath bhliadhna agus chi thu am fònn ud, ach beag mar bha e; cha do thionndaidh-eadh, cha do threabhadh e, cha do chuireadh le siol e; agus cha mhò chithear an toradh a' fàs. Ach 'sann

bha an teagast so, cha 'n ann a' ruith air uachdar, 'sa lòsgadh; ach mar is tric a thubhairt e fèin, "A' tarruing nan cláisean dòmhain," agus a' cur an t-sil phrìseil, a mháin o'n cinn 's o'n àbuich, "na sguaban tróma," mu 'm bheil am focal a' deanamh iomraidh dhuinn.

Agus 's an là sin anns am "pill saor dhaoine an Tighearn, agus 's an tig iad gu Sion le càithrean, agus aoibhneas siorruidh air an cínu: 'n uair gheibh iad gàirdeachas agus aoibhneas, agus 'n uair theicheadas bròn agus ósnaich air fàlbh;" is dearbhta lùim, 's an la sin, bòchd mar mheasar suidheachadh agus cór an àccbhair agus na h-Eaglais 'n ar làithibh, gur h-iomadh iad, o fharsuingeachd na Gàidhealtachd mu thuath, a dh' fhoillsichear mar chórán àoibhneis 's an Tighearna, do Aonghas Mac Cuis. Faodaidh sinn a' nis ainmachadh gu 'n robh e mu thiomchioll cuig bliadhna a teagast agus a'g cneasnachadh mu 'n d'fhuair e sgillinn dúais, agus an deigh dha bhi saotharachadh mu chuairt agus cuig bliadhna, shuidhich Miss Abercrombie (Comunn Criodhui na'n Ladies) b'aintighearna a mhuinntir Dhuneideann, cuig púinnnd shàsssunach sa bhliadhna mar shàlaraidh air,, Feudaidh sinn fhaicinn bhùaidhe so, agus bho shaòthair, nach b'ann idir air son duais thàlamhaidh a bha e sàothrachadh, ach air son duais ard-ghàirme Dhé ann an Iosa Criod. Feumaidh sinn a nis ionad a shàoithrach sa chomhnuidh atharrachadh agus a leantuinn gu ruige Sòllas, far an robh obair mhòr chumhachdach, agus eifachdach aig an Tighearn fèitheamh air, agus na dheanamh lèis. Aig an àm sin, bha beagan do dhaoine aithnichte diadhaidh aig an Tighearna anns s'a sgìr sin, agus a bha na dlu chòmpanaich do Aonghas Mac Cuis, agus is iomadh còmhludair diadhaidh a bhiodh eutòrra. Feudaidh sinn an 'n aimeachadh air an 'n ainm. Mr Ruairidh Domhnnullach agus Gillesbuig Domhnnullach a brath-air a bha aig an àm ud a comhnuidh air an Dùn. A thaobh moran tùathadh a bhi air an Dùn, aig an àm babhaist dhiobh a bhi searmonachadh agus a cumail

chòinneamhan anns an tigh leughaidh a bha a 'n uair sin shios ann an Hàvisgearraidh, agus feumaidh sinn a ràdh le urram agus le firinn, gur iomadh anam a thuair gu cinnteach a dhusgadh agus iompachadh anns an tigh sin, agus an tionndadh o dhorchadas gu solus agus o chumhachd Shàtain gu Dià, le gèur-mhòthuchadh air làthaireachd an Tighearna anns an ionad ùd, tre shearmonachadh na 'n teachdairean a bha daonnan ann, agus a bhiodh a tighinn air chuairt ann, o àm gu àm. Faodaidh sinn a ràdha le ciunte, nach b' aite sa m bith eile, ach tigh Dhe agus geàta na 'n neamh tigh Hàvisgearraidh anns an là úd, agus gu 'n robh làthaireachd an Tighearna air a mhòthuchadh 's air a mhéaltainn ann le seàn agus òg agus aireamh mhòr.

Ach anns a bhliadhna 1850, thogadh an tuath a Sòllas, agus chaithdhe maran dhuibh nùll air fairge, agus pairt dhuibh gu taobh Lochiephort, gu taobh tuath an Lòcha agus mu dheireadh gu taobh deas an Lòcha, far am bheil an gineal mòran nis fhèarr dhèth a nis, le sàothair mhòr àm párantan air an fhéarrann ròmpa, na bha iadsan, san là dhoirbh a bha iad ann; agus fhuair cuid eile dhuibh cothrom comhnuidh a ghabhail an so, 's an sud, air feadh Uidhist. Cha 'n fheud sinn, agus cha toigh leinn idir, connsachadh 's am bith an aghaidh lúchd-riaghlaidh aimsireil a mhòladh: 's ann a dhíeadh sinn é. Ach cha mhò a dh' fheudas sinn crúaidh-smàchd agus àin-tighearnas na bùidhne sin a mhòladh, ach a dhíeadh gu tròm, leis an d' rinneadh 's a 'chuis so, àinneart chó tròm, air teaghlaichean ciatach, foghainteach, agus dleasnach. Am measg n 'an teaghlaichean a fhuair cothron fuireach anns a sgir, bha teaghlaich Choinnich Mhic Cuis, a fhuair cothrom air comhnuidh a ghabhail anns a Cheathramh-Mheadhonach ann an Sgitheanach, agus anns an teaghlaich so, bheir sinn fanear, gu 'n robh Aonghas Mac Cuis comhladh riù, o chàochail a mháthair mòran bhliadhna chan roimhe so.

Feudaidh sinn a ràdha gu'n robh aireamh mhòr do dhaoine diadhaidh, urramach, measal ann an Uidhist mu 'n n'am ud, agus feumaidh sinn a chuid bu ro-

chòmharrachte dhuibh sud àinmeachadh. An toiseach bha Mhr Iain Friseal agus Mhr Alasdair Domhnnullach agus Domhnall Mac Illeathan ann an Eilein Bhòraig. Bha Ailein Domhnnullach agus Gillesbuig Mac Aulaidh an an Eilein Hèiskeir, agus bha Iain Mac Illeathain, agus a cheathrar machid, Domhnall, Calum, Alasdair, agus Tormad, agus Niall Stuibhard ann an Eilein Ghrimisaidh. Bha Calum Mac Còrcuodail air Claddach Kirkibist, agus bha Ruaridh Mòristan agus mòran eile nach robh cho fior ainmeil risan ann an sgor Phàibail. Bha Niàll agus Càlum Gillies, dithis bhraithrean urramach ann a Hòigearraig, agus bha Iain Domhnnullach, an ceisteir diadhaidh ann an Tigh-a-ghèarraigidh, agus Aonghas Mac Cuis ann an Sòllas, agus moran eile tighinn agus falbh, agus ag gèireidh suas ann an Uidhist aig an àm ud agus na dheigh sud, agus gu's an là duigh, maille ri luchd cuairt eile, a bhiodh a taghal Uidhist agus a sàothreachadh innte aig an àm ud. Bha fianuis èudmhor bhlà chòthromach ga tògail an Uidhist, air taobh an tighearna aig an àm ud. Cha deanadh idir a cheilg no a'n còltas a mhàin a'n gnothuch à'm fianuis na 'n daoine ud. 'Se bha iad ag iarruidh an diadhachd bheir umhlachd agus a tha iomalan, agus a tha a tòradh a chum naomhachd agus a chrioch a bheatha mhair-eanach. Cha fhaodadh agus cha b'urrainn doibh a cùir dhuibh, mar a b'fhearr a fhreagadh dha 'n càil 's dha 'n cleachdad, a Shàbaid sa sheachduinn, mar a ni cui'd a lùchd àideachaiddh nam measg an dùigh. Ach ruith na daoine diadhaidh urramach so an reis a chuireadh ròmpa, ag amharc ri Criodha céannard agus fear criochnachaidh an creideimh. Tha an Ti sin a 'se fèin a' Ceann ghlòrmhor, ag ràdh gur h-iad na fireana "Salann na talmhainn." Agus 'n uair tha saoibhreas gràis air 'a fhrithealach do dhaoinibh fa leth, 's an Eaglais, a tha 'g am fàgail soilleir, deadh-mhaiseach, dealrach, ann am beatha na diadhachd, air mhodh araidh, agus mar innealaibh sònruichte ann an làimh an Spioraid gu bhi a 'cur obair nan gràs air a h-aghaidh ann an anamaibh eile; feudar a ràdh, gur h-iad sin,

salann na h-Eaglais fhaicsinneich, ann am iomadh seadh. Bu lòchranan iad 'n an laithibh fèin. Agus "air dhoibh bhi marbh, tha iad fathast a' labhairt." "Nan inbhíbh, 'n an dreuchdaibh, 's 'nan seirbhisibh fa leth, a thugadh dhoibh, ann an àrd-uachdaranaichd frithealaichd an t-sáoir-ghràis, tha an eisimplir prìseil. Tha an Spiorad Naomh a' cur an cèill, "Bithidh cuimhne an fhirein béannaichte," agus, "Air chuimhne gu bràth, bithidh am firean." Tha sinn a nis a smuainteachadh gu m bu chor do n iomradh so a bhi a cuid-eachadh, agus na mheadhon eifachdach, gu tuairisgeul agus iomradh an clùitha, an giùlan, 's an eisimpleir a chumail air chois, a measg a ghinealaich a tha an làthair, agus mar an ceudna, na'n ginealach a tha ri tighinn n ar deigh.

Agus cha 'n e an ginealach so a's lugha feum, gu 'n cumtadh 'n an amharc, toraidhean agus tuairisgeul na flor dhiadhachd; agus mar chunncas cumhachd na diadhachd roimhe, a' cumadh 's a' maiseachadh an luchd-teagaisg, 's an luchd-eisdeachd, a rinneadh 'n am maise 's 'n an inbhíbh, fa leth. Feumaidh sinn ainmchodh 'a n' uair a chruinnicheadh moran do'n a' doine urramach ud gu coinneamh cheist, na comanachadh, na coinneamh sam bith eile gu ruige Pàibail, agus a dheireadh iad a lion fear agus fear, a roinn na firinn gu ceart, le claireamh an Spioraid agus a'n fhocail n-an laimh, gu 'm bu taitneach an sealladh agus an eisdeachd, a bhi ga 'm faicinn, agus ga 'n cluinntinn, agus gur iomadh anam a fhuair an urachadh agus an beathachadh fo eisdeachd na 'n daoine ud, agus a tha togail fianuis air taobh an Tighearna gu's an làthair an duigh. Theirgeadh ùine dhuinn ann a bhi labhairt mu dheighin uile bhuidhean na'n daoine ud, muinntir tre ghràs, a cheannsaich rioghachd an dorchadais, agus a dh' atharaichadh a dhionnsuidh rioghachd Michd a ghraidhsan, a mhùch neart saighdean teinnteach an droch Spioraid, a chaidh as o fhaobhar claireamh namhaid an anama, a chuir air theicheadh armailtean do pheacaidhean a bha g'iathadh mu 'n cuairt orra, o anmhuiinneachd agus

laigse creideamh, a rinneadh treun agus neartmhòr ann am beo-dhochas an fhir-shaoraidh tre ghràs. Tha so a teagasc dhuinn, gur diomhair slighean an Uile-chumachdaich, agus gu'r do lorgachaидh a bhreith-eanais. Tha sinn a faicinn iomchhidh iomradh beag a dheanamh air cho geur agus cho neo eisimeilach sa' bha Aonghas Mac Cuis. Bha e latha aig coinneamh cheist am Paibail, agus faisg air deireadh na cuis, dhiar Mhr Tormad Mac Leoid (am Ministeir) air Aonghas eireidh agus labhairt air a cheist, agus fhreagair e agus thubhairt e nach eireadh. An sin fhreagair Mr Tormad, agus thubhairt e, Mar a h-eirich thu Aonghais, clachaidh an sluagh mise, is fearr dhuit eireidh agus labhairt. Dheirich Aonghas agus thubhairt e, Cho truagh 's ga bheil sibh, cha bu mhath leam iad ga'r clachadh, ach cha robh mise toilichte mar a chaidh a cheist a chur ammach , na idir mar a labhradh orra, tha mi sgith a bhi cluinntin, ma ghràdh an t-saoghail agus a sgleogaireach ma mhnathan, gun ghuth air a ghaol shiorruidh a thainaig an nuas agus a chaidh suas a dheanamh eadar-ghuidhe airson na'n ciontach, sin an gaol air am bu mhath leamsa labhairt. Chuala mi tuilleadh sa choir a cheana mu ghaol mhnathan. Tha mi gle thoilichte nach eil gin agam dhuibh, air neo theireadh iad gur i thug an da shùil asam mar a rinn a bhean air Samson.

Ach feumaidh sinn beagan ainmeachadh mu cheathrar na cuignear dhuibh air leth, agus is e a cheud neach air an dean sinn iomradh giorraid, Gillesbuig Mac Aulaidh, Ceisteir Eilean Heiskeir. Fhuair an duine beannaichte so aithne air an Tighearna gle òg, agus an uair a bheir sinn fanear gu'n robh e thairis air ceithir fichead bliadhna dhàois nuair a chaochail e, tha e furasda dhuinn a cho-dhunadh gu'n d'fhuair an criosduidh ud turus buan ann am beatha a' chrèidimh, mu'n d' ràinig e Iordan. Bu neach e a thug barrachd air iomadh do chloinn Dhé ann an solus tuigse, ann an geurachd breathnachaidh, ann an caomhalachd cridhe, is ann an anmhuinneachd coguis. Agus maille riu sin uile, fhuair e tàlantan a bha

annaimh, a bhi a' cur an céill a smuainte ann an tearc do bhriathraibh. Bu tearc do rìreadh, is bu taghta 'a bhriathra anns gach dleasdnas uaigheach no follais-each mu 'm biodh e; ach bu mhòr am brìgh 's an tomad! An comhnuidh aig àm comanachaiddh bhiodh esan air a ghairm, gu dhol an ceann iomadh dleasdnas, agus dheanamh esan sinn gu cùin, sèimh, cìnnteach, a tarruing tlachd agus meas na bhiodh ag 'amharc air. Thoisich e air cneasnachadh agus teagastg ann an t' Heiskeir, agus gu dearbh feudaidh sinn a ràdha le cinnt gu n robh mor fheum air sin anns an Eilein ud aig an àm. Is choimhlion e dleasdanesh na dreuchd ud fad aireimh mhor bhliadhna chan, air mhodh a bha taitneach d' an t-sluagh, agus, tre bheannachadh Dhé, feumail do iomadh. Bha e do nàdur mìn agus tairisneach, is bha e a' nochdadadh sin 'n a mhodh labhairt ris an t sluagh. Is a chionn so, bha cuid a' saoilsinn nach robh e garbh gu leòr riu; Chuala mi gu 'n canàdh e. Ann an teagastg an t-sluagh, is fèarr gu mòr a bhi g' an tàladh na bhi 'g an gràineachadh. Bu mhòr a mheas air na meadhonaibh follaiseach, oir bha e faièinn gu follaiseach gu 'n robh ùghdarris Dhé sgriobhta 'orra.

Agus ged a bha cuid 'g an tréigsinn, a chionn nach robh iad a faghail annta na nithe a bha freagarrach ri 'm blas féin, cha b' urrainn esan an eisimplir sin riamh a leantainn. Ged bu mhòr a mheas air na meadhonaibh follaiseach, cha 'n éisdeadh e teagastg mearachdach; is cha robh sin aige r'a dheanamh 's an aite 's an robh a chòmhnuidh. Be fein am fear teagastg, agus bha an soisgeul aige ann am falluineachd. Chuir an Tighearn comain air os cionn iomadh, gu 'n do chum e a sholus ris gun smal gus a' mhionaid dheireannaich! 's ann aig dol a mach na h-anail a chàidh a' choinneal às. Bha e pòsd aig bean chiatach fhoghainteach, a tha beo fàthasd, ach gu brònach, dh'fhirosraichadh iad le slat-smachdaichaidh an Uile-chumachdaich gu tròm iomadh uair, ann a bhi gairm air falbh uair an deigh uair, aon an deigh aon dhe 'n teaghlaich. Ach, gidheadh, fo bhulean cruaidh, trom, lamh an n'athar

neamhaidh, noehd iad le an gùilan s'an caithe-beatha a bhi striochtadh da thoilsan, a tha ro-naomh agus glíc, agus a comhnuidh a fòghlum a bhi a'g' ràdha. "Is e Dia thug dhuiun, agus is e thug bhuain," beann-aichite gu robh ainm an Tighearn. Gu 'n deònaicheadh an Tighearn 'dhuinue bhi n ar luchd leanmhuinn air a' leithid so do Chriosduidh, agus orrasan uile " a tha tre chreidimh agus fhoighdinn, a sealbhachadh nan geallanna!"

Tha sinn an' nis a faicinn iomchuidh iomradh gioraid a dheanamh air Ruairidh Moristau a bha na shear-teagaisg eudmhòr, laidir, cumhachdach, agus treibh-dhireach ann an Sgit Phaibail aig an àm ud, fhuair an duine so cothrom sgoil agus foghlum ann an laithibh 'òige; agus thog e chuid ionnsuchaidh gu h-ealamh. Ann an tùs a làithean, bu duine òg, garbh, neo-churamach e, ach an uair a thainig atharrachadh na 'n gràs air, bha e air a dheanamh na dhuine nùadh, air bheothachadh, agus air a bheathachadh, a reir inntinn Spiorad an Tighearna, agus air a shònruachadh, agus air a choisrigeadh a chum a sheirbhis. Cha robh ach uine ghoirid, gus am faca gach ministeur, agus gach neach eile 's a' choimhearsnachd, gu 'm bu dùin 'òg e air an do bhullich an Tighearn tiodhlacan agus comasan inntinn a bha neo-àbhaiseach. Cha ruig sinn a nis air iomradh pongail a thabhairt mu 'n àm, no mu 'n dòigh àraidh 's an do thoilich an Tighearn obair nan gràs a thoiseachadh 'na anam; ach a mhàin lìndearbhachd bhi againn gu 'n do thòisicheadh ann i, an laithibh 'òige, agus gu'n do dhearbh a chaithe-beatha sin, anns gach ceum. Cha b'i gairm dhaoine a mhàin a fhuair e; agus dhearbhadh sin gu pait, leis an tomhas mhòir agus fharsuing 's an d' aidich an Tighearn a sheirbhis an déigh sin. Agus ann an amhare air a' chùrsa 's an do ruith e rè láithean a chuairt; bha, agus tha fathast, comharraighean sònruichte air an tabhairt, gu 'n robh obair àraid aig an Tighearn r'a dheanamh leis, anns gach àit agus céarna far an do shaothraich e. Bu duine Ruairidh Moristan, a bha a' tighinn beò do rìreadh, an fagus do 'n Tighearna. Tha a rùn-san aig

an dream d' an eagal e gu fior : agus bha sin r'a fhaicinn air an duin' urramach so. Ged bha an Soisgeul air a shearmonachadh roimhe so, agus aig an àm ud ann an coimhthional Phaibail, le Mhr Tormad Mac Leoid, ministeur urramach na sgireachd, agus le teachdairean mor urramach na sgireachd, agus le teachdairean mor urramach eile, ann an glàine s'a'n treibhdhireas, gidheadh, an nuair a thoisich Ruairidh Mòristan air searmonachadh soisgeul n'an' saor ghràs, chunncas ath-bheothachadh iongantach air obair an Tighearna.

Agus fhad 's a thoilicheas an Tighearn a shoisgeul glòrmhor fèin a chumail air chois, agus fianaisean dha fèin a measg an t-sluaigh, cha di-chuimhnicear gu bràth, teagast agus saothair agus cliù Rhuairidh Mhoristean. Tha iad fathast r'am faotainn ann an Uidhist, cuid, gu 'n aithnicheadh tu air an gnùis, ri luaidh ainm an duine bheannaichte so, gu'n do chuir an Tighearn do rìreadh buaidh dhoibh-san 'n a theagàsg. Seadh, tha an Spiorad ag ràdh, chum gu 'm faigh iad fois o'n saothair, agus leanaidh an oibre iad. Eadar e fein agus coimhthional Phaibail, bha ceanglaichean ro-dhlùth, fo bhannaibh an t-soisgeul. Bu "lochran làsarach agus dealrach e," cha b' ann a mhàin 's a' choimhthional sin fein, ach air feadh nan cèarnan tiomchioll: agus ged b' iomadh sàruchadh a fhuair e, eadhon o luchd dreuchd Eaglais a bha coimheach, bha an 'Tighearn 'g a aideachadh; bha an fhanuis aige-san ann féin; agus tha fhanuis fathast a' leantuinn a shaothrach, oir bha an Tighearna a gnàth maille ris. Tha iad fathast a làthair 's an Sgìreachd agus air feadh Uidhist, a dh' aidicreas, gu 'm bé là an sonais dhoibh, an là, 's an d' fhosgail an Tighearna a bheul gu teagast na m measg, tha; anama, agus tha dochas nach annaimh iad, d' an bi a chuimhne blasda, fhad 's a chaomhnais an Tighearn iad 's an fhàsach. Aidichear leo-san, gur h-e an Tighearna a chuir ann e. Bu duine Ruairidh Moristan, gu 'm b' annaimh a leithid, air iomadh dòigh. Cha tuilleadh 's a' chòir dhuinn a ràdh gu 'm b' urramach e eadhon a measg nan urramach! Bha a chomasan, eadhon mar thiodhlacaibh nàdurra,

àrd, foghainteach, bunaiteach, farsuing. Agus 'n uair dh' analaich an anail bheò orra, n' uair bhaisteadh le teine iad, mar rinneadh do rìreadh; an sin, b' àillidh agus bu chumhachdach an t-inneal a dh' ullaich gràs, air son na seirbhis a chum an do ghairmeadh e.

O thus na réise a ruith e, 's ann a thainig Ruairidh Moristan a mach, ann an treunad neirt. Gheibhteadh 'na theagasc saoibhreas do bhlasdachd nan gràs. Bha bunaiteachd, soilleireachd, farsuingeachd, agus ùghdarras r'am faotainn na theagasc, a bha iongantach, annaimh r'am faotainn. Bha tòmad, brigh, agus fàrsuingeachd tuigse ann an cuartachadh, 's ann an cuims-eachad nithe spioradail, ann an togail inntinn an Spioraid s'an fhocal; bha so uile ann a leithid do thomhas air a bluileachadh air, agus nach robh, focal a labhradh e, nach seasadh air a bhonn féin; ach cha b' ann ach air bonn neò-ghlùasadach na firinn a sheasadh s'a dhealraicheadh iad, ann am maise 's an sgèimh na firinn, mar tha i ann an Iosa Criod. Chiteadh gu soilleir, gu 'n d'rinneadh 'inntinn do rìreadh 'na h-ionmhas a bha saibhir. Ann an sgoltadh s' ann an mìneachadh theāgasgan bunaiteach an t-soisgeul, far am bu shóilleir do a luchd-éisdeachd gu 'n d' fhuair e féin fòis agus sòlas bha soilleireachd, teas-ghràdh, mìneachd, agus ùghdarras mar a' co-choiseachadh a chéile: agus e gu dian agus gu dìleas a' trèorachadh a luchd-éisdeachd a chum na Carraigे bith bhuan, mar-blàrigh agus mar shuim a theagaisg. Ma's ceadaichte dhuinn sloinneadh na duinealaist a thoirt do ghiùlan agus do ghnùis fhir teagaisg ann an tigh 's ann an seirbhis Dhé, cha b'aithne dhuinn idir, 's cha 'n fhaca sinn, c'ait an robh e mur! ann an gnùis Rhuairidh Mhorisean; agus so cha b' ann idir mar an-dànanachd; ach fo fhiamh agus eagal diadhaidh, a chiteadh aig an àm cheudna eadhon 'na eudan cheanalt; a thugse agus a ghràdh araon mar ag iarruidh greim a dheanamh air anamaibh; agus gu 'm faigheadh e an guillan leis air falbh o dhìomhanas, 's o thruaillidheachd, 's o dhiteadh; 's a' foillseachadh a' ghraidh sin, chiteadh a shùil lán, agus cha b' ainmig a shileadh iad. Ach 's.

ann gu sonruichte, ann an co-fhaireachduinn ri cloinn na h-ath-bhreith, 'nan àmhgharaibh agus 'n an àmhhuineachdaibh, a gheibh teadh araon a chaomhalachd, a dhìlseachd, agus a ghràdh, ann an spàирн chleachdaimh, 'g an gairm, agus 'g an tàlaidh, a dh' ionnsuidh ionaid am fasgaidh agus an suaimhneis. Is ann an so, cuideachd, a chiteadh fiòr irioslachd agus fiòr chaoimhneas, a' cur dreach air a ghnùis a bheireadh fianuis do 'n anam shàruichte, gu 'n robh an duine ud, e fein, gu'n teagamh, air ionnlaid ann an tobar a' ghràidh shiòrruidh, a shuidheachadh aige ann an dearbh uchd a' ghràidh shiòrruidh, agus e 'g a mhineachadh 's 'g a mholadh.

B'urramach, agus bu ghràdhach an sealladh, os ceann gach àit eile 's an seasadh e, a brighinn air Céist e, air di-háoine comanachaiddh; a chridhe làn, 'anam mar air a dhòrtadh a mach, ann an briathraibh spioradail, sèimh, cudthromach, agus e mar ann an làthair a chroinn-chèusaiddh, a' mòladh agus a' cliùthachadh an Uain. Is tric a shaoil sinn gu 'n d' fhuaire an sud, air dhòigh àraig, eàrlas an òrain nuaidh, 'n a uchd agus 'na bhilibh; agus a spiorad a' gèilleadh fo chumachd a sheallaiddh air ionmhasaibh do-rannsuichte gràdh Dhé ann an Criod. Chuir saor ghràs an t-urram air Ruairidh Moristan, na làtha, gu 'n do thionaileadh a stigh leis na caoraich chaillte gu lionmhor, gu'n do bheathaicheadh an treud leis; gu 'n d' altruim e naoidheana an teaghlaich, agus gu 'n d' fhàs iad suas fo 'n ionaltradh, a thugadh dha as an leth, gu a roinn orra. Agus gu cinnteach bé sin a shonas 's an fhàsach. Fhalluin gu 'n gu'n tuit air a ghinealach so. Tha sinn an dochas gun tog an Tighearna suas a leithid, ann an àm feuma aobhair an Rùin shiòrruidh, 'n ar n-Eaglais.

Tha 'àm féin aig an Tighearna, a thaobh gach anam a ghairmear leis; agus cha 'n annaimh idir 's an Eaglais, foillseachadh a' ghliocais mar a' ghràidh shiòrruidh, ann an coraibh fa leth, leis an bheil cumhachd oibreacaidh gràis air a thabhairt ni 's mo a chum scluis, a thaobh an ama 's am bheil e a tighinn na ged

bhiodh e air tighinn aig àm 's am bith eile. Tha so fior a thòabh a n duine nàoimh, chuin, dhiadhaidh, urramaich mu bheil sinn a dol a thoir oidhearp air beagan a ràdh mu dheighin, Gillesbuig Domhnnullach, a bha na cheisteir ann an Tighaghearraidh an Uidhist 's an aon àm s'an robh Aonghas Mac Cuis ann an Sollas. Bha an duine còir so làg ann an inntinn, agus làg, agus air a chumail iosal thaobh suidhichidhean crànnchuir, ach bha e laidir agus saibhir ann an creideimh an Iosa Criod, agus air an aobhar sin, choisinn, a ghiùlan maiseach, caoimhneil, deadh-ghean o'n uasal agus o'n iosal dha. Cha robh aon ghearan air a theagasc. Ach 's i a bhreith fèin air a theagasc, nach robh e a giùlan uiread de thòradh agus bu mhath leis. Ach, gidheadh rinneadh greim air le saor-ghràs; agus bha e faotainn a'n' comhnuidh solus as ùr, air eòlais glòire, agus Spioraid Dhé, a lasadh 'na anam agus mu inntinn. Agus bho n àm so, bha dearbh-shoilleir-eachd mu pheacadh, mu fhireantachd, agus mu bhreitheanas, a' dol air aghaidh na anam, agus bheannaich an Tighearna gu mor e, ionnus na chomhluadar, agus na earailibh, gu 'n do nochd e mòr, ghliocas spioradail, mòr ghràdh do na h-uile.

Bheannaich an Tighearna gu h-ióngantach a sheirbheis agus a 'shaothair, agus nochdadh gu soilleir, araon 'na theagasc agus 'na chaithe-beatha, gu 'n dubhaint an Tighearna ris, "Bi bed." Bha a theagasc do rìreadh a réir an t-soisgeul; agus bha eud agus beatha neo-chumanta 'n a theagasc. Mar a bha e fàs laidir, agus sèan ann an creideamh, agus ann an gràdh, thóisich an Tighearna air dhòigh fhollais-eich, shoilleir, a bheannachd agus a chumhachd a thoirt d'a theagasc. Bha obair mhòr, chùmachdach agus ghlòrmhor, air a toirt air a h-aghaidh, leis ann an sgir. Thighaghearraidh, agus anns na h-uile sgir eile ann an Uidhist. Cha ghiùlain an t-iomradh so dhuinn, oir feumaidh e bli gearr, leudachadh air so. Ach thachair, mar thachair riamh, co luath agus a dhealaicheadh Gillesbuig Domhnnullach o'n t-saoghal mhi-chreidmheach, gu 'n do thionndaidh daoine

'u a aghaidh, agus air an aobhar sin, choinnich agus sheas e ri iomadh deuchainn, ach air son sin, bithidh cuimhne air ainm, agus air tòraighean a shàothreach ann an uidhist gu bràth. B'annaimh 'n a là féin neach, a 's mò leis an d'fhoillsich an Tighearnia cumhachd a ghràis. Bha so air 'fhàgail ro shoillear eadhon 's na nithibh a dh'ainmicheadh cheana, 's án iomradh ghoirid só féin. Agus mar bhios a chuimhne, a chliù, agus a dhilseachd, cùbhaidh do phobull an Tighearn; agus gu h-àraid dhoibh-san d' an d' thugadh tre a theagassg, mar mheadhon, creidsinn no mothachadh fhaotainn air an staid féin mar anamaibh caillte an tùs; tha, aig an ám cheudna iomradh an duin' urramaich so air fhàgail do 'n Eaglais mar fhianuis air clù agus gnè na h-inntinn sin, tha an Tighearn a' tabhairt dhoibhsan a dh' aidichear leis féin mar luchd-sàothreachaidh 'n a fhìon-lios. An dream a chuirear a mach leis-san, ulluichear leis féin iad, agus cha mhòr idir na làtha a bha air uidheamachadh a'm mach bho lànachd Iosa Criosda cosmhul ris san.

Tha e soilleir gu leòir nach do dheirich aon suas ann an sgor Thigaghearraidh bho 'n là ud coltach ris a cheisteir, agus tha dochas againn fhathast, gun eirich aon na aite, a bhios na inneal, agus na mheadhon, an laimh an Spioraid, gu peacaich a thionndadh bho dhorchadas gu solus, agus bho chumachd Shatain gu Dia anns an sgor ud, agus gu 'n d thig sliochd agus gu 'n dean iad seirbheis do Dhia innte fhathast. Buinidh dhuinn a nis iomradh beag a thoirt air an dithis bhraithrean urramach ud, Nial agus Calum Gillies, a bha a saothreachadh aig an àm ud, ann an Hoigearraidh, agus ann an àiteachan eile air taobh an iar eilein Uidhist, Feudaidh sinn a ràdh mu 'n deighin so, mar a tha an fhirinn ag ràdh mu dhéighin feadhain a naoimh a t-seann t-iomhnaidh, "Gun robh iad ag imeachd maille ri Dia," agus sin, ann an slighe, agus ann an eridhe, co-dhiu, feudaidh sinn a ràdh a toiseach, gu'n d'fhuair iad mnathan urramach, a bha na comhnadh mòr dhoibh. Ach gu'n ni a ràdh air an

sin an drasd, an nuair a thainig an dithis braithrean sin gu rùige Hoigearraidh, bha an tir cho dubh s'cho dòrcha s'cho aingidh ri tir na h-eiphit, ionnus gu m'faoite laimhseachadh. Bha an sluagh gu spioradail tòr aineolach, agus ann an cleachdadh a reir sin, ach nuair a thoisich Nial agus Calum Gillies air teagast' ann a Hoigearraidh, cha b'fhada gus na theich na sgailean, agus an do bhris an là, air anamaibh cuid do mhuinntir an aite, agus cuid do mhuinntir ait-eachan eile faisg air, agus mar sin uidh air uidh, ged a bha iad a coinneachadh ri duilidhdeasan agus cinn-mofhuchaidh, agus cruadhs-cridhe anabarrach, cha b' fhada gus'an d' thainig na h-ionadan gàrbha gu bhi na 'n comhnard rèidh.

Bha an dithis dhaoine so, air a 'n cùir do n' chearn so gu sonruichte, le seoladh agus treorachadh an Spioraid naoimh, agus feudaidh sinn a ràdha le cinnt, nach mòr dhithis braithrean air a'n euala sinn iomradh air fad agus leud Gaidhealtachd na h-Alba, a b'faisg air rùn, inntinn, agus comhairle an Tighearna na iad so, agus air an aobhar sin, cha néil teagamh s-ám bith againn, nach robh an Tighearna a leantuinn an saothreach, le toraidhean ni bu phailte air a shon sin. Ach tha e ciatach, tlachdmhor agus ion-mholta nuair a tha againn ri ràdha gu robh; agus gu bheil a chuid is mò dhe 'n teaghlaichean a togail fiannis air taobh an Tighearna, agus moran dhuibh nam Ministeirean a saothreachadh gu glic, dileas treibh-dhireach measail ann an Eaglais an aithraichean, agus cha'neil teagamh sam bith nach toir so a'm mach a dheadh thoradh na aimsir. Feudaidh sinn a ràdha gu sonruichte, "Gun robh iad graidhaichte airson an aithraichaibh." Mar sin tha eisimpleir agus toradh n' an daoine diadhaidh sin, a seasamh far comhairne an duigh agus a labhairt rinn, agus ga bhur treorachadh gu slighe na slainte. Bha an dithis braithrean so neo-chumanta deigheil air urnuigh uaigneach, mar so, a dortadh a'm mach a inntinn, a faraichidhean, agus an spioraid, am fianuis an Tighearna, an ti is e fear eisdeachd, agus freagradh urnuigh, air an son fein, agus air son an gineil, agus gu

sonruichte, air son an co-pheacachaibh mu'n cuairt, a bha cho lionmhor ann san la ud. Thug an Tighearna leis an dithis dhaoine fiachail, measal so ann an deagh shean-aois agus is iad gu dearbh a dh'eudadh a ràdha, gur e làtha am bàis a b'fhearr na làtha am breith. Gun deonaicheadh an Tighearna na mhòr throcair agus na ghràs, dithis eile a thogail suas na 'n aite so. Tha sinn an nis a faicinn iomchuidh iomradh gioraid a thoirt air Mhr Iain Friseil a bha aig an àm cheudna a saothreachadh ann an eilein Bhòiraidh dlu air Uidhist. Mar is e Iain Knox, reult mhaduinn an ath-leasachaidh, ann an Alba, feudaidh sinn a ràdha gum be Iain Friseil reult mhaduinn an ath-leasachaidh ann am Bòiraidh. Agus is coir dhuinn a ràdha le cinnt gu m bu chreidhmheach mor tomadach, soilleir anns an Tighearna Iosa an duine ud, agus air an aobhar sin, "B' anam beò e." Cha b' ann mar chrèud, na mar shàmhladh, na mar ainm a bha an creideamh criosduidh aigesan, ach mar a bheatha spioradail. Bha e air a thabhairt on bhàs a chum beatha, agus air a dheanamh na dhuine nuadh ann an Criodha, aig à'm a bheil, "a cheud toradh a chum nàomhachd, agus a chrioch a bheatha mhaireanach. Am feadh sa bha moran a tighinn a chum an teampuill, agus a tabhairt iobairtean marbha suas don Dia bheo, thainig esan tre n' "t-slighe nuadh agus bheo," agus rainaig e an t-ionad be robh naoimhe, far an robh an iobairt mhòr reiteich, a cumail co-chomunn ris an Athair, agus ra mhachd Iosa Criod. B'e iarrtus a b' airde Dia a ghlòrachadh ann an sò air an talamh, agus crioch a dhochais na dheigh so, Dia ghlòrachadh agus a mhealtainn gu siorruidh. Bha e an comhnuidh a cuir cùl ri diomhanas s'am bith, no ri ni s'am bith eile a bha ga thraigse fein ann an rùm agus an aite firìnnean mor an t-soisgeul. Bha e ag cumail daonnan ri aire sluaigh, gu'r ann airson naomhachadh agus maiseachhadh, "chinne—dhaon a bha Dia a'g cuir, "teampuill bheo an Spioraid" do 'n t-saoghal so, le naigheachd aoibhneach na slainte. Tha Criod ag ràdha, "Thainig mise a chum gu 'm biodh beatha aca." An tuisge bheir mise

«dhuibh, bithidh e na thobar uisge annaibh, a strùthadh suas a chum na beatha maireanaich.” Nach eil fhios agaibh gur sibhse teampull Dhe, agus gu m bheil spiorad” Dhe a’g gabhail comhnuidh annaibh. Bha Iain Friseil na dhuine a bha a bheatha, air a dhèachadh leis an Spiorad naomh, agus nach robh an leithid ach annaimh na latha ma bha iad idir ra faotainn.

Do’n inntinn a tha ann an co-mhothachadh ri maise naduir, cha n eil sealladh is maisiche na briseadh an làtha ann an àm an Earraich, an nuair a chi neach maise agus dreach a Chruithear ann, air na h-uile ni, agus mar gu m biodh e labhairt nam briathran sin, “An ti a tha toirt air dol am mach na maduinn agus an fheasgair aoibhneas a dheanamh.” Ach don ti a tha mòthachail air maise mhòdheanail, tha e gu mòr nis priseile, a bhi faicinn là gràis a briseadh a steach air an anam, “chum agus gu’n soillsicheadh e, nis mo agus nis mo, a chum an là iomlan.” Agus is ann mar sin a bha a chuis a thaobh an duine ainmeil so. Cha robh ni sam bith a riaraicheadh anam ach an, “t-uisge bèo,” agus, “a bheatha agus an Spiorad,” agus is iomadh uair a theireadh e. “Cia sgiamhach cosan na dream a tha searmonachadh soisgeul na sith, agus a tabhairt naigheachdean aoibhneach air nithibh màtha.” Tha a chùis a tha ann so, fior a thaobh na h-uile neach air an do dheirich Grian’na Fireantachd. Tha aireamh mhor làn do dheud naomh, aig toiseachadh an ath-bhreith, ach, gidheadh, gu’n a bhi air a chompanachadh, le diadhachd dhòmhain tre fhein-fhiosrachadh, ach cha b’ann mar so bha chùis a thaobh Iain Fhriseil.

Bha eud agus a dhiadhachd araon, o thuis ath-bhreith aithnichte, agus a shìor-mhèudachadh ann an eolas air an fhirinn dhiadhaidh, ionnus gu ’n abradh e. “Air mo shonsa, agus air son mo thighe, ni sinn seirbhis d’ón Tighearna.” Bho thuis gu crich, a thurus criosuidh, be iarrtus sonruichte a bhi beo airson Dhe, agus a seasamh a mach leis an earreansa, “Iarraibh air thuis rioghachd Dhe agus Fhireantachsán,” agus bithidh na h-uile ni eile air a chuir ribh.” Agus mar an

ceudna, e cumail a shuil ris a chomhurtachd laidir so o bheul an Tighearna, "Is leor mo ghràs air do shon." A reir coltais, ann an deileigean Dhe ri phòbull chan'eil e ann an ni s'am bith, nis follaisaiche a nochdad a ghliocais, a ghraidh agus a chumhachd do'n taobh, n'au nuair a tha e g a'n uidheamachadh airson a bhi gabhail seilbh air na suidhichidhean sin, a roimh-òrdaich e dhoibh, a reir a rùin, agus bha sin mar sin a thaobh an duine mu'm bheil sinn a sgriobhadh an drasd. Feudaidh sinn a ràdha mu thiomchioll gun robh e mar a bha Enoch agus Noah, "a g'imachd maille ri Dia," agus, "a faicinn an ti a bha neo-fhaicsinneach." Mar a rinn an Tighearna fein chaidh e mu'n cuairt, "a deanamh math," oir, "cha neil neach sam bith bèo dha fèin." O'n uair a mhothaich, agus a dhairich, e an fhior-dhiadhachd air suibhal anam, be iarrtus araidh a bhi tarruing anamaibh gu Criodha, agus cha robh e toileichte na sona, ach an nuair a bha e frithealadh comhairle do'n imcheisteach, agus còmhurtachd do'n bhrònach, oir tha e ro-shoilleir, nach eil ni sam bith anns an t-saoghal, is miannaiche air-pairteachadh ri eridheachan muinntir eile na an fhior-dhiadhachd. Agus cha neil daoine sam bith eile ann, is mo a tha g'iarraidh a chum maith a'n co-pheacaich a dheanamh, agus an cridhe a'g aomadh leo na h-uile ceum, a chum na puing sin na na fior-chriosduidhean.

Am bheil neach sam bith comasach a sealtainn thairis air eachdraidhean Abraham, Mhaois, Iob, agus Saimh Dhaibhaidh a leughadh, na struth do dh'fhaideadhereachda na firinn a lèughadh, na eisdeachd ri collàbhairtean Iosa, na mèorachadh air litrichean n'an Abstol, na air an fhirinn a chaidh a dheachdadh ann an eilein Patmos, nach cuir aonta ris an sò, agus nach fairich nach e ni s'am bith eile an fhior dhiadhachd, ach Iosa gabhail comhnuidh ann an anam a chreidmheich.

An nis a thaobh Mhr Iain Friseil, feudaidh sinn a ràdh, gu m b'fhear searmonachaidh cumhachdach e, agus mar an ceudna, gu'n robh e na dhuine a ràinig air àirde mhòir ann am beatha na diadhachd. Agus air an aobhar sin, shoirbhich an Tighearn leis 'na

shaothairibh gu farsuing, soilleir. B' inneal e ann an làimh an ard-mhaighstir, leis an d' iompaicheadh peacaich, agus o an d' fhuair treud Dhé ionaltradh agus beathachadh d'an anamaibh. Dh' fhág so iomraideach agus luachmhor e ann am fion-lios an Tighearna fad a chuairt, ionad anns do shàothraich e gu dileas, agus far am facas toradh a shaothreach, o'n Tighearna. Bhuilicheadh comasan nàdurra air, mar dhuine, a bha os ceann mòran. Bu duine e a fhuair, agus a choisinn foghlum gu leor: agus cha bu lugha a bha e urramach, àrd, ann an inbhe bheatha na diadhachd; dhealraich cùmhachd agus màise n'an gràs gu h-iongantach 's an duine phriseil so. B' fhiòr sin da rireamh da thaobh, oir, bu duine e a bha gu sònruichte air a choisrigeadh a chum seirbhis a Thighearna, agus a bha gu sònruichte dileas do'n t-seirbhis sin. Chaidh a chliù am farsuingeachd, agus cha b' iongantach sin, mar dhuine agus mar fhearteagaisg a dh' aidich an Tighearn 'na shaothairibh, agus aig an robh a chomhluadar uile gu h-anabarrach r'a fhaicinn fo riaghladh gràis. Ach is ann dhoibh-san d' an do fhritheil e, agus air feadh a choimhthionail anns an do shaothraich e, eadhon 'n an cridhibh-san, 's an leth stigh, a gheibh teadh locshlaint thlà a ghuth agus a theagaisg air a mothachadh do rìreadh mar bholtrach cùbhraidi. Cha b' ann gu fuasgailte, neostéidhichte, neo-chuimseach, no clearbach, a gheibh teadh a theagasg; oir cha robh pone no teagasg air an socruicheadh e a bheachd, no a dh' iarradh e gu 'n tuigeadh agus gu 'n' breithnicheadh a luchd-éisdeachd iad (mar dh' iarr e a gnàth), air nach cuireadh e blas an eireachdais agus na maisealachd, agus air nach faiceadh gach neach a leithid do shnas 's a nochd ar aon, gloinead agus soilleireachd na h-inntinn o'n d' thàinig iad a mach: cho domhain 's a chaidh e a stigh annta, agus an tlachd anama a ghabh e féin ann an nithibh an Tighearna, agus an t-urram a dh'iarr e thabhairt do na nithibh sin uile. Bha riaghait suidheachadh, agus deadh rian 'n a uile theagasg; air an tarruing leis, mar bha a theagasan gu leir, o thobar fhìor-ghlan na

Firinn, agus e a' moladh na firinn sin 'na maisealachd do gach aon neach a dh' éisdeadh. Air son a thiodhlacan agus a chomasan fèin a mhàin; na theagasg, is ann a smuainicheadh neach gu 'm bu ròghnaiche leis a'n ceiltinn na m' feudadh-e, na bhi g'an sgaoileadh a mach mar ghrinneas, leis am feud duine tuilleadh molàidh a chosnadh dha féin na a cheadaicheas e do 'n fhirinn a chosnadh d'a h-Ughdair.

Ach ged bha mar so, ann féin agus 'na dhoigh teagaisg gràs na fior irioslachd agus a' ghraiddh, mar a' tarruing sgàile eadar luchd-éisdeachd agus àrd-chomasan inntinn an duine féin, cha d' rinn so ach e féin agus a theagasan, ni bu mhaiseiche ann am beachd dhaoine tuigseach. 'Nuair gu h-àraig, a labhradh e mar fhear teagaisg ann an tigh Dhé, bha gach ni daingean briòghmor, sgaobhir ann am mils-eachd na firinn; sùil aig gach focal ri bunait an Sgriobtuir, agus air a cho-chur, air ùghdarras an Fhocaill cheudna; dùrachd an fhìor chaoimhneis 'n a ghuth agus 'na shealladh, tharruing e luchd-éisdeachd d'a ionnsuidh, dhùisg e an aire, agus chum e an aire 'n a dùisg; thug e soilleireachd dhoibh 'n an tuigse, agus dhrùidh a bhriathran a stigh, gu cumhachdach air cridheachibh a' chruinneachaidh mhòir a Chòmhlaich mu a thiomchioll; agus thog toraidhean beannaichte a shaothreach fianuis, nach b' ann an ðiomhanas a bha i, oir chunncas na torraidhean sin anns an t-sith, an irioslachd, anns a ghràdh bhràthaireil, agus anns an diadhachd neo-chealgaich, a ghabh tlachd ann an teagasg Iain Fhriseil. Na àoidheachd agus 'na thàbhartasaibh, bu duine fialaidh do 'n bhochd agus do 'n euslainteach e. Bu liòn-mhor iad sin gu tric timchioll a dhoruis; agus is ann gu fòil agus gu ciùin a chomh-pàirticheadh e ruitha, mar a bhulich a'n Tighearn an comas air. Gheibh teadh a chombradh "a ghnàth ann an gràs, air a dheanamh blàsda le salann." Cha b' aobhar nàire leis riamh crann-ceusaidh Chriosd, no a sheirbhis, no 'aobhar, no a phobull, no a mhasladh: agus 'nuair ghairmeadh e gu a chràinn-cèusaидh a ghiùlan, is ann a rinn e uaill 's an uallach.

Bha e pòsda air boirrionnach a bha comharrachaite 'n a h-inbhe 's 'n a h-ionad mar bhoirrionnach diadh-aidh, uasal, measail, agus dhasan bu "chòmhnhadh d'a réir féin;" i. Cha mhairean a nis ach beagan do'n chloinn, ach tha e na aobhar gairdeachais ro mhòr, a 'n uair a tha againn ri innse gu 'm bheil aireamh d'a chuid òghachan, a gàbhail an aite ann an aidmheil, agus ann am fion lios an Tighearn. Chriochnaich Iain Friseil a thurus, agus dhealaichheadh o' choimhthional e a bha dlùth-fhuaithe ris ann an gràdh, agus d'an tug e fior ghràdh, an déigh euslaint a thighinn air nach robh ach gèarr. Agus ghiùlain e sin anns an fhoighidinn chiùin agus mhìn sin, a nochd e 'n a chaithe-beatha gu léir, agus spiorad a' bhuidheachais aige, 'ga liònadh, 's an duine 's an leth stigh; agus bhuaingaich e, eadhon gus an d' thàinig an uair, "deanamh gàirdeachais an dòchas: foighidneach an trioblaid; maireannach ann an ùrnuigh," agus, "a' toirt glòire do Dhia." Cha 'n' eil sinn ag oidhirpeachadh dol a stigh ann an uile bhuadhaibh cluitha an duin' urramaich, chomharrachaite so; is ann a tha sinn am mothachadh gu 'm biodh sin gu h-iomlan thar ar comais. Ach 'se tha sinn ag oidhirpeachadh a mhàin, gu 'm bitheadh buadhan sònruichte a chliù bu shoilleire a dhealraich na chéile, thar chàich, mar fhear-teagaisg, mar aodhair do 'n treud, agus mar neach fa leth do na naomhaibh, air an cùr a 'n cèill, agus air a'n cumail air chuimhne a'm measg na linntein a tha ri tighinn. Mar fhear-teagaisg, is cothromach dhuinn a ràdh gur h-ann a bha Iain Friseil mar reult a chithear a dealradh thar chàich, a tha timchioll oirre 's na speuraibh. Shearmonaich e Iosa Criod, agus Easan air a cheusadh. Mar nach do sheachainn e uile chomhairle Dhé fhoillseachadh do a luchd-éisdeachd, mar sin mar an ceudna, bé Gràdh Chriosd, os ceann gach teagaisg eile, anns an robh a thlachd.

Fhuair an gràdh sin comas-riaghlaidh ann an uile bhuadhaibh 'anama féin, agus bha e mar air a chòchumadh le cumhachd a' ghràidh sin, air a leithid do dhòigh, agus gu 'm faiceadh tu a ghnàth an duine

caomh mar fo làn-uidheam, gu bhi 'ga chur an cèill. Is ann a chuir an gràdh so, a chliù gu h-iomalan ann an riochd, agus ann an cumadh, a bha sònruichte do rireadh. Is ann mar so a chuir gràs air a shiubhal, mar shoitheach taghta, an ni leis an d' fhuaireadh a leithid do fharsuingeachd buaidhe 'n a theagast do anamaibh, fo a fhrithealadh; agus an so, tha eisimpleir air a cumail a mach fa choinneamh an luchd-teagaisg agus na 'm braithrean uile, ma 's àill leo bhi glic a chum anama dhaoine a chosnadadh do Chriosd. Mar dhuine a bha gun teagamh do àireamh nan naomh, is leor a ràdh, mar bha a thugse làn-shoilleir ann an uile theagastgaibh na diadhachd, agus mar shearmonaich e iad uile gu dileas, agus gu cothromach, mar sin mar an ceudna, gu 'n robh a ghiùlan fèin agus 'ule chaith-beatha a réir a theagaisg, agus 'imeachd 'sa ghiùlan anns gach dàimh, n an dearbh-eisimpleir leis an robh firinn a theagaisg air a daingneachadh, eadhon 'an làthair an t-saoghail. Cha ruig sinn a léas a bhi ag ainmeachadh ciod e a thug òirnn, iomradh a thoirt air Iain Friseil, no air duine s'am bith eile a tha air ainmeachadh anns an sgriobhadh so, tha sinn a smaointeachadh gu 'm bheil e na thaitneas do anamaibh a fhuair càileachd spioradail, iomradh air nithibh spioradail bhi mu'n coinneamh 's a' chumadh so; agus gur e a 's roghnaiche leis a' chuid mhòir dhuibh-san gu h-araidh do 'n do shearmonaich Iain Friseil, agus aig an robh, iomadh là, agus bliadhna, dùrachd an anama, mar an cròchadh r'a bhilibh, oir bha e a faicinn mar fhiachaibh air an leas siorruidh a shireadh air gach doigh, mar dhream airson am feum e freagrach a thabhairt, eadhoin air son an anama, ann là an Tighearn Iosa. A'n nis is e durachd ar cridhe, agus air n' athchuinge ri Dia, mas àill leis na ghradh, agus na rùn siorruidh, gu 'n tog e teachdairean suas n'ar measg coltach ri Iain Friseil.

An nis tha sinn a faicinn ròbh iomchuidh mu 's echo-dhuin sinn an t-iomradh so, focal na dha a bha mu thiomchioll Mhr Alasdair Dhomhnullaich a bha na fhear teagaisg ann an Eilean Bhoiraidh as deigh do

Mhr Iain Friseil a bhi air ghairm dhachaидh gu a shonas bith-bhùan. Bha an duine so Alaisdair Domhnnullach, na duine a bha caitheamh beatha na diadhachd gu anabarrach glic, ciuin, sèimh agus tréibh-dhureach, agus mar so bha e robh chomharraichte na làthà. Phòs e boirionnach ciatach gàsda, a bha na còmhnhadh mòr dha, feudaidh sinn a ràdha gu robh teaghlaich mor aca, agus tha sinn ro-tholichte gu bheil againn ri aithris, gu bheil cuid acasan a tògail fianuis laidir air taobh an Tighearna, anns an Eaglais Shaoir, anns an do dhabh, an athair caomh, a leithid do thlachd saothreachadh airson iomadh bliadhna. Co-dhùi dh'eudadh sinn iomadh iomradh agus dearbhadh a thoirt, nach 'ann an dìomhanas a shàothraich esan, agus air an aobhar sin, bha a shaothair gu mòr, air a h-aideachadh leis an Tighearna. Agus tha sinn a creidsinn 's an 't-siòrruidheachd féin gu'r iomadh neach a bhios air a thearnadh a chaidh a dhùsgadh agus a shòillseachadh, chum èolais air slighe na beatha màireannaich, fo èisdeachd Alaisdair Dhomhnullaich. Bha a shàothair gu mòr agus gu farsuing air a h-aideachadh. Bha e soilleir gu 'n robh an Tighearna maille ris. Bha gràdh an t-sluaigh air a tharruing a mach d 'a ionnsuidh gu h-anabarrach, agus bha rùn an Tighearna a stiùireadh an duine chaoimh, gu earranan eile mu 'n cuairt d o'n fhion-lios, san sgireachd; far an robh obair a fèitheamh air, agus air na h-uile tionndadh làimhe, bha a shaothair air a beannachadh gu mor leis an Tighearna.

Bha taitneas mor aige ann a bhi an cuideachd sluagh an Tighearna, oir bha moran dhuibh ann an Uidhist anns an àm ud, agus bha mòr thofl-inntinn agus tlachd aca ann a bhi comhradh ri cheile, ann an àm, agus an àm, an nuair a chruinnicheadh iad còmhla ri chèile, agus tha barrandas againn air so, o fhacal an Tighearna mar a gheibh sinn e, ann an leabhar an Fhàidh Malachi iii., xvi. xvii. An sin labhair iadsan air an robh eagal an Tighearna, gach aon gu tric ri chèile; agus dh' eisd an Tighearna, agus

chuala 'e agus bha leabhar-cuimhne air a sgriobhadh 'na làthair air son na muinntir air an robh eagal an Tighearna, agus a smuainich air 'ainm. Bithidh iad leamsa, tha Tighearna nan sluagh ag ràdh, anns an là sin anns an dean mi suas mo sheudan; agus coigligh mi iad, mar a choigleas duine a mhac féin a ta deanamh seirbhis da. An nis tha am fògharadh mordo dhaoine diadhaidh a bha ann an Uidhist, anns an latha ud air a'n gairm dhachaidh do 'n tìr, mu 'n dubhaint Dia, "Bheir mi duibh i." Far nach bi bròn tuilleadh, no plan, no éigheach, far nach d'eid an grian fòdha,, far an criochnaicheadh laithean am bròin, far nach abair àm fear àiteachaiddh gu bràth gu bheil e sgìth no tinn, agus far an siòb Dia gach deur bho 'n sùil, far nach bi neach ach muinntir shàoirte an Tighearna, far am bi aon làtha iomlan, gu'n oidche idir, far nach bi neach ach muinntir a nigheadh an trusgan agus a rinneadh geal iad ann àm fuil an Uain.

Thuair iad so uile bàs ann an creidimh, gun na geallanna fhaotainn, ach air dhoibh am faicinn fad o làimh (agus an làn-chreidsinn), ghabh iad riu, agus dh' aidich iad gu 'm choigrich agus luchd-cuairt air an talamh iad féin. Oir an dream a ta ag ràdh nan nithe sin, tha iad a nochdadadh gu soilleir gu bheil iad ag iarraidh dùthcha. Agus gu firinneach na'm biodh iad cuimhneachail air an dùthaich sin, as an d' thàinig iad a mach, dh' fheudadh iad àm iomchuidh fhaghail air pilleadhb: Ach a nis tha déidh aca air dùthaich a 's fearr, eadhon dùthaich néamhaidh: uime sin cha nàr le Dia, gu 'n goirear an Dia-san dheth: oir dh' ullaich e dhoibh baile.

An nis gu tilleadh gu Aonghas Mac Cuis, gu's iomradhsan a chriochnachadh, feudaidh sinn ainm-eachadh, gu'n robh e ánanabarrach dèigheil air a bhi an cuideadh Mhr Ewen Dùghallaich a bha ann an Tighaghearraidh, agus a chaidh e féin agus a thèaglach gu rìge America. Bha tlachd mor aige anns an duine-urramach ud a chionn agus gu 'm bu duine mor agus soilleir leis an Tighearna a bha ann dheth. Bha e ananabarrach deigheil air a bhi leughadh dha, agus a'm

meoruchadh air a cheathramh agus a chuigeadh Caibdeil de cheud litir an Abstoil Pheadair, agus mar an ceudna air a Chaibideil mu dheirgadh de Soisgeul Eoin. Bha a ris deigheil air an dara Salm deug thar an fhichead, agus an nàothamh Salm dèug thar a chèud, agus air a'n' aonabh Salm thairis air an t'seachd fichead. Bha e seà miosan air an leabaidh mu 'n do chaochail e, agus bha e re na hùine gle thrioblaideach agus tinn, ach chriochnaich e anabarrach sèimh. Tha so a toirt na 'r cuimhne briathran an t-Salamadair mu 'n fhirean a'n' n' uair a tha e a'g ràdha. Bithidh piseach air an fhìrean chòir mar phailm-chrann ùrar glas: Mar sheudar ard air Leabanon, a' fas gu direach bras. An dream tha air an suidheachadh an tigh 's an àros Dé. An cùrtibh greadhnach àrd' ar Dia, siorfhàsaidh iad gach ré. San ám bi iad aosmhòr liath, bheir iad mòr mheas a mach. Is bithidh sultmhor le deadh bhláth dhuibh sud gach uile neach. Is tric a theireadh e, gu'r e càth cruaidh a bha ann do'n chriosduidh re a bheatha gu h-ionlan, a dhòchas a chumail daigheann. Chuala sinn Domhnall Boyd a bha na fhear-seinn aig an Aonghas Mac Cuis anns a choimhthional ag ràdha uair, gu'n do dh'fheoruich e fein do dhuine a bha air a mheas anabarrach diadhaidh. Saoil ars a Domhnall ris an duine, "An do chreibh mi riamh." Fhreagair an duine agus thubhairt e, "O Domhnuill," ars esan, "tha fhios againn gu 'n deachaidh sinn thairis o bhàs gu beatha, do bhrigh, agus, gu 'm bheil gràdh againn do 'na' braithrean. Dh'fheoruich mi a cheisd cheudna do Aonghas Mac Cuis, ars a Domhnuill, agus is e freagrach a thug esan dhomh, "Creideamh a dhuine." Is e a tha ann an sin, ni a chumas obair ruit rè do bheatha uile. Gu de cho euoltach sa bha beachd an dithis chriosduidhean sin mu'n fhacal creideamh.

Cha robh ni sa 'm bith, a bu luaithe a bheireadh Acnghas Mac Cuis an àire dha, an n'uair a bha e air leabaidh a bhàis, na n'uair a bhitheadh neach a leughadh earrann sa 'm bith do'n firinn dha. Bha mòthuchadh anabarrach géur aige dha so, gu's an do

chriochnaich e a thùrus, agus an deachaidh anam a steach do ghloir. Bha e a'g eòmhairleachadh na muinntir a bha mu 'n cuairt air a leabaidh aige, a bhi g' urnuidh ri Dia, airson an gairm agus an t-aghadh a dheanamh cinnteach, agus esan a choimhneachadh aon an glòir, ionnus mar so, gu'r ann a bha seomar a bhàis a coimhead ni bi chòltaiche ri pairt do Neamh fhéin, na ri seomar anns an robh a reir coltais, an teachdaire mu dheireadh gu h-aithghearr a tighinn a steach. Ann am beagan uine, sgùir a bhilean a ghlùasad, bha tòsdachd naomh a rioghachadh, agus lean cuineachd shòluimte, air bàll chaidh a spiorad naomh a dhionnsuidh uchd an 'Athar. Luidh e ann an sùd, mar neach a thug buaidh, oir mar neach a thug, ni bu mhò na buaidh bha e, air a chuairteachadh le toradh na buaidh a thug e. Chriochnaich e a thurus air an t'seathamh làthair, de cheud mhìos an fhogharaidh, ochd ceud deug bliadhna, tri fichead agus a seachd. Mheasgaich e maille ri spiorad dhaoine naomha air a'n deanamh fòirfe. Bho 'n Eaglais ann so a bhos air an talamh, bha e air àtharrachadh a dh'ionnsuidh co-'chruinneachadh coitchionn, agus Eaglais na 'n ceud ghìn, aig am bheil an ainmean sgriobhta ann an Neamh. Tha e a'n nis a deanamh suas aon eile de dh'aireamh na cuideachd, lionmhor fhiachail ainmeil, a tha a'm bàs a deanamh an dian fhoillseachaidh air firinn an creidimh criosduidh. Le cumhachd a chreideamh shìmplidh, na fhearsaoraidh beo, spion e án' gath bho Righ-na 'n' Uamhas, air ceann a'n' t'saoghal shiorruidh, agus bha am bàs air a shlugadh suas le buaidh. Bha a ghnuis na h-iomhaidh air fois, air ard chiùineachd. Cha robh dealbh riamh bho laimh an Fhir-gearraidh, air a gilipeachadh mar a bha chruitheachd mharmor iad a socrachadh. Bho na ghlùasad inntinn, agus a mhòr-ghairdeachas anam troimh an do ghabh e direach aig an àm seachad, air a chuibhreach ann an taisbeannadh air a Thighearna beo, bha ann an sud fathast a deanamh moille, dealradh anns an t-suil, agus fiamh gàire air na bilean, agus gàoir-theas, coltach ri dol

fodha na greine, air a gnuis, a rinn dealbh bhriagha, chiatach nach gabh aithris. Cha robh e na dhuine glè àosda, ach chunnaic an Tighearna iomchuidh a ghairm g'a ionnsuidh 'fein. Chòmhdaicheadh le dùbhachas aghaidh na dùthcha tiomchioll. Mhothaich, eadhon, a chuid, a' b eutruime giùlan, 'sa sheas a mach an aghaidh an t-soisgeul, gu 'n "do thuit uachdaran agus duine mòr an duigh ann an Israel." Agus bu ro-aithuichte e, air feadh na dùthcha timchioll, gu 'm b' iomadh anam bochd, brùite, eadhon a ghlaodh, 'n uair chual iad an naidheachd mhuladach, "M' athair, m' athair! carbad Israeil, agus a mhars-sluagh!" agus, a "thubhairt Aig Dia s'ro phriseil bàs a Naoimh."

Air son a choimhthionail chaoimh féin, a bha príseil aige, agus leis am bu phríseil esan; is ann a mhòthaich iad do rireadh cho príseil 'sa bha e. Agus buinidh dhoibh gu cinnteach, an teisteas a thoirt dhoibh, gu 'n do nochd iad an urram agus an gràdh do 'n aodhaire bheannaichte agus urramach a thugadh uatha, air dhòigh, a bha do rireadh ionmholta, mar ghiùlan cubhaidh, caomh, agus dàimheil. Bu mhuladach am buille do sgir Shollais, agus do dh' eilean Uidhist, agus eadhon do dh'Eaglais Shaorna' h' Alba, bas Aonghais Mhic Cuis. Dh' fhag e an fhianuis sin 'na dhèigh. Is ann do 'n Tighearn a bhuineas na h-innealan a dh'ullaich e féin; agus is ann 'na làmhaibh-san a tha an aimsirean gu léir. Ach, 'se a' cheist dhoibh-san a's maireann fathast, am bheil iad féin do ríreadh 'nan luchd-leanmuinn orra-san a tha a nis tre chreidimh agus fhoighidinn a' sealbhachadh nan geallana. Far am bheil an Tighearn a' beannachadh, gheibhear cuimhne mu' oibribh-san a' tighinn a stigh, agus a toirt cleachdaimh do 'n inntinn. Agus is i comhairle an Spioraid dhuinn, "Bithibh cuimhneachail air bhur cinn-iuil, a labhair ribh focal Dhè; leanaibh an creidimh-san, a' beachdachadh air crich an caithe-beatha, Iosa Criod, an dé, an diugh, agus gu slorruidh an Ti ceudna." Tha ar n-iomradh-ne anfhann. Ach cha 'n ann mar sin a gheibhear-

euimhne Aonghais Mhic Cuis. Tha sinn ag ionndruinn le faireachduinn dhomhain agus bhronach, gu 'm bheil an t-iomradh a tha air a bheagan dhuileagan so, a toirt fianuis, nach eil air foghlum agus ar breith-neachadh, ach g'ar n-iocadh gle neo-choimhlanta agus neo-ùidheamaichte airson na h-oibreach so, a tha ciallachadh toirt air ais, mionaideach, chum na ceud inbh, a dheanamh air eachdraidh an duine urramaich so, na chlùi-criosduidh, tre fhein-fhiosrachadh, a tha sinn a toirt fàoin-oidhearp air a dheanamh follaiseach.

Ach, co-dhùi, tha sinn an dochas, gu 'm 'bi ar leugh-aidearan comasach, gu 'n duilidheadas 's am bith, air dealbh cheart, agus meas a chuir air na priomh steigh-theagaisg a tha againn anns an amharec, agus a dhainmaich sinn, agus gu 'm bi iad a dioghlum o na lesanan gnàthaichte, a bha sinn mar so, a cumail air chuimhne. Is e a mhain beagan` aire, an n'aon oidhearp is urrainn sinn a bhi gu h-aithghearr a cleachdad, airson a bhi a cumail air chuimhne na 'm puingibh sin, a tha a reir choltais, aithrigh air a bhi faotainn meorachadh àraid. Orduichte, s'ged a bha e le Dia, le inntinn riaghailteach agus inbheich, agus a seilbheachadh neart comharaichte, agus breith cliu, cumhachd, agus grad gniomh, cha 'n ann air a shaibhreas, eolas, no fhiosrachadh saoghalta, is màth leis a leughadair chriosduidh inntinn a shuidh-eachadh, ach air a shaibhreas ann an eolas air nithibh spioradail. Bha gràs an Tighearna ro-phait dha, le creidimh agus gràdh. Bha an strùth gràidh sin, ri taobh an do chòmhnuich e daonna, comasach air a bhi deònachadh agus a deachdad a smuaintean, agus a'g cur a'n cumadh a gniomharan, agus a lionadh a h-uile cleachdad dha bheatha le naomhachd, thoileach, neamhaidh, nach urrainnear a' chuir an cèill. Cha Neil aon s'am bith ach iadsan a bha min-eolach air na h-uile latha, is urrainn smuain s'am bith a dhealbh, air a chiatachd chothromach, agus a cho-fhrèagarrachd mhòr, a bha n'a cliù agus na chùrsa criosduidh. Is iadsan a mhain a b'urrainn fianuis-eachadh, mar a bha diadhachd glinàthaichte air a

foillseachadh, na chlui gu h-iomlan, a silleadh blàth, agus tâileadh cubhraidh na beatha spioradail anns na h-uile aite, riaghailteach mar shòlus an latha.

Feumaidh sinn a thoirt faineir le ro-aire shòluimte, gu 'm bheil an gràs tre an robh esan, an ni a bha e, a cheart cho saor, agus cho furasda dhuinne ruighinn air. Leis a ghràs so, feudaidh sinn a bhi air ar Co-chòslasachadh ris an toil Nàoimh, agus air ar n' àtharrachadh dhana niomhaidh Nàoimh, agus air ar nùidheamachadh airson saothair ghniomhach, no airson fulangas striochdail, mar a bha ann an tomhas ainmeil, na choir naomha-san. Na lagaich beannachd chó neo-thràighte, na chùlaidh-chòbhair, agus chó sàor na bhualeachadh; ach a lànachd an Fhir-shaoraidh faigh gràs airson gràs, chum agus anns na h-ùile ni, "Gu 'm biodh ainm an Tighearna, air a ghlòrachadh annaibh, agus sibhse ànnsan, a reir ghràis ar Dé, agus ar Tighearna Iosa Criosda. Be a chumhachd urnuigh agus creidimh, na crùtheachdan, bu chòmharr-ichte d'a àidmheil, agus tha iad so, a cuir an cùimhne gnathachadh, agus seoladh domhain. Bha a chreidimh do'n ghnè bu shimplidhe, agus na shimplidheach, feudar fhaighinn, diomhaireachd a chumhachd. Bha e laidir, "Ann an creidimh," a toirt, "Gloir do Dhia." Ghabh e Dia air fhocal, a creidsinn ann a chionn gu 'm bé Dia e. A thaobh àoradh ùaigneach, no àoradh tèaghlaich, bha e gu romhor air a thabhairt thairis dha sin, agus theireadh e an comhnuidh gu 'm bu chòr a bhi ga chumail ann an àm, agus an an àm, agus bha a thlachd ann, oir bha fios aige gu 'm bé Dia a charaid, agus gu 'm bu toil leis a bhi na chuideachd. Is toil leis na fior dhaoine diadhaidh an t-aite 's am bheil urram Dhe a chomhnuidh. Their iad, "Bha aoibhneas oirnn 'nuair a thubhairt iad rinn, rachamaid suas gu tigh an Tighearna." Theid iad do thigh an Tighearna air acras agus air pàthadh, o'n deigh air an aran bhèo, agus air an uine, a's taitniche leo a chaith iad riagh. Ni mò, an urrainn iad a bhi bèo gu'n a bhi ri ùrnuigh uaigneach, agus, an nuair a bhitheas iad a dòrtadh a

mach an cridhe di Dhia, gheibh iad blasad roimh-làimh, air èarrann do shòlas neamh, earrann do thoiseach na gloire. Tha aoibhneas ann an Neamh airson aon pheacach a ni aithreachas, a dhuisgear, a dhiompaichear, agus a bheirear bho dhorchadas gu sòlus, agus bho chumhachd Shàtain gu Dia, agus a dheibh ann an seilbh air a chùibhrionn mhaithe sin nach toirear uapa gu bràth.

Tha geallaidhan Dhe gu leir aca! Tha beannachdan no beatha gu leir aca; agus oibrichidh triobl-aidean na beatha ta làthair, gu leir airson am màith; co dhuibh is beatha no bàs iad, no nithean a lathair, no nithean ri teachd, is leosan iad gu leir, agus tha iad fein a'nis nan òighreachan air glòir. Tha iad a' dearcadh air an rioghachd bhith-bhuan sin a ni iad a mhealtuinn gu siorruidh. Tha an Tighearna ag ràdha. Treigibh nithe amaideach, agus bithibh beo; agus imichibh air slighe na tuigse. Agus na bitheadh co chomunn agaibh ri oibríbh neo tharbhach an dorchaids; ach gu ma fèarr libh an crònachadh; oir is e crioch nan nithe sn am bàs. Uime sin thigibh a mach as am meadhon, agus dealachibh riu, tha an Tighearna ag ràdh, agus na beanainbhis ris an ni neoghlau; agus gabhaidh mis a'm'ionnsuidh sibh. Agus bithidh mí a' m' Athair dhuibh, agus bithidh sibhse 'nur mic agus 'nur nigheanaibh dhomhsa, tha an Tighearna uile chumhachdach ag radh. 'Na aingaidheachd fuadaichear air falbh an t-aingidh; ach bithidh dochas air an fhirein 'na bhàs. Thoir fainear an duine foirfe, agus amhaire air an duine ionraic; oir is i sith is crioch do 'n duine sin; ach sgriosar lùchd-èusontais faraon; gearar as crioch dhròch dhàoine. Smuainichibh a nis air so, sibhse nach cuimhnich Dia; air eagal gu'n reub mi as a chèile, gun neach ann a thèasairgeas. Na theagasan uile, is iad so comharra beag dhe 'na comhairlean, a bha Aonghas Mac Cuis a toirt air a lùchd eisdeachd, anns na h-ùile aite anns an sèarmonaichadh e Ghlán creidimh neo-amharusach so, leanibh Dhe a chridhe, agus chum e suas e ri aghaidh deuchainn, agus thug e còthrom dha, air a bhi toirt buaidh tháiris

air nithean a bha ri 'm faicinn, agus tharruing e le sòilleireachd, agus le cínntichead, gnòthaichean na siòrruidheachd fa chòmhair inntinn. Chùir e ùrram air Dia, le a bhi creidsinn, agus chuir Dia urram air a chreideamh le a bhi búileachadh an tùilleadh air. Leis a chreidimh làdir so ann an gràs, bha e gu nàdurrach, ann an ceangail mòr, agus cùmhachdach, ann an ùrnuigh. Dh' altrum e na beachdan a b'airde, ann an barrachd ùrnuigh ri Diá. Leis an àrm so, air a làims-eachadh le gàirdean laidir a chreidimh, cha d'fhuair e ni sà'm bith ro chrùaidh ra dheanamh, a chionn gu'm bheil na h-ùile ni comasach do Dia. Mar a dh'ainmich sinn uair agus uair, a cheana, bha e na dhuine a bha cùmhachdach ann an ùrnuigh, agus gu 'n a bhi dol ann an ráthad s'am bith, mòran thairis air an ni a dheùdas sinn a ràdha le cinnt, bha e gu litireal "Ag imeachd màille ri Diá." Bha e mar gu'm biodh e ùile gu lèir beo, agus a gluasad, ann an n'aonachd agus ann an co-chòdmunn ris an Ti a bha neo-fhaicsinneach. Bè a chlèachdad, biodh a cheann-turuis fàoin na cudthromach, a dhol a dhionnsuidh Iosa. Bha cuimhne aige air a bhriathran fèin, "As mèugbhaigsa cha' ùrrainn sibh ni sa'm bith a dhèanamh." Agus mar so, bha e beo mar leanibh beag, air curam agus gleidheadh an Tighearna. Bha a dhlù-imeachd agus a chomhluadar mion-eolach, na aobhar ioghnaidh do dh'iomadh neach, ach bha a chuis so fior. Bha e mar gu'n deanamh a dhachaидh ann an eridhe Dhè, agus mar so, gu'n do bhris e steach a dhionnsuidh na 'n diomhneachdan neo-chriochnach, agus mar so gu'n do dh'oillsichadh dha an gràdh fòllaichte, gu farsuingeachd a chuir clisgeadh air a mhuinnhir sin, nach robh an gnòthuichean ri Diá ach fad ás, fuar agus annaimh. Bha Dia dhásan na ùile anns na h-ùile.

Cha robh smuain, na miànn, na di, na innleachd, a dhaltrum e, na lòrgaich e màch, air nach robh e g'iarraidh còmhairle agus gloir Dhe, ann, agus air na h-ùile ni. Bé a fhreagrachd cuinn, striochta, a'n còmhnuidh do'n na h-ùile céist theàgmhach agus dhiolgheasach. "Stiùiridh an Tighearna." Anns a

choslas so, do bhetha chriosduidh, cia cho cumhachdach sa tha e labhairt. Na 'm biodh e air a chluinntinn a labhairt rinn an nis beo, le gùth a bheoil, gu de cho dùrachdach sa bhiodh a shùidheachadh, agus cho làn còmhairle sa bhiodh a ghùth ag ràdha, "Imich, agus innis do dh' Iosa." Gu de cho cumachdach sa tha bhèatha gu h-iomlan, a fóillseachadh a dhàimh ri creidimh laidir, agus a làn chinnt ann an dochas, agus aoibhneas àrdaichte, ann a faireachduinn na naomhachd, agus a mhòr-irioslachd cridhe, a bha toirt air a bhi ga fhein-àicheadh fein, cha mhòr gu h-iomlan. Bha aig amanaibh, a bheachdan agus fhoillsichidhean air fein, gu h-ioriosail agus cràiteach, ach gidheadh, anns a ghleann bu doimhne, agus bu dùirche do dh'irisleachd-anam, anns an do dhimich e, a reir còltais, cha do chiall e riamh sealladh air iomlanachd ann an Criosa. Cha do bhràth fhein-àicheadh e riamh, gu bhi a gràs-aicheadh. Mar sin cha do threig a Dhia e, ann an aon ghealladh da Fhocal, air an do leig E le anam a bhi taiceachadh airson dochais. Mar Dhia an fhreasdail, no mar Dhia gràis, cha do bhràth E a mùninghinn a dhiarr E, agus cha do mheall E an earbsa, air an do chuir E cuireadh, cha do dh'fhas E gu'n leigheis an lòt, no ám bròn gu'n leasachadh, no gu'n chuideachadh an t-uallach rinn E le a lamhan fein. Cha do dh' fhas E so gu'n deanamh suas, eadhon, ann an aon ni.

Gheibh an seann chriosduidh, mòran dioghlum, gus a chridhe mhisneachadh, agus a lamhan a neart-sachadh ann an Dia, anns a bheatha a tha sinn a g'ath-bhèachdachadh. Tha ann an sò naomh le Dia, a criochnachadh béatha shàothrachail, thùasaideach an eilthirich, agus a giùlan an teistineis aig am a chaoch laidh, gu'r iad a mhuinntir àosda gu h-àraidh, cùsbairean a ghaoil anmhunn, agus aire dhileas. Tha sluagh an Tighearna a leigeil an tàic air, ann an laigsinn na 'm bliadhna chan, ann an ànmhuinneachd, ann an cràdh, ann an critheanachd na sean àois, ann an éagalan, ann na 'n dìùthachadh air cèann an tòruis, air a luirg, agus air a bhàta dhiadhaidh so. Nis mar so,

an nuair a tha iad air fàs aosmhòr liath, cha treig an Dia iad. Tha iad a foiseachadh ann an disleachd Dhe, agus air obair chriochnaichte Iosa, agus dochas na glòir, a tha ann an tòine àithghearr, gu bhi air a fòilleachadh. Bu chòir do bhur n'urnuigh chreidmheach a bhi mar so, "Na tilg air falbh mi ann an àm mo shéan aois; agus na treig mi an nuair a dhailnaicheas mo theoir." Agus bithidh freagairt dhileas Dhe mar so, "Eadhon gu's bhur séan àois, Is mise E; agus eadhon gu's bhur fòlt liath guilainidh mi sibh." Gu de an cùmhachd agus an tóileachadh, a tha ann am beatha na naomhachd! Mar a tha na briathran air thoiseach a toirt fa'r còmhair. Tha an saoghal iomlan le briaghachd ann an nadur, agus ann an obair dhealbh, agus ann an nithean do-aireamh eile, ach cha n'eil brìaghachd na maise sa'm bith ann coltach ri "maise na naomhachd." Tha an t'soileireachd a tha dealradh a mach, troimh bheatha duìne mhàth nis soilleire gu mòr na dealradh na grèine, aig àird a mheadhoin làtha. Tha mor chumhachd ann an tuigse, agus ann an ionnsachadh, agus ann an gnè, ann an beartead, agus ann an inbh, ach cha n'eil cùmhachd sa'm bith cho òrduichte, na cho eifachdach ri cùmhachd na nàomhachd. Tha an cumhachd a tha e a laimseachadh, uile chumhachdach ann an deanamh màth. Cha neil e comasach do phàrantan dileib fhaghail aig an gineil, is gràdhlaiche, is lúachmhoire, agus is màireanaiche, na beatha air a fiànuiseachadh agus air a lorgachadh, le coimhairleachadh a chreidimh naoimh, le deanadas na h-urnuigh, agus sgeadachadh na naomhachd. Tha beatha do'n t-seorsa so, na beo lan-dearbhachd air Diadhachd a Bhiobuill, agus a deanamh moran a bharrachd, gus a chinntichlead a dhearbhadh, agus craobh-sgoileadh fhirinn air feadh an t-saoghail, na na h-uile ni a labhradh na sgriobhadh riamh, mar fhianuisean air a chreidimh chriosduidh.

Gu de an càll thar tomhais a tha ann an naomh le Dia, a bhi air a thoirt o theaghlaich, s o chairdean, s'o éaglais Chriosda, agus o n t-sàoghal. Gu de cho mòr, gu bràth, sa bhios a dhiadhachd bhèo, agus ùrnughean

durachdach, agus a cho-labhairt naomh, agus eis-eimpleir fhreagarrach, air an ionndruinn. Is e càll suidhichtè tha ann, a ruigeas fàda agus fàrsuinn. Agus fàthast, tha e bèo nar méasg, cha n'ann a mhàin nar cridheachan agus nar cuimbne, ach ann an comhairle neo-bhasmhòr a bheatha naomh. "Bithidh na firean-aich a ghnath ann an cuimhne shiorruidh." Fòlaichidh an uaigh iad bho 'n t-sealladh, ach cha dhabh so deanamh bho 'n chuimhne. Cha dean aon chuid an cèap ùaine, no an stùagh, cùimhneachain na 'm màrbh naomh, a chuir air dichùimhne no a thiodhlacadh. Ann an cuimhneachain ghleidh-teach an gràsan sa 'n n'ùrnuighean, agus an gnìomharan, tha iad fàthast bèo, a chum a bhi ga'r seoladh agus ga'r treorachadh, agus gu bhi ga'r earalachadh agus ga'r solasachadh air an t-slighe dháchaidh. Agus cha n'eil sinne a sgùr, a bhi ga 'n ionndruinn fàthast, agus be ar n'iarrtus, agus ar durachd a bhi beo maille riù. Tha iadsan a cùimhneachadh agus a gràdhachadh, na muinntir a dh'fhag iad na 'n deigh, air dhiobh an daimh a ghiulain leo do'n n-ionad cómhnuidh shùas. Air dhoibh a bhi air an glànad, air an àrdachadh agus air am meùdachadh, tha iad a smuaineachadh air an cairdean a bhos, agus a gabhail fadachd, gu's an còmhailaich iad a chéile shùas, far a'm bheil iad an sin. Mar sin tha iad a gabhail fadachd chòir, chaomh, le meud an graidh, mar nach do dhairich iad riamh roimhe; an nuair a bha iad a bhos an so air thalamh. Air son na tha do dh'fhiös air, feudaidh gu 'm bheil an spioradan a cämpachadh tiomchioll a'r ceumaibh, gus a bhi a'g companachadh spioradan na muinntir shaòirte steach do rioghachadh na gloir, a dhionnsuidh an aoibhneis siorruidh. Tha na h'Aingeil na 'n luchd-frithileadh air oidhaireachan na slainte, agus nach feud sinn a smuaineachadh gu 'm bheil iomadh do spioradan glòrmhor, "dhaoine air an deanamh fairfe," air an èideadh leis an teachdaireachd cheudna. "Tha iad a deanamh seirbhis dha, a làtha agus a dh'òidche na thèampull," agus co dhà a bhuineas e ràdha, nach 'eil an Tighearna, ann an dòigh is leir dha fein a mhàin,

a toirt air spioradan na muinntir so, air dhòigh air choir-eigin gu'n fhios, a bhi seirbhiseachadh dha 'n companaich ann an amghair, agus a tha sùil aca a bhi māille riu, ann an ùine ghoirid ann an rioghachd na glòir.

Ach gus am biodh iad còmhladh riu, ann an tigh an n' athar neamhaidh, cha bu choir dhoibh, ach a bhi leantuinn an eiseimpleir, agus a dioghlum misnich bho 'n crèidimh agus am fòighidinn, lesanan fhòghlum bho 'n failnichidhean, agus obair an Tighearna a thògail sùas, agus a ghiulain, a thuit bho làmhaibhsan an uair a chaochail iad, gús, fadheoidh, am bidh sinn air ar gairm gu fois bho 'r saothair, agus a dh'fhaotainn bhur duais. Mar so tha a shónasan, a tha sinn a dol a cho-dhunadh eachdraidh naomh an nis. Raínig e mu dheireadh càladh na gloir, airson an robh a chridhe sa, smúaintean a gabhail mòr fhàdachd. 'Sheall e air Criosda a ghrádhaich e gu mór agus iongantach, agus chunnaic e na h-Aingeil, agus bha còmhradh aige ri muinntir a b' aithne dha uair-eigin an sò, a bhos air an talamh. Agus tha e nis a faruichduinn, gu 'm bheil na h-uile ni gu cinnteach fior. Miorbhulean nach d'fhuair na daoine a bu shine agus bu liàtha eolas orra, glòir nach burrainn suil nadurra duine fhaicinn riamh, aoibhneis nach búrrainn smuain duine smuaineachadh, agus cèol nach cùlas a shàmhuil ríamh air thàlamh, a briseadh a mach le mor-iognadh air a spiorad shòna. Aig a chosansan a bhàsaich air a shòn, agus a dhéirich a ris, gu gràdhach thilg e a chrùn, ag ràdha, "Is aithrigh an t-Uan." Cuir as leth Iehovah na thri pearsachan, mar a tha sinn an nis gu treibh-dhireach a deanamh. am mòladh agus a ghlòir, a h-uile ni a bha e, mar fhear compàirt do Bheatha Ann An Iosa, ni sinn aoibhneas, a choinn tre ghràs Riòghail-San, "gu'n do chòmhraig e an deadh chomhrag," agus gu'n do chriochnaich e chursa, agus gu'n do ghleidh e an creidimh;" agus an nis, Tha e air dol gu beinn a Mhyrrh, agus gu tùlach na tùis, gu's am bris an làtha, agus an tèich na sgailean.

Cha n'eil sinn a faicinn iomchuidh an t' iomradh

gèarr so a cho-dhunadh, gu'n facal na dha, a ràdha mu thiomchioll an duine urramaich, Mr Iain Mac Illeathain a bha na mhinisteir aig Clachan-nan-Gluip, aig an a' aon àm, agus a bha feadhainn do'n na daoine air an d' rinn sinn a cheana iòmradh, a saoithreachadh an an Uidhist. Cha 'neil ni air innseadh dhuinne a tha a sgriobhadh 'an iomraidh-sa mu dheighinn cuideachd an duiné-sa, na cò an duthaich do 'm buineadh e, na ni sam bìth mu dheighinn fhòghlum, na làithean òige, ach tha e soilleir gu lèor gu 'n d'thainig e a dhionnsuidh Clachan-nan-Gluip na dhuinne lèth-àosda, agus sheirbhisich e anns a chearn sin, re sheachd bliadhna deug gu lèth. Cha robh e pòsd idir, ach bha a phuithar a cumail tìghe dha, agus bha i cheart cho èudmhòr airson màth agus leas, an t'shluaigh a dheanamh agus a bha esan, agus air an aobhar sin, feudaidh sinn a thuigsinn agus a chreidsinn agus fhàicinn, gu'n robh cúisean a sòrbheachadh leis moran na b'fhearr. Cha 'neil flios againn an robh Mr Mac Illeathain na mhinisteir air a bhrèith, ach tha sinn cinnteach gu'n robh e air a bhreith, gu bhi na mhinisteir, agus mar sin dhabh e àite anns a cheud shrèath, airson èolas agus fiosrachadh, cumhachd agus disleachd, agus meudachadh, anns a bhèatha spioradail anns an lèth a stìgh, am measg na 'n daoine measail, còmharrachte, a dhòibhich cho dìan, agus cho dùrachdach airson aobhar Chriosda.

"Tha Dia a tiodhlacadh a luchd oibreach, ach tha e tabhairt air a h'aghaidh na h'òibreach." Cha n'ann airson dùaisean, na búannachdan sàoghalta, na àimsireil, a bha gàisgeich threun an Tighearna Iosa a sàothreachadh. Tha e glè chòltach gu robh Mr Mac Illeathain air ionnsachadh bho'n chreadhall, an t' slighe air am bu chòr dha imeachd, agus an t' slighe a dhàbh e. Fhreagair e an t' òrdugh ud "Rachadh sibhse chum an t' saoghail ùile, agus searmonaichibh an Soisgeul do na h'ùile creutair." An nuair a thainig Mr Mac Illeathain gu rùige Uidhist, bha obair mhor ri chùir air a h'aghaidh anns a chearn, anns an robh esan air a shuidheachadh. Bha e còmhnuidh ann an

sèann tigh sgòile Gàdhlaig aig a Chlachan, agus mar an ceudna, a searmonachadh agus a cumail coinn-eamhan ann, ach feudaidh sinn a ràdha gu 'm bheil bùtha cèannaiche, air a togail ùr, bho chionn beagan bhliadh-nachan, ann an lèrach an tigh sgòile a bha 'n' sin. Bha aige ri bhi cumail choinneamhan air Cladach Kìrkibosd, agus Illearaidh, agus Cladach a Bhaileshear agus Chàrinish, Clèitamhèadhra, Cnòcuidhean, Loch-èiphort, Lochnamadadh, agus iomadh cùl, agus cèarn, neonach iomallach a tha thall an taobh sin, nach eil e idir gle fhùrasda faotainn, eadhoin an duigh ann, gu 'n luaidh air an àm ud, an nuair nach robh mìr rathaid mhòir idir ánn. An nuair a thòisich Mr Mac Illeathain air searmonachadh aig a Chlachan, agus am measg na'n aiteachan a chaidh ainmeachadh a cheana, bha dèith chròneil an dearmaid air focal, agus meadhoinean na'n gràs, agus a mhi-churam cho cruaidh agus cho tùigh, agus gur gànn a burrain neach sa 'm bith a bríseadh. Cha b'fhada gus an do bhrìs Mr Mac Illeathain mìrean dhi le òrd mòr an Fhòcaill.

Thòisich an anail air sèideadh bho na ceithir ghàothan, thòisich a'n tath-bhèothachadh, déarbh shoilleireachd, agus mòthachadh mu phèacadh mu fhàireantachd, agus mu bhrèitheanas, thoisich dùsgadh agus iompachadh thall sa bhos. B' inneal Mr Mac Illeathain da rireadh ann an laimh an Sploraid, gus an obair mhàth a thoiseachadh, a chuir air a h-aghaidh ann an iomadh anam, a tha an duigh a sèinn ann an glòir, agus is e an "Latha" fein a bheir flanuis, air tòraidhean a shàothreach. Bha e air duine cho diadh-aidh, cho sùilbhearra, agus cho mòr co-mhòthachadh agus a bha ann an Uidhist na làthair, agus air an aobhar sin bha mòr-mhèas aig na h'uile dhàoine air mar dhuine agus mar chriosduidh. Bha e na ghàisgeach làidir, trèun, ann an crèideimh agus ann an eagal an Tighearna, agus roinn e na h'uile dhlochoill a bha na chòmas air gach sèan agus òg a thainig na rathad a thògail, a thèagasg, agus a thoirt air aghaidh ann an òilean agus an èolas an Tighearna Iosa. Bha urram mòr air a thoirt do ainm Mhr Mhic Illeathain, le iomadh

neach nach fàca, agus nach cùala, riamh e. Bha beachdan farsuinn foghlumte aige, ach ged a bha a chùis so fior, cha d'thug am barrachd èolais so, air àtharrachadh sam bith a dheanamh air a theagast.

Bha e toirt fa chòmhair a luchd èisdeachd, firinnean an t'soisgeul, gu h'eifachdach mar a bha e air a shèoladh le Spiorad an Tighearna. Bha èud bò a làsadhl na'anam, a' bha gu sònruichte cùramach agus drùiteach, airson a cho-chreutairean, a bhi air an toirt fo bhuaidh an t'soisgeul, tre chrèideamh ann an ullachadh, agus ann an obair chriochnaichte an Fhirsàoraidh, chum agus gum biodh an anamaibh air an tèarnadh. Bha e na bheannachd mòr do sgìr a Chlachain agus do Eilean Uidhist gu h'iomlan gu d'thainig Mr Mac Illeathain na'm measg, agus cha ne a mhain sin ach gu 'n do dhuirich e cho fada maille riu. Dh'fhàg e Uidhist agus cha'Neil fhios againn air a bheag sa'm bith mu thiomchoill an deigh sin, ach tha cùid do chloinn sa'n Tighearna ann an so fàthasd

An nis aig-co-dhunadh an iomraidi ghoirrid a rinn sinn air Mr Mac Illeathain, cha n'urrainn sinn teisteanas as fhèarr a thoirt dha, na teisteanas na'm fireanach, mar a tha e air a chuir sios, anns a dara a sàlm dèug thar a cheithir fichead, mar so.—

12 Bidh piseach air an fhìrean chòir  
mar phailm-chrann ùrar glas:  
Mar sheudar àrdair Lebanon,  
a' fàs gu dreach bras.

13 An dream tha air an suidheachadh  
an tigh 's an àros Dè.  
An cùrtibh greadhnach àrd' ar Dia,  
slor-fhàsaidh iad gach rè.

14. San àm bi iad aosmhòr liath  
bheir iad mòr mheas a mach;  
Is bithidh sultmhòr le deadh bhlàth  
dhuibh sud gach uile neach.

15 A chum gu feuch iad gu bheil Dia  
 ro-chothramach is ceart;  
 Mo charraig e, 's cha 'n'eil ann fèin  
 aon eucoir no droch bheart.

Tha sinn a'nis a faicinn iomchuidh iomradh a dheanamh air Ualter Càimbeul, a thainig na mhision-araidh gu ruige sgìr Shollais, aireamh mhath bhliadhnachan an deigh bàis Aonghais Mhic Cuis. Thainig an duine urramach beannachte so, bho threibh do dhaoine màtha, a bha aireamh nach bu bheag dhuibh a togail fianuis dhileas agus fhìor air taobh an Tighearna. Bha e na dhuine air lèth simplidh, cùin, iriosail, luma làn do'n diadhachd fhìor-ghlan, agus neoshalach. Tha iomadh ann, a seirbhiseachadh ann an cearnaibh fa-lèth, do fhìonlios an Tighearna, agus am màighistir, nach urrainn a shuidheachadh, gu de a cheart àm, na cheart àite, anns an robh iad, na aig an robh iad air an iompachadh. Bha an obair gun gheleadhraich. Dhoibhsan bha teachd rioghachd Dhe "gu'n chòmharra." Eucoltach ri fear coimhid a phrisoin ann a Phillipi, cha robh faireachduin chraiteach na eagalach àca. Coltach ri Lidia "dhosgail an Tighearna an cridheachan." Tha e coltach nach robh moran cùimhne aig Mr Càimbeul, air an àm aig an deachaidh iompachadh, a chionn agus gu'n do bhris gràdh Dhè, a steach air a chridhe, agus anam, aig tùs a làtha, agus mar so, air an aobhar sin, bho làithean òige, bha e a'g analachadh a steach, fàileadh milis cùbhraiddh a gràidh agus n a h'ùrnuigh. An nuair a thoisich e air teagastg, ann an sgìr Shollais, bha e gu sòilleir ra fhàicinn, gu'n robh e na dhuine diadhaidh, sèimh, ciùin, dileas, a'n ceann a ghairm, agus shoirbhich leis, agus bheannaich an Tighearna a shàothair, ann an tomhas mòr. Feumaidh sinn ainmeachadh nach robh duine riamh an Uidhist a bu chàoimhneila, na bu bhàigheila, agus na bu teò-chrìdhiche, na ni bu trùaseila, na bu mhò a bha tabhairt, do na bòchdan, agus do na feùmaich, a reir a chòmais na Mr Càimbeul. Thòg e teaghlaich mòr,

ach tha sinn an dòchas gu 'm bi feadhainn dhùibh co-dhiù, a leantuinn dèagh eiseimpleir mhàth, an n' àthar, nach eil ach gle thèarc, a lèithid ri fàctainn an dùigh ann an aite sa'm bith. Shàothraich e ann a'm fionlios an Tighearna ann an sgìr Shòllais, gus an do chàochail e làn abuich aig àois ceithir fichead bliadhna. "Tha an Tighearna a toirt air fàlbh a luchd oibreac'h Fein, ach tha e toirt air a h'aghaidh obair Fein."—

An sìth-shàimh luidhidh mi faraon,  
is coidlidh mi le suain:  
Oir's tusa mhàin bheir dhomh, a Dhè,  
fo dhidein, còmhnuidh bhuan.

Feumaidh sinn a'n 'nis iomradh beag a dheanamh air, Mr Dhomhnall Mac Illeathain, a bha aig a'n àm cheudna, na Mhaighstir Sgòile Gàdhlaig, ann an Eilean Bhearneraidh faisg air na H'èarradh. An dèigh do'n duine bheannaichte so a bhi air iompachadh, thoisich e ànabharrach gniomhach air cumail Class-Biobuill Gàdhlaig, agus mar an ceudna còinneamhan ann an Eilean Ghrimisaidh far an do rugadh, agus an do thogadh e. An dèigh sìn bha e ann an iomadh aite a'm measg Eileanan agus tir mòr Gaidhealtachd na H'alba, gu 's an do phòs e, agus na dheigh sin bha a dhachaidh ann do Eilean Bhearneraidh, far a'm bheil a bhantrach agus feadhainn de 'n teaghach fáthasd. Bha e na dhuine air an do bhuilich an Tighearna talantan agus fòighidean, agus gliocas neochùmanta. Ri aghaidh a h'uile drágh, buaireadh na cruaidhchàs, a'm mùigh na stìgh, bha a'n comhnuidh aige san, seoladh agus freagradh ciuin glíc. Bha e na shearmonaiche clìnnteach, dìleas, dùrachdach, agus bha an Tighearna soirbheachadh leis, agus a beannachadh a shaothreach, anns na h' uile ionad anns a'm be a thoil ghràsmhor a chùr.

Cha do sgìthich e ann a bhi cumail suas an Tighearna Iosa Criodha, mar fhear-sàoraidh agus shlànuighear na'm peacach, agus mar eiseimpleir, agus charaide na'n àomh. Bha seathnar de theagh-

lach aige, aon mhac, a tha na mhinisteir eùdmhor, dileas, tàpaidh ann an America, agus cùignear nighean, aon duibh nach mairrean, ach tha e na thlàchd s'na thoil-inntinn, gu 'm bheil a'n ceathrar a tha lathair fathasd, a togail fianuis bhed; bhlàth èudmhor air tsobh aobhar an Tighearna. Tha a'n ceum so ri mholadh dhoibh, agus aca ann an tomhas mòr, airson a dèagh thogail agus ionnsachadh a thuair iad, agus dèagh eisimpleir an n' athar urramaich a lean iad, a choinn agus gu robh e air a thoirt suas gu buileach do'n Tighearna, ann an slighe, agus a'n crìdhe, ann an nèart, agus ann an intinn. Is e a'n ceann teagaisg mu dheireadh air an do labhair e na briathran a leanas. "Feuch móglach firinneach a chumas mi sùas, m' aon tàgha anns a'm bheil gràdh aig manam." Chaochail a nuair a bha e faisg air aois tri fishead bliadhna agus a deich. Cha narrainn sinñ ach air ceann á chromadh, striochdta do thoil an Tighearna agus a radha. "Se'n Tighearna bheir, se'n Tighearna thug uainn, beannaichte gu robh ainm an Tighearna."

Tha sinn a'n 'nis a faicinn ro iomchuidh iomradh beag a dheanamh air Mr Tormad Mac Illeathain, bràthair Mhr Dhomhnuill Mhic Illeathain, mu 'n do rinn sinn an t'iomradh beag a tha air thoiseach air a so. Thainig atharrachadh na 'n gràs air Mr Tormad Mac Illeathain a'm feadh sa bha e fathasd na ghille gle òg, Chaidh e air adhart a dhionnsuidh a Chòlaiste ceithir uairean, ach air d'a shlàinte briseadh, dhorduich na Lìghechan dha, gu 'n e dhol na b'fhaide ann. Bha e greis na Chèisteir ann an Eilean Heiskeir a'n iar air Uidhist, agus greis eile na Chèisteir a'n a'm Fearn ann an siorramachd Ròis. Giorraid an deigh sin phòs e bean uasal urramach, Màiri Kennedy, nighean a n-Urr: Mr Fhearsachear Kennedy, a mhuinnir Dhuneideann. Feudaidh sinn ainmeachadh, gu 'r e teaghlaich na 'n Kenneadach so, teaghlaich a bu chlùitaiche, a b' àinmeila, agus a b' urramaiche a bha rìamh an Alba, agus a chuid dhuibh bha na Ministeirean, thug iad bàrr air a chuid bu mhò na latha agus na linn. An deigh dha

pòsadhl, thuair Mr Tormad Mac Illeathain, gairm g'u tighinn na Mhisionaraidh gu ruige am Bàgh-a-Tùath ann an Eilean Bharraidh, far an do shaothraich e gu dian dileas, fad bliadhna thar fhichead. An deigh dha Barraidh fhàgail, fhreagair e gairm gu ruige Kilechreanain, asdar giorraid a mach as an Oban. Tha sinn duilich gu'n do chaochail a bhana-chòmpanach chaomh ann an sin. Air dha ceitheir bliadhna gu lèth, a shaothreachadh ann an sin, fhreagair e gairm gu ruige sgìr Shollais ann an Uidhist a Tuath, far an do shaothraich e gu dileas re thri bliadhna deug, gu's an do chaochail e mu thiomchioll aois tri fichead bliadhna agus a dha dheug. Feudaidh sinn ainmeachadh an n'aon dó chuid machd a thug a mach a bhi na mhinisteir, an deigh dha a dhol gu ruige America, agus Pàraiste fhaotainn, gu'n do bhris air a shlàinte cho mòr agus gu'n do chomhairlich na lighichean dha sgùr do theagasc, agus pilleadh air ais gu dùthaich a bhrèith. Air dhasan so a dheananamh, agus oidhearp a thoirt air ruighinn dhachaидh, b'eiginn dha toirt suas air an t'slighe, agus an deigh mòran tinneis chàochail e ann a 'n Kingussie. A nis is e duine ainmeil, measail, a bha an a'm Mr Tormad Mac Illeathain, agus duine air an do bhuilich an Tighearna talantan mòra, agus a mhèudaich s'a bheannaich an Tighearna a shaothair anns an fhionlios, anns a h'uile cearn anns an robh e. A nis tha anam aig fois, a feitheamh maduinn ghlòrmhor na h'àiiseirigh, gu's an deid e a dhabhail seilbh air duais an fhìrean gu bhi gu slorruidh maille ris an Tighearna. Is e a'm bònt-teagaitsg mu dheireadh air an do labhair e gu follais-each. "Thigibh do'm ionnsuidh-sa, sibhse uile à tha ri saothair, agus fo throm uallach, 's bheir mise suaibhneas dhuibh."

A CHRIODH.





L Celt  
ML335  
• Ym

McCuish, Angus  
McCuish, D.J.

Eachdruidh air Aonghas MacCuis...

428045

NAME OF BORROWER

DATE

University of Toronto  
Library

DO NOT  
REMOVE  
THE  
CARD  
FROM  
THIS  
POCKET



